

**CIHM
Microfiche
Series
(Monographs)**

**ICMH
Collection de
microfiches
(monographies)**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

© 1994

Technical and Bibliographic Notes / Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion
along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la
distortion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may appear
within the text. Whenever possible, these have
been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont
pas été filmées.
- Additional comments:/
Commentaires supplémentaires: Poems in Gaelic. Pages 26-27, 30-31 are incorrectly numbered pages 30-31,
26-27.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

| | | | | | |
|--------------------------|--------------------------|--------------------------|-------------------------------------|--------------------------|--------------------------|
| 10X | 14X | 18X | 22X | 26X | 30X |
| <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input checked="" type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> |
| 12X | 16X | 20X | 24X | 28X | 32X |

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Continuous pagination/
Pagination continue
- Includes index(es)/
Comprend un (des) index
- Title on header taken from:/
Le titre de l'en-tête provient:**
 - Title page of issue/
Page de titre de la livraison
 - Caption of issue/
Titre de départ de la livraison
 - Masthead/
Générique (périodiques) de la livraison

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:



National Library of Canada

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol → (meaning "CONTINUED"), or the symbol ▽ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

MICROCOPY RESOLUTION TEST CHART

(ANSI and ISO TEST CHART No. 2)



APPLIED IMAGE Inc



1653 East Main Street
Rochester, New York 14609 USA
(716) 482 - 0300 - Phone
(716) 288 - 5989 - Fax

Mactalla nan Tur

BY THE

Rev. A. Maclean Sinclair.



SYDNEY, C.B. :
MAC-TALLA PUBLISHING CO., LTD.
1901.

F. J. G. 1871



Mactalla Man Tur,

BY THE

Rev. A. Maclean Sinclair.



SYDNEY, C. B.:
MAC-TALLA PUBLISHING CO., LTD.
1901.

PB123

M33

1901

12

X**k.

PREFACE.

The Hon. Senator Ferguson, P. E. Island,
Alexander Martin, Esq., ex-M. P., Valley-
field, P. E. Island, and D. C. Fraser, Esq.,
New Glasgow, N. S.—all Highlanders and
men of brains—kindly sent me five dollars
each to assist in publishing Gaelic poems.
To the \$15.00 thus received I added five
dollars more. The sum thus made up,
\$20.00, I am now handing over to the
publishers to protect them against loss.

This work is practically a supplement to
the Gaelic Bards. It fills up several gaps
in that work, and also makes a few necces-
sary corrections. It is somewhat small;
still it contains a good deal of thoroughly
excellent poetry.

JACLEAN SINCLAIR.

Belfast, P. E. id,
May 24th, 1.

Sinclair, A.M.

CORRECTIONS.

Page 1, 25, seann. 10, 22, sith-bhrugh.
11, 3, Coire-creagach; 29, aic' ach an. 12,
25, nan lann. 13. 31, dean mi 'san. 16,
16, glan nuallan; 19, eararadh. 21, 4, bu
ghearr; 9, cho-ainm. 23, 7, Bhirengaich.
28, 28, de 'n t-sròl. 33, 18, roinnh. 36,
22, do chàch. 41, 22, geòcach. 42, 34,
Le; 35, Gur n-iomadh; 36, cha b' aithne.
43, 29. cho dùrachdach. 44, 2, a dhearbh-
adh leibh. 58, 5, ann ad. 59, 35, Do
shiubhal. 61, 17, Cumha. 67, 28, gun
éislean. 70, 2, ghlan ùr. 71, 38, Beul
nach. 73, 8, Mo; 12, Is riaraicht'. 83,
18, Thigeadh fiosrachadh. 89, 17, n-aith-
neachaidh. 90, 33, na 'ghruaidhean; 37,
luaidhe. 93, 23, air a. 99, 8, Delete
leinn. 102, 14, 'S an òg-mhaduinn.

The following is the sixth verse of the
song on page 87:—


'S do mheall-shùil bu ghlan aogasg,
'S do shlios mar fhaoilinn air snàmh;
Gruaidh dhearg ort mar chaoran,
'Dh' fhàg mi daor ann ad ghràdh.
Gur h-e mheud 's thug mi spéis dhuit
'Dh' fhàg mi-fein ann an drip;
'N diugh cha 'n iarrainn de 'n t-saoghal
Ach léine chaol agus cist'.

In sending the copy to the printer, I
overlooked this verse.

AN CLAR-INNSE.

| | Taobh-duilleig. |
|---------------------------------------|-----------------|
| Lachainn Mor Mac-Mhuirich | 88 |
| Ailein Mac Ruairidh | 1 |
| Donnachadh Og | 5 |
| Bard Mhic-Gilleain | 7 |
| Iain Stiubhart, triath na h-Apunn.... | 6 |
| Domhnall Mac Fhionnlaidh..... | 10 |
| Niall Mor Mac-Mhuirich | 16 |
| Iain mac Eoghain Bhàin | 21 |
| Cathall Mac-Mhuirich..... | 21 |
| Fearchair Mac-Rath | 24 |
| Oran comuinn..... | 27 |
| Bho latha blàr Inbhir-Lochaidh | 92 |
| 'S ann mu 'n taca so 'n dé | 107 |
| Iain Lom | 29 |
| Domhnall Gruamach | 30 |
| An Ciaran Mabach..... | 30 |
| Buidheann mo chridhe Clann-Ualraig. | 93 |
| Mac-Ithich | 103 |
| Is ann feasgar Di-haoine..... | 86 |
| Thig an samhradh le 'bhruthainn.... | 89 |
| Donnachadh nam Pios..... | 32 |
| Mac-Philip | 94 |
| Aonghus mac Alasdair Ruaidh..... | 95 |
| Coinneach Dubh Mac-Coinnich..... | 26 |
| An Clarsair Dall..... | 34 |
| Mr Aonghus Mac-Gillemhoire..... | 40 |
| Tha tasgaidh bhuain an diomhaireachd | 42 |
| Seoras Mac-Coinnich..... | 45 |
| Mac-Neachdainn an Duin..... | 96 |

| | |
|---------------------------------------|------------|
| Domhnall Friseal..... | 28 |
| Is luaineach mo chadal an nochd..... | 60 |
| Mac-Ealair | 49 |
| Iain Mac-Aoidh | 48 |
| Dughall Buchanan..... | 46 |
| Para Mor Caimbeul..... | 115 |
| Rannan o leabhar Mhic-Mhuirich | 49 |
| Fear Gh!inn-Nodha | 51 |
| Iain mac Mhurchaidh | 53 |
| Niall Mac-an-Aba | 54 |
| Rannan o Leabhar Mhic-a-Ghobha.... | 58 |
| A neonan bhàn a's aillidh snuadh..... | 61 |
| Raonall mac Iain mhic Eoghain..... | 63 |
| Barbara Fhriseal | 73 |
| Seumas Mac-Gillesheathanaich | 69 |
| Mr Seumas Mac-Griogair | 65, 75 |
| Gilleasbuig Mac-Phàil..... | 67, 80, 83 |
| Seumas Caimbeul..... | 99 |
| Oran gaoil..... | 109 |
| Cailinn na Buaile..... | 110 |
| Comhradh | 111 |
| Taigh-tarlaidh nan Uaislean..... | 112 |
| Ioram | 113 |
| Taigh-an-Droma..... | 114 |
| Alasdair Domhnallach, 'sa Cheapaich. | 101 |
| Mr Raonall Mac-Gillebhràth..... | 117 |
| Alasdair an Ridge | 119 |
| Calum Mac-Gillios..... | 121 |
| Notes | 123 |



BAS DHIARMAID.

LE AILEIN MAC RUAIRIDH.

'N Gleann Sithe, 'n gleann so ri m' thaobh
'S an cluinnear faodh ian is lon,
'S minic a bha laoich na Feinn'
Air a shrath an deidh an con.

'N gleann so fo Bheinn Ghulbain ghuiran
A's àille tulchann fo'n ghrein,
Cha b' ainneamh a shruthan dearg
An deidh shealg o Fhionn na Feinn'.

Eisdibh beag ma 's àill leibh laoidh
Air a chuideachd chaoimh so uam;
Air Beinn Ghulbain 's air Fionn fial,
Is air Diarmaid tha sgeul truagh.

Dh' imir Fionn gu truagh a chealg
Air Mac O Dhuinn bu dearg li,
Le dhol do Bheinn Ghulbain a shealg
Tuirc nach faodadh aimh a chlaoidh.

Mac O Dhuinn an aimh aigh,
Ged thorchuir a lamh an torc,
Ghéill e roimhe le foill Fhinn;
Is esan a rinn a lochd.

Dh' fhalbhadh fo lagh teann na Feinn'
A chur na beist as a chnoc;
An ceann torc sithe bu gharbh,
A b' allmharach calg is soc.

Ri claireachd comh-ghàir nam Fiann
An ear 's an iar a teachd inu 'cheann,
Dh' éirich an uaunh-bheist o shuain,
Is għluais e uatha do'n ghleann.

Chuireadh ri faicinn nan laoch
 An seann torc sith' air fraoch borb.
 Bu ghéire na gàinne 'fhriogh,
 'S bu treine 'shith na gath-bolg.

Le Mac O Dhuinn nan arm geur
 Fhreagradh do bheist ghaig an uilc.
 Thriall gath nimhneach trom o làimh,
 'S chaidh an t-sleagh an dàil na muic'.

Bhrisd an crann aice na 'thri,
 'Sa ceannu liobhte air an torc.
 Chunna gaisgeach nam bas blàth
 Nach deach i an sàs na 'chorp.

Tharruinn e 'n t-seann lann a truail,
 A choisinn mor bhuaidh an àir.
 Mharbh an gaisgeach calm' a bheist,
 'S thainig c-fein air ais slàn.

Thuirting sprochd air Fionn na Feinn'
 Is shuidh e leis fein air cnoc.
 Mac O Dhuinn nach do dhiult dàimh
 B' olc 's a theachd slàn o'n torc.

Air dha bhith fada na 'thosd
 Thubhairt e, 's gu'm b' olc ri ràdh,
 Tomhais, a Dhiarmaid, o 'shoc
 Cia meud troigh 'san 'torc so ta.

Cha d' dhiult e achanaich Fhinn,
 Ged b' eol da a ti 's a goimh;
 Thomhais e 'n torc air a dhruim,
 An laoch cuimte bu trom troigh.

Tomhais, arsa Fionn, an nis
 An aghaidh a fhriodh an torc,
 'S gheibh thu do rogha d'a chionn
 De ghill nan arin rinn-gheur goirt.

Dh' fhalbh e air turus a ghàidh,
 Is thomhais e dhaibh an torc,
 Ghuin am friogh nimhe geur, garbh,
 Bonn an laoich bu gharg 'san trod.

Thuit e an sin air an raou,
 Is fhuil a taosgadh gu luath.
 Na laighe ri taobh na bést
 Fhuair Fionn an treun-fhear gun chluain.

Aon deoch a d' chuaich thoir dhomhs',
 'S mi a call mo bhrigh 's mo neart. [Fhinn,
 Deoch gu bràth cha'n fhaigh thu bhuanis',
 Fhreagair Fionn an gruaim a reachd.

An gleann na seilge fo chriadh
 Tha Mac O Dhuinn, cliabh nan cleachd.
 Aon mhacanib buileach na Feinn'
 'S an tulach so 's leir dhuinn 'fheart.

Seabhadh buadhach Easa-Ruaidh,
 Fear a bhuidhneadh buaidh gach àir,
 An déidh a thorchuirt le torc,
 Fo thulchann a chnoic so ta.

Diarmad Mac O Dhuinn nan euchd
 A thuiteam troimh eud, mo bhròn,
 Bu ghile 'bhràighe na gréin,
 Bu Jeirge 'bheul na blàth chnò.

Bu bhuidhe 's bu mhin a bha fholt,
 Bu bhàrrghlan a rosg fo 'fhleasg.
 Bha guirme 's glaise na 'shùil,
 'S maise 's caise 'n cùl nan cleachd.

Bha binne 's grinneas na 'gh-lòir,
 'S gile na 'dhòid bhàrr-dhearg bhlàth.
 Bha meud 's tàbhachd 'san laoch,
 'Bu sheang is saor na 'chneas bà.

Coimheadach is mealltair mnà,
 Mac O Dhuinn a b' fhearr buaidh,
 An t-suiriadh cha tog a sùil
 O'n chuireadh ùir air a ghruaidh.

Faodh, voice. Comh-ghàir, a simultaneous shout. Sith, onset. Gath-bolg, belly-dart. Bha 'n gath mharbhteach so air a chleachdad le Cuchulainn is seann laoich eile. Ti, design. Gill, rewards.

Gàdh, peril. Gun chluain, without deceit. Dheanadh cuach Fhinn slàn neach air bith a gheibheadh deoch aisde. Reachd, great vexation. Macamh, a young man. Buileach, handsome, courteous. Feart, a grave. Rosg, the eye. Fleasg, a wreath, a circle. Gloir nc glòr, talk.

Bha Diarmad na dhuine anabarrach briagha, agus cha ghabhadh e leon ach air ball beag a bha air bonn a choise. Nuair a bha Fionn na 'bhanntraighe, agus e gu math sean, phòs e nighean do 'in b' ainm Gràinne. Cha robh Gràinne ag iarraidh Fhinn. B' fhearr leatha gu mor Oisean a mhac, ach cha ghabhadh Oisein gnothach rithe. Air oidhche na bainnse thug i deoch-cadail do dh' Fhionn, agus choitich i Diarmad gu teicheadh air falbh leatha. Bha Diarmad is Gràinne re ùine mhóir air theicheadh. Bha sluagh na dùthcha gu laidir air an taobh is cha b' urrainn Fionn an glacadh. Mu dheireadh rinn Fionn reite ri Diarmad. Fhuair e an sin a mharbhadh le a chur a shealg 's a thomhas an tuire. 'S e mac peathar da a bh' ann an Diarmad. Bha Fionn na dhuine glic, ach bha e gle amaideach dha nighean òg nach roibh ga 'iarraidh a phòsadh. 'S fhearr do dh' fhear a tha ag iarraidh mnatha an te a tha coma air a shon a sheachnadh.



LAOIDH.

LE DONNACHADH OG.

Tha seuchd saighdean air mo thi,
 'S tha gach saighead diubh gan i lot,
 A teachd eadar mi is Dia,
 On 's e sin is mianu le m' chorp.

A h-aon diu tha an iar dhiom,
 Bith d'a an co-ainm an craos;
 'S minig a mheall i mi am pòit
 O laithibh in' dige gu m' aois.

An dara saighead an drùis,
 Sin a chùis a ta dhomh daor,
 Bho lot na saighde na 'ghò
 Cha 'n fheil mise bed air aon.

An treas saighead diubh a ta
 An altaibh mo chnàmh a stigh.
 Cha leig an leisge dhe deoin
 Mis' an slighe choir air bith.

An ceathramh saighead an sannt,
 'S maирg do 'n neach 'san d' fhuair i guin,
 Furtachd cha 'n fhaigh mi ri m' ré,
 Gus an deid cré air mo mhuin.

'N coigeamh saighead de 'n ghlaic thruim,
 Diomas a chuir rium gu h-olc,
 'Chuidich ri mi' anam a chràdh,
 Agus o nach slàu mo chorp.

An sèathamh te, an t-saighead gharg
 'Chuireas fearg eadram is cùch.
 Criosd a chasg nan urchair diom
 O nach faigh mi dion no tàmh.

An seachdann saighead an t-sùil,
 Farmad is tnù ris gach ni.
 Na seudan do 'm faighear cion
 Annta sin cha'n sheil dhuinn brigh.

A ghlac sin uile cha chòir,
 'S mor na mhillteadh leis an arm.
 Cha tilgear aon diu nach buail,
 'S cha bhual aon diu nach marbh.

Cuream paidearan Mhic Dé
 Is creud nan ostal gu beachd
 Eadrum agus guin nan arm,
 Is coig sailm, no sè, no seachd.

Glac, a quiver.

LAOIDH.

LE IAIN STIUBHART NA H-APUNN.

Na bi tarruinn tuirs' gu d' chridh',
 Air gach ni tha blàth na bréig'.
 Ann's a bhith cha 'n sheil ach sgàil,
 Mar na neòil tha snàmh mu'n ghréin.

Mar an dealt ri latha ciùin,
 Mar shneachd dlùth bhios soillseach, geal,
 No mar thoradh maoth air crann,
 Cha mhair ni a th' ann ach seal.

Theid an samhradh caoin le 'theas
 Is am foghar as gu luath;
 Seargaidh feur is seamrag sios;
 Sud mar chrionas sgiamh an t-sluaigh.

Ròs glan cùbhraiddh, plumbais làn,
 Lili bhàn, no siris dhearg,
 Gur a gearr 'bhios iad fo bhuaidh;
 'Sud dhuinn sògh an t-sluaigh gu dearbh.

Leis gach neach is eibhinn dàil
 'Thabhairt àilgheis dhéin d'an cuirp,
 Ged is léir dhuinn, mur a doill,
 Nach h-fheil duill' air craoibh nach tuit.

Air an talamh cha'n sheil ti,
 Crann, no ni a dh' fhàs a suas,
 Ris an lär nach erion fa dheòidh;
 Mo sgeul bròin a bhith ga 'luaidh.

'S aobhar tuirse 's aobhar bròin
 Bhith gun tuigs' do mhòrachd Dhé,
 Bhith gun smuainntinn air nar cridh';
 Righ nan righ, O cobhair féin.

Bha do m' ionnsuidh triuir gu teann,
 'N saoghal meallt', an sannt, 's an fheoil.
 Dion le d' laimh mi, Dhé, bho'n triuir;
 Righ nan dùl, na leig-sa leo.

Dion mi 'ghnàth bho 'n triuir le 'm miann
 Craos is riatachd, breug is stràic;
 Cobhair ini ad thròcair dhearbh't,
 Neartaich m' earbs' agus mo ghràdh.

Bith, the world. Siris, a cherry. Ti,
 any one, a person.

AN DUANAG ULLAMH.

LE BARD MHIC-GILLEAIN.

Triallaidd mi le m' dhuanaig ullaimh
 Gu righ Ghaidheal ;
 Fear aig aìn bi 'm baile dùmhail
 Sona, saibhir.

Triath Earragheal 's fearr faicinn,
 'S is mo maitheas ;
 Cailein, iarla fo chliu farsuinn,
 'S e 's fial flaitheas.

Abhall uasal, maiseach, freuinhach,
 D 'am buin moladh ;
 Crann a's ùire dh' fhàs troimh thalamh,
 Làn de thoradh.

Seahhag 's naisle theid 'sna ncultaibh,
 Crann thar chrannaibh ;
 Mac ratha 'chum Dia gn h-ullamh
 Do 'n chliar-ealain.

Leoghann ncartmhор, nimhneach, làid
 An àm trioblaid ;
 'S beag nach deachaidh Alb' air udal
 Gus 'n do theasraig.

An trath thriallas Cailein Iarla
 'S a shluagh bunaidh,
 Cuirear leis air fairg' o' chala
 Càbhlach ullamh.

Luingeas leathan, làdir, luchdmhor,
 Dealbhach, dionach ;
 Slios réidh sleamhainn dhol 'san fhuaradh
 'S ràimh chruaidh, dhireach.

Togar leo na geal chroinn chorragh
 'Suas le 'n lònaibh,
 'S ionadh ball gu teann ga dheanamh
 'N am dhaibh seòladh.

Nitear an stagh direach, 's dualach
 Mu'n blhraigh thoisich ;
 'S togar na siùil mhora, mhaiseach,
 Lo sgod crosach.

Cuirear a chluas 'sa chìch thoisich
 Dhol 'san fhuaradh ;
 Mar steud luath i, sruth fo sàltibh,
 'S muir ga bualadh.

'S ionadh laoch fulangach, meanmnach,
 Dorn-gheal, treubhach ;
 Dh' ionaireas lùb air a h-àlach,
 'Socrach, séisteach

Deagh shluagh lionmhор bhiodh a d' bhà
 Fo làn armaibh ; [caib]
 'S air a dheas laimh neart nan Duibhnead
 Aig righ Alba.

Reir a cheartais, nuair a b' eiginn,
 Le cruaidh chogadh,
 Bhuidhinn thu buaidh 's tha thu oirdheire,
 Fhuair thu toisceach.

Ni 'n sithne dhomhsa do chàirdean,
 Ge math ni' eòlas ;
 Ach 's ro chinnteach leat gu'n éireadh
 Mac-Leoid Leodhais.

Fuil Mhic-an-Tòisich gu h-ullamh,
 'S feachd Mhic-Shimi,
 'S maирg air an leagadh iad buillean
 An am iomairt.

Clann-Ghilleoin gu làdir, lionmhòr,
 Bho 'n tir Mhuilich ;
 Dream a thug buaidh anns gach bealach,
 'S a b' shearr fuireach.

Clann-Domhnaill, d'an cliù buaidh-larach
 Ort a feitheamh,
 'S uaislean Inuse-Gall gu coimhliont,
 Mar a deiream.

Fhuair thu bho 'n righ 'bhith 't ard
 Air fir Alba, [cheannard
 'S, mar a b' airidh, 'bhith 't ard bhritheamh
 Nithean 's anman.

Tha thu 't ard shear-coimhead 's gleidheadh
 Air a chrich thall;
 Rainig 's cheannaich thu na naimhdean,
 'S fhuair thu siochaint.

Air ard-chomhairle na h-Alba,
 'S tu 's stiuir uile;
 Do cho math ni 'n robh an seanachas
 O linn Uilleim.

Wallas, flath uam fear, gun choimeas
 Am measg dhaoine;
 Cailein na dheidh-san gun choimeas,
 An t-iarl Aorach,

ibh,
 , làdir
 al
 hor,
 uaradh,
 amh
 h
 ,
 nnach,
 d' bhàr-
 [caibh,
 ibhneach

Ge mor t' inbhe, t' ainm, is t' onair,
 'S mò do ghliocns;
 Rinn thu bun a stéidh na firinn
 Is a cheartais.

Rinneadh riann leat dlighe cheart
 Do lag 's do làdir;
 Beannachd gach aon duin' ad chuideac
 Ghall is Ghaidheal.

'N t-Athair cumhachdach gad ghleidhe,
 'S am Mac siorruidh,
 'N Spiorad Naomh a dhion do näire,
 'Righ Loch-fine.

Ni 'n d' fhuardas do cho math de dh'
 'S ni 'm mò dh' iarras; [ai]
 'Chinn nam fear bu phailte cùram,
 Leat a thriallainn.

Tha e air a radh gu'n do rinneadh
 t-oran so mu'n bhliadhna 1528.

CEAD DEIREANNACH NAN BEANN.

LE DOMHNALL MAC PHIONNLAILDH.

'S mi 'm shuidh' air sith-brugh nam bea
 Goirid o cheann Locha-tréig,
 Creag-Guanach am biodh an t-sealg,
 Grianan àrd am biodh na féidh,

Chi mi Coir'-an-Ratha bhuam,
 Chi mi a Chruach is Beinn-Bhreac;
 Chi mi Srath-Oisean nam fiadh,
 'S chi mi ghrian air Meall-nan-Leac.

Chi mi Gairbinn nan darth donn,
 Agus Lap-Bheinn nan tonn sith';
 Mar sin is an Leitir-Dhubh ;
 'S tric a rinn mi ful na frith.

CEAD DEIREANNACH NAM BEANN. 11

Chi mi srath farsuinn a chruidh,
Far an labhar guth nan sonn,
'S Coire-creagadh a Mhàim-Bhàin,
'M minig a rinn mo làmh toll.

Chi mi bràigh Bhidein nan dos
► 'N taoth so bhos de Sgurra-Lìth;
'S gurra Chòinnich nan damh seang';
'S ionmhuinn leam an diugh na chi.

Chi mi Beinn-Nibheis gu h-àrd,
'S an Carn-Dearg an taic a buin;
'N tulach air am fàs am fraoch,
Monadh maol gu ruige muir.

Gur riomhach an Coire-Dearg,
Far 'm bu mhiannach leinn bhith sealg;
Coire nan tulachanan fraoch,
Innis nan laogh 's nan damh garbh'.

'S aoibhinn an obair an t-sealg,
'S aoibhinn a meanmna 's a beachd;
'S mor gu'm b' annsa leam a sòn
Na long is i 'dol fo beairt.

C'ait an eulas ceol bu bhinne
Na mòthar gadhair mhòir a teac!
Daimh sheanga nan ruith le gleann,
'S miolchoin a dol annta 's asd'.

Is binn leain torman nan dos
Ri uilinn nan corra-bheann cas,
'S an eilid bhiorach a's caol cos
Na 'clos fo dhuilleach ri teas.

Gun do chéil' aic' an damh,
'Se's muime dh' i 'm feur 's an creamh;
Màthair an laoich mheanbh-bhric mhìr,
Bean an shir mhall-rosgaich ghlain.

Eilid bhinneach, mheargant', bhallaich,
Odhar, eangach, uchd-reidh, àrd,[mhach],
'S danib togbalach, croic-cheannach, sgia-
Crònanach, ceann-riabhach, dearg.

12 CEAD DEIREANNACH NAM BEANN:

'S aigeantach shiubhlas i 'n raon,
Cadal cha dean i 'san smùr;
B' shearr leath' na plaide ri 'taobh
Bàrr an fhraoich, ghaganaich ùir.

'S glan ri 'shloinneadh an daimh donn,
Thearnas o uilinn nam beann;
Mac na h-eilde ris an tom,
Nach do chrom le spid a cheann.

Is gasd' a ruitheas o suas
Ri leacainn chruaidh agus chas;
Moladh gach aon neach an cù'
Ach molam-s' an trùp 'tha dol as.

Bha mi o'n rugadh mi, riamh
An caidreamh fhiadh agus earb',
'S cha'n fhaca mi dath air am bian
Ach buidhe, riabhach, is dearg.

Dh' fhàg mi 'san righe so shios
'M fear bu phudhar dhomhs' a bhàs,
'S tric chuir e chagar an cruaas
'N cluais an daimh chabraig an sàs.

Raonull Mor Mac Dhomhnaill Ghais,
Fear a fhuair foghlum gu deas;
Deagh Mhac Dhomhnaill a chuil chais,
Ni 'm beo neach a chomhraig leis.

Alasdair cridhe inar lann,
Gun e bhith ann is e mo chreach;
'S tric a leag e air an tom
Mac nan sonn leis a chu għlas.

Bratach Alasdair Bhoth-Loinn
Bu shròl farumach ri crann;
Suaicheantas soilleir Siol Chuinn;
Nach d' chuir suim an clannaibh Ghall

Alasdair Mac Ailein Mhòir,
'S tric a mharbh 'sa bheinn na feidh,
'S a leanadh fad air an tòir,
Mo dhòigh bu Domhnnullach treun.

Fhad 's a bhithinn beo air thalamh,
 'S deo de'n anail ám chorpa,
 Dh' fhanainn am fochair an fhéidh,
 Sin an spréidh 'san robh mo thoirt.

Soraidh gu Beinn-Allair bhuam,
 Bho'n 's i fhuaire urram nam beann;
 'S gu slios Loch-Eireachd an fhéidh, [ann.
 Gu'm b' ionmhuinn leam fhéin 'bhith

Thoir soraidh bhuam thun an loch,
 Far am faicteadh bhos is thall;
 'S gu uisge Leanbhna nan lach,
 Muime nan laogh breac 's nam meann.

'Se loch mo chridhe-s' an loch,
 An loch air am biodh an lach,
 Agus iomad eala bhàn,
 'S bhiodh iad a snàmh air mu seach.

Soraidh bhuam gu Bac-nan-Craobh,
 'S gu da thaobh Bealach-nan-Sgùrr,
 'S dh' fhios an Eadar-Bhealaich mhòir,[uinn
 Mu 'n cluinnteadh crònán an daimh dh-

Mo shoraidh gu Coire-nan-Clach,
 'N coir' am bu toigh leam bhith tàmh;
 'S gu Uisge-Labhar nam faobh,
 Cùilidh nan agh maol 's nam mang.

Is beannachd leat-sa, Chreag Mhor;
 'S ionmhuinn an lòn tha fo d' cheann;
 'S gur h-annts' an lag th' air do chùl
 Na machair is mûr nan Gall.

O'n labhair mi umaibh gu leir
 Gabhaidh mi-fein dibh mo chead,
 'S dearmad cha dean san àm
 Air fiadhach gbleannu nam Beann-Beag'.

Cead a's truaigne ghabb mi riamh;
 Do 'n fhiadhach bu mhor mo thoil;
 Cha'n fhalbh mi le bogh' fo m' sgéith,
 'S gu la-bhràth cha leig mi coin.

Nuair bha mi air an da chois,
 'S moch a shiubhlainh bhos is thal
 Ach an nis o'n fhuair mi tri,
 Cha ghluais mi ach gu mìn mall.

Tha blraighe de m' bhogh' ann am ucho
 Le agh maol odhar is ait;
 Ise gionach 's mise gruamach,
 'S truagh an diugh nach buan an t-

'Nis on sguir mi 'shiubhal bheann,
 'S o nach teann an t-iubhar cruaidh
 'S o nach seasamh mi air sgeir,
 'S truagh nach h-fheil mi anns an u-



ORAN NA COMHACHAIG

LE DOMHNALL MAC FHIONNLAILDH.

AM BARD.

A chomhachag bhochd na sròine,
 An nochd is brònach do leaba;
 Ma bha thu ann ri linn Dhonnghail,
 Cha'n iongnadh ge trom le t' aigne

A CHOMHACHAG.

Is co-aois niise do 'n daraig
 'Bha na 'faillein anns a chòinnich;
 'S iomadh linn a chuir mi romham,
 'S mi coinhachag bhochd na sròine.

AM BARD.

Nise on a tha thu aosda,
 Dean-sa t' fhaosaid ris an t-sagairt,
 Agus innis da gun euradh
 Gach aon sgeula d'a bheil agad,

A CHOMHACHAG.

'S furasd dhomhsa sin innse
 Gach aon là millteach a rinneas;
 Cha robh mi mionnach no breugach,
 Ged a bha mo bheul gun bhinneas.

is thall;

mall.

am uchd,

an an t-slat.

ann,

eruaidh,

,

ns an uaigh.

LAIDH.

e,
;
hail,
'aigneadh..nich;
m,
roine.

gairt,

l,

s;
ch,
eas.

ORAN NA COMHACHAIG.

15

Cha d' rinn mi riamh braid no meirle,
 No cladh no tearmann a bhrisdeadh ;
 Air m' fhear féiu cha d' rinn mi ionluas,
 Gur cailleach bhochd ionraic mise.

'S aun a bha chuid mhòr de m' shinnse
 Eadar an Innse 's an Fhearsaid ;
 Bha cuid eile dhiubh mu'n Deubhadh,
 'S bhiodh iad ag éigeach 'san fheasgar.

Chnuaic mi mac a Bhrithimh chalma
 Agus Fearghus mor, an gaisgeach,
 Is Torradan liath na Sròine ;
 Siu na laoich bha dùmhail, taiceil.

AM BARD.

On a thòisich thu ri seanchas,
 'S éiginn do leanmuinn na's faide ;
 Gu'n robh 'n triuir bha 'n sin air fòghnad
 Mu'n robh Donnghall anns an Fhearsaid.

A CHOMHACHAG.

Chuunaic mi Alasdair Carrach,
 'N duin' a b' allaile bha 'n Albainn ;
 'S minig a bha mi ga eisdeachd,
 'S e aig réiteach nan tom sealga.

Chuunaic mi Aonghus na dheodhaidh,
 'S cha b' e sin roghainn bu làire ;
 'S ann 'san Fhearsaid a bha 'thuineadh,
 'S rinn e muileann air Allt-Làire.

AM BARD.

Bu lionmhor cogadh is creachadh
 A bha 'n Lochabar 'san uair sin :
 C' àit am biodh tusa ga t' fhalach,
 Eoin bhig ghlais na mala gruamaich ?

A CHOMHACHAG.

Nuair a chithinn-sa na creachan
 A dol seachad orm le 'm fuathas,
 Bheirinn ruathar bharr an rathaid,
 S bhithinn grathunn an Creag-Guanach.

AM BARD.

Creag mo chridhe-sa Creag-Guanach,
 Creag an d' fhuair mi greis de m' àrad
 Creag nan aighean 's nan damh siubhlach
 A chreag ùrail, fhonnmhòr, àlainn.

A chreag mu'n iathadh an fhaghaid,
 Leam bu mhiann a bhith ga tadhal
 Nuair bu bhinn guth gallan gadhair
 A cur greigh' gu gabhail chuinhainn.

'S binn a h-iolairean mu 'bruachaibh,
 'S binn a cuach, is binn a h-eala ;
 'S seachd binne na sin am blaoghan
 A ni 'n laoghan mean-bhreac, ballach.

M' annsachd beinn sheasgair nam fuaran
 'N riasgach o'n dean an damh sròineis ;
 'S chuireadh gudhair a 's glan meallan
 Féidh nan ruaig gu Ionar-Mhleoirein.

B' annsa leam na dùrdan bodaich
 Os-cionn poit ag euradarbh sil innt',
 Crònan an daimh dhuinni 'san fheasgar
 Air leacainn beinne 'n am sìne.

Nuair bhùireas damh Beinne-Bige
 'S a bheucas damh Beinn-na-Creige,
 Freagraidh na daimh sin a chéile,
 'S thig féidh a Coire-na-Snaige.

'S e fear mo chridhe-sa 'n samhradh,
 'S e 'm fear ceann-ghorin air gach bile ;
 Fanaidh gach damh donu na 'dhoire
 Ri teas goile gréine gile.

'S aighearrach 'san am Creag-Guanach,
 A chreag dhuilleach, uaine, bhraonach,
 Creag nan tulach àrda, fiarach,
 Gur cian a ghabh i o 'n mhàorach.

Cha mhiniig a bha mi 'g éisdeachd
 Ri séitrich na muice-maru,
 Ach 's tric a chuala mi moran
 De chrònanaich an daimh allaidh.

Cha do chuir mi dùil 'san iasgach
 'Bhith ga iarraidh leis a mhaghair ;
 'S mor gu 'm b'annsa leam am fiadhach,
 'S a bhith falbh nan sliabh a 's t-fhoghar.

Cha mhi-fhin a sgaoil an comunn
 A bha eadar mi 's Creag-Guanach,
 Ach an aois ga 'r toirt bho cheile ;
 Is bu mhath an fhéill a fhuaras.

'S buan an comunn gun bhrisdeadh
 A bh' eadar mise 's an t-uisge ;
 Súgh glan nam mor bheann gun mhisge,
 Is mise ga òl gun trasgadh.

Ach 's ann a bha 'n comunn brisdeach
 Eadar mise 's a Chreag-Sheilich ;
 Mise gu là bhràth cha dirich,
 'S ise gu dilinn cha teirinn.

Olaidh mi a Tréig mo theann-shath,
 Uaipe cha déid mi air siollan ;
 'S i muime 'n fhéidh a ni 'n langan,
 Am buinne deas reidh-gheal fionnar.

'S fada leam on sguir mi 'n fhiadhach,
 'S nach h-fheil ann ach ceo de 'n bhuidh-
 Leis am bu bhinn gloir nan gadhar, [inn
 'S o 'm faigheamaid òl gun bhruidhinn.

'S ann an Cinn-Ghiubhsaich na 'laighe
 Tha namhaid na greighe deirge ;
 Lamh dheas a mharbhadh a bhradain,
 'S bu ro mhath 'n sabaid na feirge.

Bu Domhnallach thu gun mhearachd,
 Bu tu buinne geal na cruadhach ;
 Bu chàirdeach thu do Chlann Chatain,
 'S gu 'm bu dalt thu do Chreag-Guanach.

Gu 'm bu dalt thu do Chreag-Guanach
 'S fad o 'n chuala mi ga sheanchas ;
 Ani buinne geal nach robh éitidh,
 'S ann duit a ghéilleadh am bantrachd.

Ged dh' fhàgadh Domhnall am muigh le
 Na 'aonar a taigh na fleadha,
 'S gearr a bhios gucag air bhuil ann,
 Luchd a chruidh bidh iad a staigh lei

Bu mhath mo bhuachaille cruidh-sa,
 Gu 'm b' e fior uasal nam fear e;
 Bu deacair tàrmus air fhuil,
 Cha bu dubh, ach aobharrach, glan i.

Bu mhath mo bharanta cogaidh,
 Ged a thogair mi tigh'nn uaithe,
 An t-Eoin a tha 'n Taigh-na-Creige,
 On a bhagair e mo bhualadh.

'S on a bhagair e gu teann mi,
 Cho fad 's a bhios crann no clach ann
 Cha tog mi uige mo thriall,
 Is ni mo dh' iarrainn dol na 'theach l.

Mise 's tusa, 'ghadhair bhàin,
 Bu tùrsach ar turas do 'n eilein;
 Chaill sinn an tathunn 's an dàn ris,
 Ged bha sinn grathunn ri ceanal.

Thug a choille dhiots' an earba, [[
 'S thug an garbhlach dhioms' na h-e
 Cha 'n fheil näire dhuinn, a laoich, ann
 Oir laigh an aois oirnn le chéile.

Aois, cha 'n fheil thu idir miochair,
 Ged nach feudar leinn do sheachnadh
 Croinaidh tu an duine direach
 A dh' fhàs gu finealta, gasda.

Giorraichidh tu 'là 'san t-saoghal,
 Agus caolaichidh tu 'chasan ;
 Fugaidd tu a cheann gun deudach,
 'S ni thu eudann uil' a chasadh.

AN AOIS.

'S iomadh laoch a b' fhearr na thusa
 'Chuir mi gu tuisleadh 's gu anfhain
 'S a dh' fhaobhaich mi as a sheasamh,
 'Bha roimhe na faleasgach calma.

AM BARD.

'Aois liath chasaodannach, odhar,
 'Bhios gu ronnach, bo lhar, éitidh,
 Cuim' a leiginn leat. a lobhair,
 Mo bhogha thoirt diom air eigin ?

Is mi-shin a 's fearr an airidh
 Air mo bhogha ro mhath iubhair
 Na thusa, aois pheallach, sgallach,
 Bhios aig an teallach ad shuidhe.

AN AOIS.

Labhair an aois rium a rithisd,—
 'S momha 's righinn tha thu 'leanachd
 Ris a bhogha sin an comhnuidh,
 'S math gu 'm fòghnadh dhuit am bata.

AM BARD.

Gabh thusa dhuit fein am bata
 Aois għreannach chairtidh na pléide ;
 Mo bhogha cha 'n shaigh thu fhathasd
 Bhuam air athais no air eigin.

Bantrachd, a company of women. Mio-chair, loving, affable.

DUANAG GHAOIL.

LE NIALL MOR MAC-MHUIRICH.

Soraidh slàn do 'n oidhch' 'n réir
 Fada, geur a dol air cùl ;
 Ged gheallteadh mo chur an croich,
 Is truagh nach h-i 'n nochd a tùs.

A ta-dis 'san taigh-s' an nochd
 Do nach ceil an rosг an rùn,
 Ge nach h-sheil iad beul ri beul
 Is gearr, geut sileadh an sul.

'S truagh an cuibhreach a mi 'n ciall
 Air sileadh siubhlach na sùl';
 'S ni 'm fearr an tosd a ni 'm beul,
 Sgeula ui 'n rosg air an rùn.

Cha leig do-bheart luchd nam breug
 Smid as mo bheul aig an am-s',
 Tuig an ni a deir mo shuil
 Agus tu 'sa chuil ud thall.

Cum againn an oidhch' an nochd,
 Truagh gun i mar so gu bràth.
 Na leig a mhàduinn a steach,
 Eiridh 's cuir am mach an là.

Och, a Mhoire, 'mhuime 'n t-seing,
 O 's tu is ceann air ar ceil
 Tarruinn agus gabh mo lamh ;—
 Soraidh slàn ò 'n oidhch' an reir.
 An re: a raoir. Rosg, sùil.

FLEADH DHUN-BHEAGAII

LE NIALL MOR MAC-MHUIRICH.

Sè oidhche dhonhsa 'san Dùn,
 'S ni 'n robh 'n comunn fallsa, fuar;
 Cuirm lionmhòr ga 'h-ibh a or,
 Fionbhrugh mor 's am faicear sluag

Teaghlaich an taighe air gach taobh,
 'S b' e an fhine mheadhrach mhòr;
 'S feairde suaimhneas rath' an righ
 Luchd-catha 'n uaigneas fo òl.

Gàir na clàrsaich 's nan cuach trom,
 Aig nach gnathach fuath no feall;
 Gàir nam fear, 's nam fleasgach fionn
 Lionn misgeach is teine teann.

Righ o'n oilear aigneadh ur,
 Cumaidh a chaidreamh gach cliar.
 Na 'rioghbhruigh ni 'n aisling òl
 D'a shlogh lionmhòr, farsuinn, fial.

FAILTE DHOMHNAILL MHIC IAIN. 21

Fichead misge dhuinn gach la,
'S cha bu leisge leinn na leis.
Bha gach deoch a dol na b'fhearr,
Na sè oidhch' bu shearr a ghreis.

Lionmhор, abundant. Fionbhrugh, a
wine mansion. Rioghbrugh, a royal man-
sion.

—
CRIOMAG DE MHARBHRANN.

LE IAIN GRANND, D' AM BU CHO-AIMN IAIN
MAC EOGHAIN BHAIN.

Iain mhòir bu mhath cumadh,
Thug thu barr air gach duine,
'Righ, bu shar mhath an curaidh measg
sluaigh thu ;
Iain mhoir &c.

Le do thargaid, 's do chlaidheabh
Air do shliasaid na 'laighe,
Mar-ri bogha nan saighead 'bu chruaidhe.

Nuair a dheanadh tu 'ghlacadh
Rachadh direach mar dbearcadh,
Nàile bhrisdeadh e chait air am buaileadh.

Cha 'n fheil an corr de 'n tuireadh so air
sgeul. B'e Iain Mor an treas Granndach
a bha na 'thriath air Gleanna-Moireastan.
Theirteadh Iain Mòr a Chaisteil ris. Chao-
chail e 'sa bhliadhna 1637.

—
FAILTE DHOMHNAILL MHIC
IAIN.

LE CATHALL MAC-MHUIRICH.

Gheibhear fàilt le fear do sgeil,
'Fhir chaoimh a thainig o 'n tràigh.
Fhuair mi sgeul os iséal uait
Tha togail m' uaill os cionn chàich.

'S binne na ceol croit do sgeul,
 A ghille gun lot, gun chreuchd,
 'Tha niar oraghan os fhion,
 Ma 's comhradh fior a tha 'd bheul.

'S ro sheaird mi eisdeachd ri ni' bheid
 An sgeul leis an dainig thu.
 Mheudaich leam an ceart gach la,
 'S teann a ta mo neart an diu.

'S ait leam do theachd, s mi 'san rí
 Dh'cisdeachd ri'd' briathraibh gu b
 O d' sgeul cha tagair mi ort,
 Caillich mi an nochd gu ceart.

Thug thu leat do naidheachd nuadh
 'Fhir oig a 's glan gnè is tiambah ;
 Seul le 'n do cheangladh mo chli,
 Sgeul a dhùisg meudhair am chlia.

Dòmhnaill Mac Eoin, cùl nan cladh,
 Rùn do sgeoil ghasda, ghloin :
 Teachd thar cuan iomlan do 'n shea
 Cion d' a iomradh is dual domh.

A theachd slàn gu h-earnaidh, og,
 Fàth sin do m' mheanunna air meu
 Slat a mor lios, crann nach lùb,
 'Thaobh sud m' aoibhneas a chum.

Theid mi d' a fhaicinn air tùs,
 'Reir riaghait ma leanar gnàths ;
 Mi am leum gu chaidreamh gun ch
 'S ceum suas ri m' aigneadh aig f

Chi mi e 'fosgladh a shùl,
 An ti le 'n d' bhronnadh mo bhri
 Dh' aithnichinn thar muir e uam,
 'S a ghruaidh gart' le fuil mar fh

Aithnichidh mi briathran a bheoil
 'S an deud mar neamhnuid gun
 Nach nochdar gu duilbhír dhuinn,
 'S an t-sùil shuilbhír, sholta, cha

Dh' aithnichinn sad urchair uam
 A mhala cheart chùmte chaol,
 Giallan saor ri 'n deacair dréin,
 'S an taobh réidh mar eatal uoil.

Dh' aithnichinn ceum clis a chos
 Gu h-ealamh a leum na lios,
 Bhrangaich cridhe nani buadh bras
 Glas mo thoile uam gun shios.

'S tu, Dhomhnaill, mo mhisneach inhor,
 Mo sheise comhlainn ri m' chùl,
 Mo sheud glan d'an dug ini gradh,
 Mo ré lan is m' abhall ur.

Mo bhole buadhach fo mheas,
 Mo cridhe sa 'n cuantaibh cas ;
 Flath air nach falaichteadh fios,
 Mo chrios cath' am boinne geal, bras.

Ar n-uisge tobair nach tràigh,
 Ar n-urra cogaidh a chlòdh,
 Fàth ar mire, ar muirn shaor,
 R cuirm dhaor ga 'h-ibh a òr.

Mo chlaideabh, mo chaol shleagh chòrr,
 Mo thaghadh fein as gach dream,
 Fear tha nasgadh a rùin rium,
 'S mo mhiaunn sùl ri fhaicinn leam.

Bha m' aithriclean riamb fo d' dhream,
 Ni mi as do dhùrachd dòigh.
 Tha mo neart a teachd o d' chím,
 Tromhad gheibh mi ceart is còir.

Os, os cionn. Crot, cruit. Cùl nan
 cladh, defence of trenches. Cion, desire,
 love. Earnaiddh, magnificent, worthy.
 Bronn, grant, give. Eatal, flight, flowing.
 Ré, the moon. Bile, a large tree. A
 chlòdh, to conquer. Cuirm, ale. Cim,
 silver, money.

Phòs Iain Muideartach Mor, nighean
 do Ruaraidh Mor Mac-Leoid, Triath Dhun

bheaguin. B' e Domhnall dh' an do eadh an t-oran am mac. Chaidh I nall do dh-Eirinn a chogadh as leth Tearlach 's a bhliadhna 1648. Cha ghlacadh 's a chur am priosan. Fh cead tighinn dachaidh mu 'n bhli 1650. 'S ann an sin a rinneadh an t-

Bha Cathall Mac-Mhuirich na 's gusda, na 'dhuine fiosrach, agus na math. Tha sinn de 'n bheachd g bárd bu chomasaiche agus seannach b' shearr a bha san teaghlaich do 'n eadh e.

ORAN.

LE FEARCHAIR MAC-RATH.

Cha 'n e direadh a bhruthaich
Dh' fhág mo shiubhal gun treo
Cha 'n e direadh &c.

No teas mor ri la greine,
Nuair a dh' éireadh i oirnn.

Laigh an sneachd so air m' fhe
Is cha léir dhomh mo bhrdg.

'S gann 's léir dhomh na 's fha
Ceann a bhata 'tha 'm dhùrn.

'Se mo thaigh-sa na creagan,
'Se mo dhaingean gach frdg.

'Se mo thubhailt mo bhreacan
'Se na leacan mo bhòrd.

'Se mo bhuideal gach lodian,
'Se mo chopan mo bhrdg.

'S tric air mhucagan fàsaich
Re an la mi mar lòn.

'S tric air smouran nan dris mi,
'S tric mi brisdeadh nan enò.

'S tric mi acrach is sàraicht',
'S tric mi fàsgadh nan dòrn.

Ged a cheannaichinn a'm buideal
Cha dig cuideachd ga 'ol.

Ged a dh' fhadainn an teine,
Chi fear foille dheth ceò.

'Si do nighean-sa, 'Dhonnachaидh,
'Chuir an iomagain so oirnn.

Té d' a bheil an cùl dualach
Bho a gualainn gu bròig.

Té d' a bheil an cùl bachlach,
Is a dhreach mar an t-òr.

'Dheoin ar Dé cha bhi gillean
Riut a mire 's mi beo.

'S mor gu 'm b' shearr dhuit mi agud
Na mac breabadaир cloth.

Ged nach deanainn dhuit fighe
Chumainn sithionn mu d' bhòrd.

'S truagh nach robh mi 's tu, ghaolach,
Anns an aonach 'm bi 'n ceo.

Ann am bùthaig bhig, bharraich,
'S gun bhi mar-rium ach t' fheoil,

Agus páisdean beag leinibh,
Neach a cheileadh ar gloir.

'S mi gu'n snàmhadh an caolas
Air son failteachd do bheoil,

Nuair a thigeadh am foghar
B' e mo roghainn bhith falbh,

Leis a ghunna nach diultadh,
'S leis an fhùdar dhùbh-ghorn.

RANN LE DOMHNALL GRUAMACH.

Bha Domhnall Gruamach agus Iain
gu searbh an aghaidh a cheile.
Domhnall Gruamach mar so mu Iain

Thugadh greis air Greumaich le
Gu'n euchdan a chur suas;
Is thugadh greis air Duibhneach
'S air muinntir an taoibh tuath
Cha'n fheil feum do Dhòmhnaul
Ri bheo bhi ort a luaidh;—
'S e donnal a choin bhadail u
'Dh' fhàg bodhar mo dha chlu

MARBHRANN

DO SHIIR SEUMAS MOR MAC-DHOMHNALL
TRIATH SHLEITE, A CHAOCH
BHLIADHNA 1678.

LE GILLEASBUG DUBH MAC MH
NAILL.

An nollaig air 'm bu ghreadhnac
Ormsa rug an dith 's an call;
Tha m' iulchairt 's na clàir fo dh
Ceann-sithe fir Innse-Gall.

Gun fàth toireachd air an ti
'Chaidh dhinn am feasda nan
An gorm thulaich eadar dha th
Tha pailte gun chrine 'n tàm

'S mor mo smuainte, 'chach ch
Leanfhein 's mi 'gabhlil m
Dhe'n t-saoghal so 's beag mo
Thigeadh an t-eug 'n uair a

gus Iain Lom
eile. Labhair
nu Iain Lom :
naich leat
as ;
bhnich leat,
h tuath.
omhnallach
;—
hail ud
a chluais.

C-DHOMHNAILL,
THAOCHA 'SA

AC MHIC-DHOMH-

adhnoch sinn
n call ;
ir fo dhion,
all.

i ti
da nan tràth,
dha thir
'n tàmh.

ach cha leir,
h'il mu thàmhs ;
g mo speis,
uir a 's aill.

Cha 'n iarrainn latha gu bràth
De leasachadh thrath theachd orm,
Nam b' e 's gu 'n deonaicheadh Dia
Mi dhol gu dian air de lorg.

Cha 'n iarrainn tuidéadh dho 'n -saogh'l,
Laighinn ri daol tibi na fòid ;
Ann an leaba chumhaing, chaoil,
Sinte ri taobh do chuid bord.

Chaidh mi iomrall air an aois,
Am muinghin an namhad tha mi ;
'S beag mo dhochas a bhi ard,
'S tu 'n claraibh druidte ga m' dhith.

Ormsa rug an t-ànnrath cuain,
Chaidh mo riaghait bhuan air chall ;
Mo sgeul duilich 's mo chàs cruaidh,
'S mi buan gun bhuinnig 'tha ann.

Dhiomsa thog an t-eug a' chìs ;
'S leir dhuit, a Righ, mar a tha ;
Ormsa rug gair thonn nan sian,
Gun sith ach doruinn gu bas.

Cha robh stiuir, no seol, no slat,
No ball beairt' a bha ri crann
Nach do thruis an aon uair bhuainn,
Mo thruaighe-sa 'n fhras a bh' ann.

Taigh mor a thathaicheadh na sloigh,
Gun ol, gun aighear, gun mhiagh,
Gun chuirni 'ga caitheamh air bord,—
Mo dhòlas, 'Athair nan sian !

Gun chaismeachd, gun chomh-stri theud,
Gun dàn ga leughadh air clar ;
Gun filidh ri cur an ceil
Euchd do chinnidh-sa gu brath.

Gun treun-fhir ri dol an ordagh,
Gun taileasg, gun chorn, gun chuach ;
Mo bheud dhuilich 's mo chreach mhor ;
Fo 'n fhoid a thuinich an duais.

Thug mi cean—cuim an ceilinn ?
 Do Mhac-Bhraigh' a tir eile.
 Bu tu nàmhaid na h-eilid,
 'S an ròin ri cois eirthir.

C' àit an robh e fo 'n chruinne
 Gin cho bòidheach 's cho cuimir
 Ri Pàdruig Mac-Cruimein ?
 Beul finealt nan cuireid
 Le piob mhòir air taobh muineil.

Mac-Raibeart, Robertson. Mac-Bhràigh, Mac-Gillivray.

DAN GAOIL.

LE DOMHNALL FRISEAL, AIR DHA DA NIGHINN
 OIG FHAICINN AM BRUADAR.

Am chadal air tulaich àluinn
 Aig taobh tràghad ri la luain,
 Chunnacas nighean chruthail, ghasda,
 'N earradh de 'n t-siol dhathte uam.

Dh' fhiosraich mis' am briathraig tlàth
 De ghéig àillidh nan rosg mall,
 C'ar-son a bha i na h-aonar
 Ann am fàsach faoin nan gleann.

Fhreagair ise mi gu cùirteil
 Ann am briathraig ciùine binn',
 Tha ribhinn oil' ann am fhicchair,
 'S cha d' fhuair aon fhear tochradh leinn.

'S mise Seonaid o Thòrr-sianta
 Nighean Eachainn nan cruach òir,
 'S ise Fionnaghail o Dhùn-blàbheinn,
 Dun nan righ 's am b' àrd gu't ceoil.

Dealbh na dithis a bha 'm làthair
 Cha d' chuir nadar roimh' o thùs ;
 Do dh' fhàg dealradh an cruth' soluis
 Greis gun sealladh mo dha shùil.

Bàn an deud mar shneachd nan stùcan,
 Gorm an sùil, ro dhearg an grueidh ;
 Fiamh an òir de 'n cuaillein cas-bhuidh',
 'Bhuin mo chridh' fo ghlais daibh uain.

Aghaidh fhinealta làn maise,
 Dh' fhògradh airsneal uainn na 'deann ;
 Suilean ciuine, caoimhneil, gaireach
 'Thàirneadh gràdh gach duin' ar leam.

Geal mar fhaoilinn air bhàrr tuinne
 Bha an uchd 's ami muineal réidh.
 Glacan bàna, meoir a 's grinne,
 Is troigh chuimir a 's clis ceum.

IAIN LOM AGUS MUIREACHAN

Bha Iain Lom uair air thuras 'san Tòiseachd. Chaidh e a staigh do thaigh 'san robh e dol a dh-fhuireach ri a dhinneir. Bha balach 'san taigh do 'm b' ainm Muireachan. Cha robh tlachd aig a ghille so ann an Iain Lom, agus cha robh e ag iarrайдh gu'm fanadh e ri 'dhinneir. Dh' iarr Iain Lom air dol am mach a shealltainn air na h-eich aige. Nuair a thainig e a staigh dh' fhaighneachd am bard dheth am fac e na h-eich. Fhreagair Muireachan e mar so :

Chunnaic mi 'n t-each bàن
 'S a cheann 'san fhodar,
 'S chunnaic mi 'n t-each donn
 Air 'n do tholl ami bod-chrann.

Thubhairt Iain Lom,—A Mhuireachain, a Mhuireacha'n, 's ann a gheibhteadh do dhan gu h-ullamh nuair a bhiodh do mhathair a fuineadh nam bonnach. Fhreagair Muireachan e,—

Iain Luim mhic Dhòmhnlail mhic Iain,
 'S mor do dhiol bidhe is cadail ;
 Dh' itheadh tu uibhir ri dithisd
 Leis an amhaich fhior fhada.

ORAN MAGAIDH.

Nuair a gheibhinn cead frithe
Bho an righ 's bho 'n iarl' òg,

Gu 'nì biodh fuil an daimh chabrainch
'Ruith le altaibh mo dhòrn,

Agus fuil a bhruiic bhioraich
A sior shileadh feadh feoir.

Fàth mo mhulaid mar thachair,
B' e sud lasan mo leoин.

Bhuineadh Fearchair Mac-Rath, Fearchair
Mac Iain Oig, do Chaintail. Thug maor-
fuium Mhic Coinnich bò agus coire copair
air falbh bhuaithe. Bha bean Fearchair
—“Nighean Dhounachaideh”—a gearau air
droch obair a mhaoir. Chaidh Fearchair
na 'dhéidh, agus loisg e air 's mharbh e e.
B' fheudar do dh-Fearchair an sin teich-
eadh.

ORAN MAGAIDH AIR CREACH-
ADAIREAN ARAIDH.

LE COINNEACH DUBH MAC-COINNICH.

LUINNEAG.

Faodaidh fear 'bhios fuar falamh
Cruaidh, smeurlail, foinnidh, fearail,
Fead a thoirt 'an cluais balaich,
Mur a bi e réidh ris.

Thoir fios gu taobh thall nan garbh-chrioch,
On 's ni e 'chordas ri 'm meannmainn,
Gu 'nì d' thòisich taobh tuath na h-Alba
Ri marbhadh a cheile.

Fios gu Eoghaun, fios gu Ailein,
'S fios gu Domhnall bàu na caillich.—
Ciod an truaighe 'chum aig bail' iad
'S a ghealach air eirigh?

Clann-a-Phi agus Clann-Ualraig,
 Ciod an t-aon ni a chum uainn iad,
 'S mi-fhin 's clann-Liodair nan cuaran
 An guail'ibh a cheile ?

Tha Maolanaich ann an Arcaig,
 'S bu mhath gu slaodadh nan creach iad,
 'S fhad 's a nihaireas ni aig Cataich,
 Cha bhith uc' ach leum air.

'S ann mu dha thaobb Baile-Domha
 Tha na fir nach faoin ri clomhadh,
 'S bheir iad aomadh air na Rothaich
 Fhad 's a gheibhear spreidh ac'.

Nan gabhadh na cruachan ionain
 Mar ghabhadh crodh Cille-Chuimein,
 Bheireadh sinn air bodaich Mhoraidh
 Gu 'm biodh dolaidh b'eidh orr'.

Gu 'n d' inharbhadh bean uasul thapaidh
 Ann an tuasaid o chionn seachdain,
 'S faodaidh sibhse crodh is capaill
 'Thoirt dachaидh na 'h-eirig.

Tha crodh is eich air an leathad
 Aig bodaich nach dean an gleidheadh,
 'S mur b' c dhònihsa 'bhith am laighe
 Dheanainn rathad réidh dhaibh.

Tha 'n t-oran air a dheanamh mar gu 'in
 b' ann le fear de na creachadairean.

ORAN COMUINN.

Thug mi cean—gu de 'm fàth ?—
 Hó ró hùg hó.
 Do Mhac-Raibeart na cèaird,
 Hó hì ri ri hoiriunn
 Hó ró hùg hó.
 Do Mhac-Raibeart na cèaird',
 Cha b' è 'n cèard a ni 'n spàin,
 Ach am fear a ni 'n t-arm
 Leis an cinneadh an t-sealg ;
 Bian dubh is bian dearg,
 'S boc biorach nan earb.

32 LAOIDH A RINNEADH AN AM MULAIID.

Gun eirigh moch thun nan stùc,
 Gun chu ga ghlacadh am laimh,
 Gun nheanmnna ri claisitnu ciuil,
 Gun mhùirn, gun mhaenus ri mnaoi.

Gun oigridh ri siubhal shliabh,
 Gun mhiagh air iarradh an ròin,
 Gun mhiachoin a' teannadh iull,
 Is sàmhach ar nochd fiadh an stòir.

'S ionadh beinn is gleann is cnoc,
 Ceann obain, loch, agus tràigh
 A shiubhail mise leat fo inhuirn,
 'S luchd-ciul ri aighear gun phràmh.

Iul-chairt, a mariner's chart. Ceann-sithe, a pacifier, a peace-maker. Riagbailt, in 7th verse, a mariner's compass. Bu bhràthair Gillenshnig Dubh, no an Ciaran Mabach, do Shir Senmar.

LAOIDH A RINNEADH AN AM MULAIID.

LE DONNACHADH NAM PIOS.

'Shaoghail is diombuan do mhùirn,
 Is maирg a ni tuirn nach fiach ;
 Ged bliomaид an diugh ri ceòl,
 'S gearr bhiodh bròn ga chur a sios.

Chunnacas, 's cha 'n fhad o 'n uair,
 Cuirm is ceol is suairceas glan,
 'S an taobh staigh 'dh-fheasgar an cuairt,
 Chunnacas leinn sluagh ri gal.

'S maирg a ni bun as an t-saoghal
 Bhon is baogh'lach e gach uair,
 'N ti 'bu mhiann leinn an diugh againn
 Anns a mhaduinn chaidh 'thoirt uainn.

Ach annad-s', u Mhic mo Dhé
 Mo mhuiinighin gu léir gu'n cuir;
 Do gach anam gur tu 's léigh,
 'Chreideas annad fein is t' fhuil.

Ormsa fòir, a Mhic mo Dhé,
 Na cuirear leat mi air dhàil;
 On tha 'n saoghal so na 'leum,
 Teasairg mise, 'Dhe, bho chàs.

MORT GLINNE-COMHANN.

'S mi am shuidh' air a chnocan,
 Chaidh mo leirsinn an olcas,
 'S mi mar aon mhac an trotain air m' fhagail.

Tha mi coimhead a għlinne
 Far am b' aighearrach sinne
 Gus an d' aom oirnn an fhine 'n robh 'n fhàilinn.

Rinn na Duibhnich riomh 'n eadradh
 Ar fuil uasal a leagail,
 'S bha Gleann-liobhann na 'sheasamh mar cheannard.

B' e mo rogha sgeul eibhinn,
 Moch Di-luain is mi 'g éirigh,
 Cinnit gu'n dàinig Righ Seumas o'n Fhraing
 oirnn.

Gu'm biodh iomain ball achaidh
 Air na cealgairean ascaoin
 Loisg ar n·arbhar 's ar n·aitreabh 'sa
 gheamhradh.

Deagh Chlann Iain nan gadhar
 'Rinn na h·uaislean a thàdhal
 Bha gan riasladh fo chuthach gun chàirdeas.

Dh' fhàg sibh marcaich' 'n eich uaibhri
Reubt' air ruidhe nan ruadh-bhoc,
Annan sneachda troni fuar nan beann ard

Dh' fhàg sibh làraichean dubha
Far am' b' abhaist duibh suidhe
'N comunn luchdan fhuilt bhuidhe, dhuinn
amlaich.

'Fhir Bhail'-fhearna nam badan,
Bu chean-feudhn' thn air brataich ;
Is chaidh smùid 'chur ri t'atréabh na smál-
aibh.

ORAN DO MHAC-LEOID DHUN-BHEAGAIN.

LEIS A CHLASAIR DALL.

AM BARD.—Gur h-i'n t-saighead tha'mchré
A dh'fhag treoghaid mo chléibh cho goirt,
Aig na rinn mi 'nd dheidh
'S mi 'n diugh 'siubhal leam fein gun toirt.
Gun robh mis' air do thoir,
'S bha mi 'meas gun robh còir agam ort,
A mhic athar mo ghraidih ;
B' esan m' aighear is m' agh, 's tus' m' olc.

Chaidh a chuibhle mu 'n cuairt,
Agus thionndaidh gu fuachd am blaths,
Nàile chunnaic mi uair
An Dun rathail nan luaidh a bha
Ard cho-chruimneach' an t-sluaigh
'Cur ri mathas gun chruas, gun chàs ;
Dh' fhalbh an latha sin uainn
Is tha 'n talla gu fuaraidh fàs.

Tha Mac-Talla fo ghruaim
Dh' fhag e 'n bail' am biodh fuaim a cheoil;

Tha gun inhire, gun inhuirm,
 Tha gun iomrachadh dluth nan corn,
 Gun chuirin paultis ri dàimh,
 Is gun inhaenus, gun mhàrnau beoil.

Dh' fhalbh Mac-Tall' as an Dun,
 Nnair a thainig oirnn diu nan triath,
 'S ann a thachair e riuit
 'S e air seachran air cul nan slabh.
 MAC-TALLA.—Labhair esan air tòis,
 Reir mo bheachd-sa gur tu 'bha ramh,
 Am measg cuideachd na muirn,
 Gus an uiridh an Dun nan cliar.

AM BARD.—A Mhic-Talla nan tìr,
 'S math mo bharail gur tu a bha
 Ann an aros nam fiann
 A comhaithriseadh gniomh mo lamh.
 MAC-TALLA.—'S ceart do bharail: gur mi
 Is bu deacair dhomh shin 'bhi 'm thamh
 'G eisdeachd brosluim gach ceoil,
 Ann am fochair Mhic-Leoid an aigh.

'S mi Mac-Tall' a bha uair
 'G eisdeachd faruim nan duan gu tiugh,
 Far 'm bu mhuirneach am beus
 An am cromadh do 'n ghrein 'san t-sruth;
 Far am b' fhóirmail na seoid,
 'S iad gu h-oranach, ceolmor, cluth;
 Ged nach faicteadh mo ghnuis
 Chluinnteadh leotha 'san Dun mo ghuth.

'S mi Mac-Tall' a bha 'thamh
 'S an aitreamh 'n robh gradh nan cliar,
 An triath tighearnail, teann,
 Is an cridhe gun mheang na chliabh.
 Thug e speis d'a thir fein,
 Chu do chleachd e Duneideann riagh;
 Dh' fhag e 'm bonnach gun bheum,
 'S b' shearr gun leanadh na 'cheum a shiol.

Ionad tathaich nan cliar
 Tha gun aighear, gun mhiagh, gun doigh,

'N am bhith 'g eirigh gu moch
 Ann san teaghlaich gun sproe, gun ghré
 Chluinnteadh gleadhraich nan dos [ain]
 Is an ceile nan cois o 'suain.
 'Nuair a gheibheadh i 'lan
 'S i gun duisgeadh an áird an sluagh,
 Le meoir shileanta ghrinn,
 'S i gu ruith-leuninach, binn 'sa chruaich

Bhiodh a rianadair fein
 'Cur an ire gur h-e 'bhiodh ann,
 'S e ag eirigh nam measg
 Is an eighe gu tric na cheann.
 Ged a b' ard leinn a fuaim,
 Cha tuairgneadh e sinn gu teann,
 Chuirteadh tagradh ain chluais.
 Le h-aidmheil gu luath 's gu inail.

An am gabha'il mu thànnh
 Gum biodh furtachd 'san fhardaich reidh ;
 Dhoimhsa b' fhurasd' a radh
 Gum bu chuireideach gair nan teud ;
 Iad fo iomairt do lamh
 'Cur am binneas de chach an geill ;
 'S gum bu shiubhlach am chluais
 Mothar luth'ar do luasgan mheur.

Ann san sheasgar an déidh
 Am teasa na grein' trath-noin,
 Bhiodh fir chneapain ri clair
 'S minai feagairt a ghnath 'cur leo.
 Bhiodh da chomhairleach ghearr
 A' dian labhairt 's gum b' ard an gloir ;
 Is bu thitheach an guin
 Air na daoine gun shuil, gun fheoil.

Gheibhleadh fleasgaich gun sgraing
 Ann san talla le gradh gun fhuath,
 'S oighean grinne 'n fhuilt reidh
 Air an urlar lé cheil' a gluas'd,
 Iad le ceileiribh beoil
 'Dannsadh iollagach, ordail, suairc',

Is fear-bogha nan coir
A cur meadhail a mheoir nan cluais.

AM BARD.—A Mhic-Talla so 'bha
Ann sa bhail 'an do thàr mi m' iul,
'S ann an nis duinn a's leir
Gu bheil mis' is tu fein air chul.
'Reir do chomais thoir sgeul
On 's fear-comuinn mi-fein is tu ;
'N robh do mhuinntireas buan
Aig an dream sin d'an dual an Dun ?

'S fiosrach mis' air gach am,
'S mu gach aon diu a bh' ann o thos.
Càit am faicteadh air chuairt
Ceanna-cinnidh 'thug fuath cho mor
Do dh-fhaoin mhochuis nan Gall ?
'S gun an sporan 'bhi gann de dh-or.
Tighearnan Eilg' is Chlar-Sgith
Cha bu bhucadh dhaibh diobhail stoir.

Bho linn nan linnteann bha mi :
'S mi mar aon duin' a thamh sa chuiret,
'S theireadh iomadh Mac-Leoid
Nach robh uireasbhuidh eolais duinn ;
Ach cha'n fhaca mi riamh,
Gun taoitear, gun triath an Dun,
'S e na 'phasach gun sheum,
Gus na laithean so fein bho thus.

AM BARD.—Bho'n a thainig ort aois
Tha ri radh gur a baoth do ghloir ;
Cha'n e fasach a th' ann,
Ged e tha e 'san am gun lòd.
Is air taoitear 's beag sheum,
'S og thighearna fein 'na lorg,
'S o ri 'fhaotuinn gun sheall
'Cur ri baoithe an ceann luchd-chleoc.

An nis tilleam gu d' chainnt
Bho'n a b' fiosrach mi anns gach sion.
'S tric a chunnacas gill' og
'Bhiodh gun uireasbhuidh stoir no mi,

'S bhiodh am beuchd aige fein,
Bho'n a cheannaicheadh e feuda
'Dh-aïudeoin caitheamhachd dh
Nach bu chunnart da lanh nam

'S ionann sin 's mar a tha
Cuid de dh-uachdarain ard an d
Bho nach leir dhaibh an call
Meud an deidh air cuirt Ghall e
Gus an deid iad do 'n Fhraing,
'S gur a soilleir ri am a bhuil ;
Bidh droch ghalar gan enanigh,
'S theid an storas a 'n lanimh na

'Nuair a theid e gu blar
Air each cruitheach a's gairmhor
Diallaid lásdail fo 'inhas,
'S mor gum b'fheáird e sriam oir'
Fichead gini cha'n-fhiach,
Gun deid sud a chur sios an geal
Cha deid bonn dheth 'am feum,
Is cha'n-fhaighear e 'n deidh a ch

Nuair a thig e bho 'n reis
Theid e 'dh-iomairt le beisd air g
'S mur dig lanh 'sam bi feum
Gun caill e an leum gu grad.
Mi 's iad disnein a mhiann
Bheir e thairis h-aon-diaq mu sea
'S ged a chaill e coig ciad,
Fire, faire, 's beag fhiach am mai

Theid coig coigean de 'n or
Thoirt gu faoin airson cord do 'n
'S urad eil' oirre fein,
'S math na 'bharail a feum gu spa
'S a ghrabhat a's glan li
Theid punnd Sasuinnach inn' gun
Ach 's beag sud as a mhál,
Theid a chunnadh air clar gu gr

Theid luach mairt no na 's mo
An da stocain de 'n t-seors' a 's fe

Sud na gartain a suas
 'S paidhir thasdan de linnch nam bárr.
 Ducait diuea no 'n corr
 Theid a chur ann sa bhroig 'bhuiunn aird,
 'S clachan criostal 's math snadhl
 Ann an bucaill mu 'n cuairt le stráic.

Theid e staigh ann am buth
 'S chi e fasau as ur bho'n Fhraing ;
 'N t-nodach! gasda 'bha 'n dé
 Air a phearsa le speis neo-ghaum
 Theid a thilgeadh an cuil ;—
 "Fasan dona, cha-n fhiu e plang."
 Air mal baile no dha
 Bidh a pheann is a lamh ri baim.

Bidh a pheidse gan mheas
 Mur bi eideadh am fasau chaich :
 Ged bhioadh e gini an t-slat
 Gheibhear nil' o air mart no dha.
 Casag riomhach gun sgòd
 Theid a cheannach do dh·og an iugh,
 'S briogais bheldheit bhug bhiringh
 'Bhios a ruigheachd a sios gn'shail.

Cha bhi phoids' ann am pris
 Is e fhathasd a dhith a chleoc :
 Cealltair olla cha 'n fhiach,
 'S cuis shanaid cloth liath mu 'n og.
 Aodach riomhach o 'n bhùth,
 Le crois airgid, luach chruintean oir,
 Feumar sin 'shaotuinn dha ;—
 "Tilgidh m'fhearrann dhoinh nial na 's mo."

'Nuair a thig e air sgriobh
 A dh' amharc a thire fein
 'N deidh na miltean 'chur suas
 Gum bi gaoir air an t-slugh mu 'n spreidh,
 Ach ged thogar na mairt,
 'S ged a nitear an reic aig feill,
 Bidh na fiachan ag at,
 'S theid an tagradh o 'mhac na 'dheidh.

40 DAIBHIDH GREOSGACH, CROM, CIAR

Theid Mac-Mhartuinn am mach,
'S e gu statail air each le srian,
E cho ard ann am beachd
Ris an armunn a chleachd 'bhith fiall.
Cas a chaibe no crann
'S e nach glacadh 'na laimh 's cha b' fh
E cho spaideil ri diuc
Mac a bhodaich a b' umaidh riamh.

Thoir-sa teachdaireachd uam
Grad le deatam gu Ruari og,
Agus innis da fein
Meud a chunnairt, ged 's e Mac-Leoid.
Biodh e 'sealltuinn na 'dheidh
Air an Iain a threig 's nach beo,
Ge b' e 'leanadh a chliu
'Sc nach fagadh an Dun gun cheol.

DAIBHIDH GREOSGACH,
CROM, CIAR.

LE MR. AONGHUS MAC-GILLEMOIRE.

Ged a tha mo chorc an cunnart
Bhith air a fhroiseadh gu buileach,
Tha Daibhidh ag radh e dh' fhulung,
Nach dig e dhe 'n bheairt an diugh dhom
Daibhidh Greosgach, croim, ciar,
'S gile 'n ròcais na bhian;
Bha mi eolach ort riamh,
Fear bu ghreallaiche fiamh.
'Dhaibhidh an deid thu bhuan ?
'S gheibh thu paigheadh Di-luain.

Nuair thogadh tu rithe 'h-aodach,
'S a lionadh tu balg na gaoithe,
Cha bhiodh crann gun ròpan caol ris
"Toirt abhsaidh o thaobh gu taobh dh' i.
Gur h-e 'm buamasdair blàr,
'Bheireadh ruaig air an spàl,

h,

h fiall.

na b' fhiach:

mh.

-Leoid.

ol.

ACH,

HOIRE.

b,
ng,
n dhomh.ris
dh' i.

DAIBHIDH GREOSGACH, CROM, CIAR. 41

'M fear bu luainiche lành
 Tìmchioll chuach 'sam biodh snàth.
 'Dhaibhidh an deid thu bhuan ?
 'S gheibh thu paigheadh Di-luain.

Cha do chuimhnick mi do bhoineid,
 Air 'n do chàirich thu 'in breid soilleir,
 Air a chùl a tha neo-loinneil
 'Dh' fhàg na gadmuinn gartach, goirid.
 O, brògan ard air mo ghaol !
 Da chois stabhach 's iad caol.
 B' e sud meirleach nam faobh.
 Ceann nan cnàmh a dh'fhàs faoinn.
 'Dhaibhidh, an deid thu bhuan ?
 'S gheibh thu pàigheadh Di-luain.

Cha 'n iarradh tu solus gu d' shuipeir
 Ach sàthadh crom mar a mhuc innit' ;
 Bu leathann do lorg 'sa bhutar,
 Bhiodh fore nan coig meur ga 'phutadh.
 'S tu nach iarradh an sgian
 Gu dhol siobholt' 'san im ;
 Gu 'm b' e 'n ordag do mhiann
 'Cur greim glocach gu d' bhial.
 Dhaibhidh, an déid thu bhuan ?
 'S gheibh thu pàigheadh Di-luain.

'N fheusag a b' fhaide gun bhéarradh,
 Cha 'n fhagadh an siabunn glan i.
 Cha 'n fheil duine beo air thalamh
 A dh' fhaodadh seasamh ri t' anail.
 O ! an tòchd 'tha de 'n bhéisd,
 Fuil is feoil agus créis,
 Tuiteani sios air a chléith;
 'S tu bu chaitlich' air spreidh.
 'Dhaibhidh, an déid thu bhuan ?
 'S gheibh thu paigheadh Di-luain.

Greosgach, grinning; greallachd, dirty;
 gadmuinn, mialan; cléith, the dative case
 of cliath, the treadles of a loom.

ORAN

DO SHIR DOMHNALL SHLEITE.

Tha tasgaidh bhuam an diomhaireachd
 Bho chiomh an fheadh so bhliadhna char
 Cha'n airgiod glas, 's cha'n iarann e,
 Ach ridire glic riasanta,
 Le meas is misnich iarachan;
 Bhon fhuair mi 'nis le iarraidh i,
 Gu'n riaraichinn Sir Domhnall.

Mo bhive maisceach tarbhach thu,
 Mo chleasan snuadh-ghlan dealbhach thu
 Mo ghibht ro phriseil, ainmeil thu.
 Bhon chuainhnich mi air seanachas ort,
 B'i 'n di-chuaimlin' mur a h-ainmicht' thu
 'S nan leiginn bhuam le dearmad thu,
 Gu dearbh cha b' i a choir e.

Is craobh de 'n abhull phriscil thu;
 De 'n mheas bu bhlasda brioghalachd;
 Bu dosrach an am ciuntinn i
 'S a chioll nach robh an erionach innt',
 Nam b' urrainn 'lorg do shinnse mi,
 Gu'n robh mi dhaibh cho dichiolach
 'S gu'n innsinn ump' na b' eol domh.

Bhiodh sliochd Iain inhoir Mhic Catha
 leat,
 Is an dream rioghail Leathanach,
 'Bha uasal, uallach, aighearach,
 'S bu chruadalach ri labhairt orr',
 Is fir Chinnitire's Latharna,
 Gur maирг luchd Beurla bbrathadh tu,
 'S na maithean sin an tòir ort.

A Eirim uaine dh'éireadh leat
 Iarl Antruim nan each eutroma,
 'L 'ghaisgich chalma, gheur-hannach;
 Cha h-iomadh aon a dh'éireadh leat.
 Gre buaithne dhomh eo dh'euradh thn;

Nam bitheadh foirm air t'fheumalachd,
Gu'n eireadh iad gu d' chòmhmadh.

Siol Chuinn, is Airt, is Chormaic leat,
Is Cholla chis-nhoir arraiceansaich,
'Bha sluaghmhòr, duais-mhor, armailteach,
'Bu chrudalach is fearg orra,
Ri tarruinn suas gu fear-bhuilleach,
Ri luingeas luatha, gheal-bhreideach,
Air fairge leo a seoladh.

Mac-Fhionghain 's fir an t-Sratha leat,
Mac-Neill is fir sin Ra-arsair,
Nach diultadh air thns catha leat,
A chuireadh rnaig gun fhathamas,
'S a leanadh toir gun athadh orr';
Nan doirteadh erùn no eliadheabh dhiot
Gu'n rachadh iad gad' chòmhmadh.

Mae Iain 's Moirear Tairbeirt leat,
Fir bhealaichean Bhraid-Alba leat;
Bu lionmhòr curaidh calma leat
'Dol sios an tÙs na h-armailte.
Bu bhùilleach, guineach, marbh-teach iad;
Gu'n eireadh fir nan Garbh-chrioch leat,
'S na Camaranach bho Lòchaidh.

Gu'n eireadh air a chùl sin leat,
A thaobh do mhathar chìuramaich,
Gu'n eireadh leat na Dìnghlasaich,
Le fichead mile diular.nach;
Cha tilleadh lnaidh 'neo fùdar iad;
Gu'n bheil iad dhnit cho dùrachach
'S nach diultadh iad tigh'n eòmh'-riut.

Cha chadal ach bhith 'm dhùsgadh dhomh,
Gur leat an Caiptin Muideartach,
'S na dh'eireadh leis de dh'fhiuraunaibh,
Fo d' bhrataichean gu dùthchasach;
Bhith 'm baitealan cha diultadh e,
'S a réir mo bheachd bhiodh biuthas
Air a chùis mu 'm biodh sibh deonach.

44 ORAN DO SHIR DOMHNALL SHLEITE

Gu 'n cuala mi aig seanachaidhean,
Gun d'rinneadh cùis a dhearbhadh
Fo 'r n-iarlachan treun, armalteach.
'S an am sin cha bu chearbach sibh,
Bu chliuiteach sibh is b'ainmeil sibh;
Bha tuilleadh is leth Alba leibh
Ga 'shealbhachadh le còir air.

A righ gu 'm meal thu 'n staoil agad,
'S gach fearann a tha 'n oighreachd d
An seann Duntuilm bu mheadhraiche-
Bhiodh coinnlean céir an lainntearan,
'S bhiodh tion bu bhlasda caoimhneala
Am piosan dathte, faidhreachail,
'S taigh mhaiseach, aoidheil, cheol-m

'Sa chùirt bu lionnhor soillsearan,
Far 'm faigteadh gniomh nam maig
eannan

Air brataibh sioda fraoidhneasach,
'S an guinteán sios air stàidhrichibh,
'S an tür ro chliuiteach, aoidheil ud,
Gu'n dugteadh comhnadh 's aoidheach
Do luchd ainneart thig air fògradh.

Buan-phailt gu'm biodh an saoghal so
Do'n dalt a rinn mo dhaoine dhomh,
'S a chinn air snas an ionracais,
Bu mhisneachail an caonnaig thu,
Bu mheasail thu mar ghlaoidh-teal'h riù
Gun bheud, gun mheath gun mhaolachad
'S i 'n aon te 'thog an tòs sinn.

Gu'n deanadh Criod deagh rathad dhui
'S a shiochaint a bhi maille riut,
'S tu 'n t-siol bha rioghail, flathasach ;
Bu riomhach am mac athar thu,
Bu chliu gach cùis bha'n ceangal riut;
Is air a mheud 's gam faigheadh tu,
Gu'n caitheadh tu gu mó rail.

mean,
adh
teach.
sibh,
l sibh;
a

agad,
achd dhuit,
raiche—
earan,
hnealachd
l,
neol-mhor.

an,
n maighd-

ch,
nibh,
l ud,
lheachd
dh.

hal so
mh,

,
lh riut,
olachadh;

d dhuit,

ach ;

riut;
u,

CUMHA D'A MHNAOI,

LE SEORAS MAC-COINNICH, FEAR GHRINN-EARD.

Tha mo chridh' air fàs trom,
'S taobh nio leap' air fàs lom,
Is cha togar leam fonn air chòir.
Tha mo chridh', &c.

Bhuineadh dhiom leis an eug,
Is air ni' fhìrinne cha bhreug,
Ni cho fincalt' ri léig an òr.

Righ, gu 'm b' alainn do shnuadh,
Neul an t-sneachd ort mu 'n cuairt,
Deud mar chailc, agus gruaidh mar ròs.

Do chiabh cas-lubach, donn,
Do shlios mar eal' air an tonn,
Do bheul nieathair o 'in b'honnmhor glòir.

Do shuil mar dhearcaig nan allt,
'S do ghuth mar smieoraich air crann
A seinn luinneig an gleann ri ceò.

'S ann sa choill nach robh crion
'Fhuair mi 'n t-slat nach robh blion,
Is i Alainn, ùr, finealt', òg.

Ged a b' èg thu an la
Air 'n do ghlac mi do làmh,
'S mor a bh'annad de stàth 's de threoir.

Cha robh chrine nad bheus,
Leat bu shuarach a treud,
Fhuair thu meas o luchd-feum le còir.

Bu shar shuinn le mo bheachd
O'n do bhuaineadh thu 'm mach;
'S iad nach fàgadh a chreach gun tòir.

SONAS NAN NAOMH.

Bhrisd gach caball 's gach ball,
Chaidh mo mhisneach air chail,
Tha mo sgiob' air fàs m' all gun treoi

Dh' fhàg thu mise bochd truagh
Mar luing bhreoit' air a chuan,
'N déidh a stiuir a thoirt uaip' 's a s

'Thi 'elnir Ionas gu tìr
O'n mhuic-inhara le sìth,
Cuir gu cala mi-fhìn 's mo lòd.

Ged tha mise dheth bochd
Dh' fhàg an te tha fo 'n phloc
Linn og is fiach toirt mu m' bhòrd.

Cuim' an deanadh sinn uaill,
'S nach mair ti achi seal cuairt,
Tha na ceudan dol uainn gach lò.

Biomaid uil' ann an déidh
Air na nithibh nach tréig,
Chum 's gu 'm faic sinn a chéil an glò

Phòs Fear Ghrinneard Maireard
Coimlich 'sa bhliadhna 1696. Bha tri
fhichead de chloinn aca.

SONAS NAN NAOMH.

LE DUGHALL BUCHANAN.

'N sin labhraidh Criod ri luchd a dhei
Sibhse ta deasaichte le m' ghràs,
Thigibh is sealbhaichibh an riogh'chd
Nach faic a sonas crioch gu bràth.

Spealg mis' an geat' bha oirbhse dùint'
Le m' ùmlùachd 's m' fhulangus ro ghe
'S dh' fhosgail an t-sleagh gu farsu
suas

Am leth-taobh dorus nuadh dhuibh fein

'Chum craoibh na beath' ta 'm Pàras De
 Le éibhléas teannaibh staigh d'a còir,
 'S a feartan iongantaeh gu léir
 Dearbhadh ur n-uile chreuchd 's ur leon.

An claidheabh rùisgt' bha laist' ga 'dion
 O laimh bhur siumsir, Adhamh 's Eubh,
 Rinn mise trnaill de m' chridhe dhà,
 'S a lasair bhàth mi le m' fhuil féin.

Fo 'dosraich úrainr suidhibh sios,
 Nach searg 's nach crion am feasd a blàth',
 'S mar smèoraichibh am measg a geug
 'Chum molaidh gleusaibh biu ur cail.

Le 'maise sùsaichibh ur sùil,
 Is oirbh fo 'sgàil cha drìugh an teas;
 O 'duilleach cùbhraigheòlaibh slàint',
 Is biobh neo-bhàsmhor le a meas.

Gach uile mheas tha 'm Pàras Dé,
 Ta 'nis gu leir neo-thoirmisgt' dhùibh;
 Ithibh gun eagal o gaeh géig,
 An nathair nimh' cha teumi a chaoith.

Is uile mhianu ur n-anma fein
 Làn shàsaichibh gu leir an Dia,
 Tobar na firinn, iochd, is graidh
 A inaireas làn gu eian nan cian.

Mor-innleahd iongantach na slàint'
 Sior rannsaichibh air àird' 's air lend,
 'S feadh oibrichean mo rioghachd mhòir
 Ur n-eolas ciocraeh eniribh 'an meud.

'Ur n-eibhléas, mais', ur tuigs' 's ur gràdh
 Bitheadh gu siorraidh fàs na's mó;
 'S eha choiminich sibh aon ni gu bràth
 Bheir air ur n-anaim cràdh no leon.

Cha 'u fhaca suil 's cha chuala cluas
 Na thaing mi suas de shonas duibh;
 Imichibh 's biodh ur dearbhachd fein
 Sior innse sgeil duibh air, a chaoith.

Rugadh Dùghall Buchanan 'sa bhliadha 1716. Bha e na 'mhaighstir-sgoil' an Ruinneach. Bha buadhan laidir inn aige agus eolas farsuinn. Bha e na 'b' fior chomasach. Chaochail e 'sa bhliadha 1768.

IARRTAS AN ANAMA.

LE IAIN MAC-AOIDH.

Math mo chiontan gu saor dhomh,
A tha lionmhor is uamharr,
'Dhe, air sgàth an Fhìr-shaoraidh,
'Dhòirt mar iobairt 'fhuil uasal.

Dion mi 's gleidh o gach cunnart,
Dòirt spiorad nan gràs orm;
'S dean mo ghlanadh gu h-iomlan
'N tobar iocshlaint na slainte.

Dean do ghlòir-sa mar chrioch dhomh,
Dean mo riaghlaigh gu gràsmhor,
'S tu an Cruthaighear siorruidh,
'Rinn 's a dhealbh le do làimh mi.

'S moch a thréig mi do shlighe,
'S gu bheil m' fhiachan gun aireamh;
Gabh ri toillteanas Chriosda,
Is na iarr aig mo laimh-s' iad.

Dean mi réidh ris na 'phearsa,
Thoir gu comunn a ghràidh mi;
Cuir an àireamh an treud mi,
'S mis' a chaora 'bha caillte.

Rugadh Iain Mac-Aoidh ann an Cataoil mu 'n bhliadhna 1695. Bha sgoil mhàthair aige, agus bha e na dhuine fiosrach, diadaidh, measail. Sgriobh e moran de laoidhean gasda—laoidhean a bha gle fheuma ri 'n latha fhein.

AN AB EIRIGH.

LE DAIBHIDI MAC-EALAIR.

Na 'shnuadh aig deas-lainn Athar ta
 Criosd le grás os ar eionn,
 A cur oifig sagairt in gniomh
 A dheasachadh riogbachd dhinniu.

Ach thig an t-am 'san dig Mac Dhé,
 Creidibh mi an sgeul gur fior,
 Le míltibh mile 'dh-aon libh trean
 'Thoirt oirnn breith do réin ag gniomh'.

Seidear an trompa 'n sin gu h-ard
 Leis na h-ainglibh 's àile smuadh;
 Eiridh na mairbh an aird o'n uair,
 Is gabhar cùintas o na chuan.

Limbhraidi an uaigh na fhuair i fein.
 Cha bhi neach de 'n trend air chall,
 Nochdar iad uile 'm fianuis Dé,
 'S e Mbac fein a's breitheamh ann.

Bidh iadsan soilleir ann an sin,
 Mar sholus dealrach an dreach
 Thig Criosa nan coinniun le gean,
 'S bidh sith an commun nan ceart.

Tha na rannan so air an tabhairt seach-
 ait mar tha iad ann an Co-chruinneachadh
 Mhic Gillios, a chuireadh am mach 'sa
 bhliadhna 1786. Cha 'n fheil iad am bard-
 aichd cho math so ann an Sar-obair nam
 Bard. Tha 'm facal trompa—eha 'n e
 tromb—a ciallachadh trombaid.

RANNAN O LEABHAR MHIC-
MHUIRICH.

An d'fhlíg thu slighe ghorm nan spèir
 A mhe gur bheadh a's orbhuidh eabhd?

50 RANNAN O LEABHAR MHIC-MHUIRICH

Tha dorsan na h-oidhche dhuit réidh
Agus paillium do chlos 'san iar,

Thig na stuaithan mu 'n enairst gu mali
A choimhead fir a's àillidh gruaidh,
A togail fo eagal an ceann
Ri t' fhaicinn cho àillidh ad shmain.

The:ch iadsan gun tuar o do thaobh,
Gabh thusa eadail ann ad chòs,
A ghrian, is till 'sa madraim mhioich
Do 'n speur o d' chlos le noibhneas mòr.

Biodh mile solis togte suas,
Ri binn fhaim sheinnh nan clarsach grinn
'S biodh sólas an talla nan stuaith,
Thill Fionn nam bhadh le cliu gu 'thir.

Tha còmhstiri Chaluinn fada uainn,
Mar fhaim nach cluinnear leinn ni 's m
Togaibh a bhàird a chiuil, an dnuan,
Thill gaisgeach tremu nam bhadh le 'shlòg

Mar sin bha facail Ullainn ehaoin,
Nuair thill an sonn a raon nan triath,
Le urla laiste suas le àgh,
'S le leadan trom a b' àillidh ciabh.

Bha clogad gorm mu cheann an t-suim,
Mar neul nach trom air gnùis na gréin,
Nuair bhios i falbh na h-éideadh ceo,
'S a fenchainn leith a soills' 'san speur.

Bha 'ghaisgich chalm' an déidh an triath,
'S bha fleadh nan sligean fial' an àird;
Thionndaidh an laoch bu chiuin 'san t-sith,
Is dh' iarr e fonn o bheul nam bard.

Rugadh Seumas Mac-Mhuirich am Baideanach, 'sa bhliadhna 1738. Fhuair e àrd ionnsachadh an Oil-thaigh Abereadhainn. Auns a bhliadhna 1760 chuir e am mach

dàin ann am Beirbh, a bha a reir a naidh-eachd fnein air an eadar-cheangachadh o'n Ghaidhlig. Chaochail e 'sa bhliadhna 1796. Bha e làn de bhàrdachd agus na 'fhearsgriobhaidh smasmhor.

— • ◆ • —

ORAN DO MHR. DOMHNALL MAC-NEACAIL.

— — —

LE FEAR GHLINN-NODHA.

'S e Maighstir Dòmhnull Mac-Neacail
An guisgeach còmhraig 'tha reachdmhor:
Is gasd' an òrdagh an eachdraidh
"Thug feachdadh do 'n daormhinn.

An nair bha Albainn fo lighe
Aig fear na ceilge, Mae-Iain,
Chaidh tu gu calm ann ad uidhinn
"S thug thu rithis saor i.

Bha na Gàidheil aig Mae-Iain
Mar a bha Sàl aig Goliah,
"S tusa mar Dhaibhidh 'n deagh chridhe
O righe nan eaorach.

Nhair bha sinn uile fo mhasladh
Gum aird 'sa chruinne 'dhol as dninn,
"S tu thàrr 'sa chumasg gu tapaidh,
Agus thachd thu 'n craosair.

'S ann bha sinn uile mar bhalbhain,
No duin' air ami biodh glas-charbaid,
Gus 'n do chuir thu umiad t' armachd,
Guineach, gailbheach, faoghlaint'.

Nhair a bheachdaich thu mu'n enairst duit,
"S nach deachaидh do thaic ri d' ghuallann,
Chuir thu spraic ort ris a chruadal,
"S bhual thu steach do 'n chaomhaig.

'S mor an t-eibhlais 'idh' orm ri 'fhaic
Gach leinn 'thig thu air an t-Sasnach
Is tu 'g eirigh air le d' chasam
Ann am clais mi uileach.

'S modh leam gach filidh 's Inchd-foghl
Fendt Galltneach, minis, is mór-thir,
Nach d' rinn comh ne grinnearas rosg dh
'Chur an clo gn 'sgnoileadh.

Cle mho a thairi iad de chridhe
Dol 'san tuisnidh ri Mac-lain,
Ged is iad a fhair an ruigheachd
Le fitheach min noirean.

Ged thar ar coraisdean oirdheire
F' dholc th sgoileam is oilbhenn,
Tha do lironaich iad an lorg snd
Co-beach a bheoil sgoilte.

'S tus' an t-aon dhin' ann an Albann
Dhe 'n d' riuneadh ñuipair na learguin;
Chaidh t' ñingadh mar rogha seamachaidh
'S dhearbh thu gn neo-chlaon e.

'S ionadh pears-englais ro sgariteil
B' ionann 's an dreag leo gn 'm faicteadl
Do leabhar eigseach nan t' asgnidh,
Le 'n gealtachd roinnt 'n bhlaomair.

Nam biodh Mac-Cailein na 'Ghaidheal
Mar na h-athraiehan o 'n d' fhàs e,
Bheireadh e baile, no dha dhiu,
Ri do làithean saor dhuit.

Nam biodh Righ Deorsa na 'shnidhe,
Mar bu deonach leam a ghuilbe,
Bheireadh a Mhòrachd dhuit luigheachd
Bu chubhaidh dhuit fhaotainn.

'Righ, nach mise 'fhnaidh an comas
Duais thoirt duit air son na comain,

ri 'fhaicinn,
nsnach,

d-foghlum,
thir,
osg dhuit

d

4,

aim
rgmin;
nchaidh,

il
iecteadh
h,
air.

neal

e,
eachd

An rnaig a chur air an ollamh,
'S bu shomalta rnuin d'ruit.

Phòs Domhnall Mac-an-t-Saoir, Fear Ghlinn-Notha agus ceann-einnidh Chloinn an-t-Saoir, Catriona, inghean Fear Dhùin an-Easa, agus bha aon mhac aige, Seumas, Rugadh Seumas inn 'n bhliadhna 1727. Bha e na sgoileir math agus na 'dhuine fiosrach. Phòs e Anna, nighean do Pàomachadh Caimbal, Fear Bharra-Challtniam, agus puthar do Chailean Ghlinn Lubhair. Bhí sia mic agus triúr nighean aige, Chnochail e 'sa bhliadhna 1799.

DUANAG

LE IAIN MAC MHURCHADAIDH AN CINN TAILLE.

Thogainn fonn, fonn, fonn;
Dh' éireadh fatai orai ri 'fhaicinn.

Thainig litir bho Iain Penton,
'Chuir éibhneas air fear nach fhac i;

Beagan de mhuinntir mo dhùthchea
'Triail an tìbh am faigh iad pulteas.

Far am faigh sinn de gach seorsa
'N t-sag u's bòidhche 'tha ri 'fhaicinn.

Gheibh sinn fiadh, is hoc, is maoisleach,
'S comas na dh' fhuadar 'thoirt asda.

Gheibh sinn coileach-dubh is liath-cheare,
Lachan, sioltairnean, is glas-gheoidh.

Gheibh sinn bradan agus bànniasg,
'S glas-iasg ma 's e 's fhearr a thaitneas.

'S fhéarr dhinn sin ea bhith fo nachd'rain,
'S nach fuilingeadh iad tuath bhith aca;

'Ghabbadh ann an àit an t-seoid
An t-òr ge b' aum a spong u phartain.

'Ghabbadh ann an àit an diùlnaich
Siochair sgiùganach 's e beairteach.

Falbhamaid le beannachd Dhé leinn,
Triallamaid gu glensda, sguirteil.

Falbhamaid uile gu léir,
'S gur beag mo spéis do dh' shear g
tapadh.

B' e Alasdair Mac-Rath ceann-einni
Chloinn Mhic-Rath 'sa bhliadhna 166
Bha e posda da uair agus bha naoi m
aige—Donnachadh nam Pios, Iain, Al
dair, Domhnall, Gilleariosd, Fearchar
Murchadh, Ailein, is Uisdein. Bha ma
ig Fearchar do 'm b' ainn Murchadh
agus bha mac aig Murchadh do 'm b' ainn
lain. 'S e Iain so, Iain Mac Mhurehaidh
a riunn an t-òran. Bha e na 'dhuine gasd
agus na 'bhard gle mhath. Thainig e d
dh-American mu 'n bhliadhna 1774.

CUMHA.

LE NIALL MAC-AN-ABA.

Do Mhàrtuinn Màrtuinn, do 'm bu cho
ainm Màrtuinn Mor a Bhealaich.

Nam b' shear facail no dàin mi
Bho'n la thiodhlaiceadh Màrtuinn 'sa chìll,
Mar chuimhneachan bàis ort
Bheirinn greis air do nàdar math innse'.
Cho fada 's a b' eol dhomh
Bha gach teisteanas mòr air do thì;
'S maig fin' as an d' fhàlbh thu
'S a liuthad deagh aum air do ghniomh.

'S còir dhomh labhairt neo-clearbach
 Ann an toiseach mo sheanachais 'thoirt
 bhuam,
 Mu 'n og mhisneachtail, chliuiteach,
 So a thog iad air għinlan Di-luain.
 Gu 'n robh silteach gu siubhlach
 A tuiteam bho shùilean dhaoui' uaisf,
 Bho 'n la 'chnir iad 's an ùir thu,
 Ann am fois bho nach dùisg thu a suas.

Bu tu 'n gasan neo-lapach,
 Gu 'n robh rogha gach mais' ort, a laoch;
 Nam bu treun anns an fheachd thu
 Bhiodh tu aiumeil mar ghaisgeach aig
 daoin'.
 'S maирg a bhagradh an dòrn ort
 Nan enireadh tu 'u tòrachd ga thaobh;
 Cha robh fear a thoirt eñis dhiot,
 Mar mo bharail, an tìnbh so de 'n chaol.

Gaol peathar, gaol bràthar,
 Gaol athar is màthar gun cheist,
 Gaol nina oig agus leannain
 Mar nach faodadh iad fhalach no chleith,
 Gaol na mnatha 'thug eioch dhuit,
 'S mu 'n ghniomh sin cha b' aireach i
 dheth;
 Bha sud agad a Mhàrtuinn,
 'S tha iad uil' air an cràdh as do leth.

'S beag an t-iongħuadl do mhàthair
 'Bhi gun aighear, gun slàinte, gun sunnd;
 Is a sùilean bhi dòrtadh
 Ri sior shileadh nan deoir os do chionn.
 Gur h-i naidheachd na Ciadain
 A bħrosnaich gu liathadh a cùl,
 Mu 'n fhiuran għlan, chiataeh,
 Dha 'n robbi tuigs' agus riaghailt mhie
 Diue.

'S beag an t-iongnadlı̠ do chéile
 A bhi airsnealach, eisleineach, tinn;
 'S a bhi tric ort a' smaoointini,
 'S a bhi 'cadal gle aotrom ga chiun.

Chuill i companach gnailne
 'S an robh taige' agus uisle mhic rig
 Gur a h-ionad bean nasal
 A bha caoidh an fhir shuaire 'tha ga

'S ann an toiseach a gheamhraidh
 A fhuaire do dhengh chleamhnan an sg
 Chaill iad ceile na baintighearn,
 Ort bha 'n aghaidh gun sgraing air dh
 dhreach.

An am cruinmeachadh nan naislean,
 Ort a thigeadh gach tuairisgent ceart,
 'S tu lan modh agus eolais
 An am suidhe mu 'n bhord am an seir

Bu tu mearach nan stend-each,
 Cha robh 'n taobh-sa Dhuneideann na
 fhearr;

Gn'm bu taelidh mor thiu 'd dhiollaid
 Air each cruitheach mor briagha 'ch
 aind,

'Nuair a bhiodh tu air Ghalltachd,
 'S tu gn'm buidhneadh an geall leat th
 chàich;

Bu leat urram gach reise,

Fuir mi 'r innseant' bu bhensaiche gnat

'S mor an na' theachd am bliadhna
 Gn bheil Laeasa riabhach gun cheann;
 Ge b'e rachadh ga fiachainn,
 Tha a seoltan 's a riaghait air chail,
 Tha a h-naislean 's a h-islean
 A sior-ionndrainn an fhirein a bh' ann,
 Ged a riun mi sud innse,
 Cha do chuir mi ecam-erich air n
 chainint.

Co a sheall nim ad aodhnu
 Nach deanadh deagh fhaolte ri d' ghnàs,
 'S mor na bh' ort de luchd ionndrain
 An am suidhe 's a chmirt 's an taigh bhàn
 Bha do gnothach - & seasadhach,
 'S gn'm bu bonnior ort teisteanas ard;

Dh' fhàg thu uile iad an riaghailt
 Mar a dheanadh neach iarraidh roimh 'n
 bhàs.

Bha thu foghainteach, làidir,
 Bha thu iriseal, tàbhachdach, ciuin;
 Dreach an t-samhraidh mar shnuadh ort,
 Cha robh ainneart no fuachd ann ad
 ghnùis,
 Fiamh a ghaire air do mhala,
 'S bu phait blàths ann an sealladh do
 shùl,
 'S mor an leon 'thug do bhàs
 As a mhuinnitir a dh' fhàg thu 's an Dùn.

Ciod a bhuaidh a bh' air duine
 Nach robh suas riut bho d' mhullach gu d'
 bhròig'.
 Bha thu macanta, siobhalta,
 Cha togadh tu strith 's an taigh-òsd';
 Lan de cheill is de għliocas,
 Lan de dh-eolas 's de thugse 'bha mor;
 Cuimhneach, sealltuinneach, rianail,
 'S cha robh mealladh am briathraibh do
 bheoil.

'S ann na laighe gun éirigh
 Tha 'm fear mòr nach d' rinn eucoir air
 neach;
 Gu 'n robh tuigs' agus reusan
 A streup riut le cheile mu seach.
 Bha thu ceannsgalach, treubhach,
 Bu leat utram nan ceud air an fhaich';
 Bha thu modhail, lan eolais,
 Is a h-uile ni còir ann ad bheachd.

Bha thu caoimhneil gun àrdan,
 'S tu a sior chur do chairdeis an liad;
 Bha thu iochdmhor, ro bhaigheil
 Ris gach duine 'bha 'n sàs agad riamh.
 'S i mo bharail gu làidir
 Gu bheil t' anam làn shàbhailt' aig Dia;

'S ionad beannachd le dùrachd
 'Bha, 'n uair dh' fhalbh thu, gu
 leat a' triall.

Bha thu 't iasgair 's ad shealgair,
 Gun robh cuimse gun chearb an
 laimh;

'S i do shuil bu ghlan dearcadh,
 Cas thu dhireadh 's a dh' astar nam b
 Anns a h-uile deagh chleachdad
 Bha do shuil is do thlachd gu fior th
 'S bho 'n la 'chaidh thu fo 'n fhuar-lid
 Tha do chàirdean bochd truagh dhet
 'n call.

BRIATHRAN FHINN RI FE GHUS.

Bha Fionn agus a naimhdean mu ch
 inih a cheile. Ghairm Fionn air Fear
 a mhac, agus chuir e air ceann an t-sl
 e gu dhol a sios do 'n bhlar. Labhair
 anns na briathraibh a leanas:

C' àit a bheil an og iolair fhuainneach
 'Bu tartrach sgiath am feachd a chrua
 Cha b' fhòthnan le 'n do sgaoil thu 'm
 'S cha bu lorg leinibh do shleagh ad la
 Chi mi orra colg a chatha;
 'S leats', a mhic, an diugh an latha.
 Lùb an t-uaibhreach 's na buail am far
 'S am fuil a mhiodhair na truaill do la
 Mur tuit na trein cha 'n éirich do chliu
 'S taibhsean nan speur gu d' cheum
 dig dluth.

Caomhainn an lag, ach an aghaidh
 làidir
 Bitheadh mar dhoire ri theine do gh
 dein.

Mar ghaoth gu séideadh na caoire
 Bidh mo ghuth-s' air an raon so làmh r

—*Bho "Shean Dana."*

OISEIN DO 'N GHREIN AN AM EIRIGH.

A ghrian na h-òg-mhaidne, 's tu 'g éirigh
Air sléibhtibh soir le d' chiabhan aillidh,
'S ait ceuman do theachd air an aonach,
'S gach caochan mear sa ghleanu ri gaire.
Troinibh dhriuchd nan caoin fhras tha
croinn uaine

Ag eirigh a suas gu bras ad chòmhail,
Is filidh bhìnn nan coilltean fàsail
A cur failt' ort gu moch le 'n oran.

Ach c' àit a bheil air sgiathan siubhlach
Roimh ghloir do għnuise triall na h-oidh-
che?

Is c' àit a bheil aig duibhr' a comhnuidh,
Is uamh chòsach nau reultan soillseach?
'N tràth leanas tu 'n ceuman gu h-uallach,
Mar shealgair ga 'n ruagadh 's na speuran;
Thus' a direadh nan aonach àrda,
'S iadsan air beanntau fàs a leumnaich.

'S aoibhinn do thriall a sholuis àghuhoir,
A sgaoileas le d' dhearrsadh gach doinionn,
Is maiseach do chleachdan dlùth òr-bhuidh
A snàmh siar 's do dhoigh ri pilleadh.
Le seachran an dall cheo na h-oidhche,
Cha għlacak thu a chaoidh ad chūrsa,
Is doinionn dhoirbh nan cuantan għabhaidh
Cha séid le 'n neart gu bràth o t' iul thu.

Le guirm na ciuin mhaidne bidh t' eirigh,
Is do għnuijs fhéillidh 'dusgadh sonais,
A fügradh na h-oidhch' o gach àite
Ach suil a bhàird nach faic do sholus.
Ach mar ta misse, a ghrian mhaiseach,
Bidh thusa fhathast, anfhanu, aosliath;
Do shiubħail mall 'ad chuaир 'sna speuran,
Do shuill gun leirsu 's tu a t' aonar.

60 IS LUAIN EACH M' INNTINN AN NOCHD.

Do ghnùis bidh doilleir mar a ghealac
Do shlighe cha lean thu 'sna speuran;
Binn chaismeachd na maidne cha chl
 thu,

Bidh tu mar shaoidh gun luaidh air eis
An sealgair seallaith 'n ear o 'n leacair
Ach cha 'n fhaic e 'teachd t' aogas sgia
 ach;

Brùchdaidh a dheoir 's e pilleadh
 smalan,—

“A mhadaidh mo ghràidh, threig a gh
 sinn.”

Tha na rannan so air an tabhairt
“Shean Dana” Mhic-a-Ghobha. Cha
sheil fios co a rinn iad; ach tha e
chinuteach nach do rinn Oisein iad.
b'e co a rinn iad 's e's dòcha gu 'n de
an deanamh fada mu 'n do rugadh
t-Ollamh Mac-a-Ghobha.

IS LUAIN EACH M' INNTIN AN NOCHD.

Is luaineach m' inntinn an nochd,
Ge beo mi, cha bheo mo thlachd;
Mo chridh' air seargadh am uchd,
'S trom dubhach m' inntinn gu beachd.

Is anns an àraich so shios
'Tha bhean 's meachair, min-gheal cruth
Deud air dhreach cailce na beul,
Bu bhinne na teud a guth.

Mar chobhar an uisge ghloin,
Mar eala ri uisge mear,
Mar chathadh-cuir air uchd sléibh
Bha 'n léug mu bheil mi fo smal.

healach,
euran;
cha chluinn

air eirigh.
leacain,

gas sgiamh-

illeadh fo

g a ghrian

haint bho

Cha 'n

tha e làn

iad. Ge

'n deach

ugadh an

NTINN

achd.

cruth;

Bu mhìn 's bu mhòdhar a sùil
Fo mhal' air nach brùchdadadh necil,
'S a gruaidh mar an caorann dearg,
Air lasadh mar dhealbh an ròis.

Meoir fhionna air bhasan bàn',
Uchd soluis a b' àille snuadh;
Ochan nan och! 's cruaidh an càs
An gràdh thug mi dh' i r'a luaidh.

Cha dirich mi aonach no beinn,
Mo cheum air lagachadh tà;
Aighear cha dig air mo ghnùis
Gus an dean an ùir mi slàn.

Mar ghràinne mullaich na déis,
Mar ghallan 'sa choill a fàs,
Mar ghréin a folach nan reul
Bha thu fein am measg bhan àilt'.

CUHMA

Do Mhr. Dòmhnaill Mac-Neacail, a chaochail 'sa bhliadhna 1802.

A neonan bhàn a 's àillidh snuadh,
Gu càirdeil sgaoil 'mach thar na h-uaigh'.
An so tha sint' an laoch bha treun;
Bu mhor a mhath 's bu bheag a bheud.

Tha cheolraidih brònach air gach taobh;
Cha chluinn iad tuill' a chòmhradh gaoil.
Na 'chadal trom tha 'm fiubhaidh còir,
Bu ghrinne beus 's bu chaoine gloir.

Cha 'n fhaic an t-aineol tuill' a ghnùis,
A sgaoileadh fuachd 's a għluaiseadh rùn.
Tha 'n gaire blàth 's an fhàilt' gun sheall
Air caochliadh dreach 's an cleachd air
chall.

'Nis faodaidh 'm fear a thig an céin
 A sgeul a dhathadh réir a bleus',
 Bho 'n dh-innseadh dha gu 'n d' threí
 beul
 A mhaoladh gath na teanga bréig'.

Thig, 'fhir a shiubhleas thar an raoin,
 Is faic an cròthan boidheach aoil;
 Rach agus dòirt an sud do dheur,
 Oir b' airidh e-san 'tha fo 'n fheur.

Eoiu bhinne 's moiche 'dhùisgeas fonn,
 Taomaibh an so bhur ceolan trom,
 Is biodh bhur guth gu tiamhaidh tric;
 Bu bhinn a bheul-san tha fo 'n lie.

A ghrian a's àillidh ceuman shuas,
 Do ghathan blàtha dòirt inu 'n uaigh;
 Bu shamhl' do dhearrsaigh cridh an tré
 A chi thu 'n so fo smachd an éig.

A bhean na céill' a 's caoine sruadh,
 Na biodh do dheoir a ruith cho luath,
 Cha mhair an cadal so a chaoiadh,
 Is chi fhathast rùn do chrìdh'.

Seadh, chi thu e 'san t-saoghal chian,
 Mar dhearrsaigh gréin' nach caochail sian
 'N sin sguiridh bròn is sileadh dheur,
 'S cha sgar am bàs sibh 'chaoiadh o chéil'.

A chlanu mo ghràidh a 's aille dreach
 Na biobh an còmhnuidh chòir nan leac;
 Ged chaill sibh athair bàigheil, ciùin,
 Tha agaibh fhathast reul gu 'r stiur'.

'S ni 'n alladh għlan gun smal, gun smu
 A dh' fhàg e air an taobh so 'n uir,
 Fior chàirdean duibh 's gach ait an téid;
 Cha 'n eagal duibh, 's leibh gràdh na
 speur.

Oran an Uisge-bheatha.

LE RAONALL MAC IAIN MHIC EOGHAIN.

'N àm éirigh anns a mheduinn dhomh
 'S mi dol am mach gu m' sheirbheis,
 Gu 'n d' thachair òigsear gasda rium,
 'S bu charthannach a sheanachas.
 Nuair thaitinn fhearas-chuideachd rium
 Gu suigeartach leis dh' fhalbh mi:
 Thug e-san bharr an rathad mi,
 'S dh' fhág sin an gnothach ainmeil.

Ged dh' fhalbh mi air an turus ud,
 Air m' urras bha mi 'smointinn
 Gu 'm bu mhath an tearnadh dhomh
 Nan tàrainn a bhith saor uaith'.
 Thachair cuid de 'chàirdean ris
 Dh' am b' àbhaist a bhith 'n gaol air,
 'S cho fad 'sa mhaireadh fairdein dhaibh
 Bhiodh páirt deth air a thaobh-san.

Nuair bha mi greis na 'chomunn
 Bha mi 'n sin a togairt falbh as,
 Ach fhuair mi e cho caoimhneil
 'S gu 'n do dh' fhoighneachd mi dé b'
 ainm dha;
 Thuirt esan, dean air t' athais
 Is glandh fhathast air an t-searbhant'—
 Thig 's lion an soitheach solasach,
 Am fear tha 'n stòp mar ainm air.

Ghnog mi màs a ghurraich,
 'S chuir mi cuireadh air an t-searbhant';
 Smaoinich mi o'n dh' fhuirich mi
 Gu 'm faighinn bun a sheanachais.
 Dh' fhaighneachd mi co 'shloinneadh dha,
 Ged cheileadh e de b' ainm dha,
 Is thuirt e rium gu faoilteach,
 Cha bhith aon diu ort an dearmad.

Ma tha thu 'g iarraidh eòlais orm,
 'S gu bheil thu feorach m' ainme,

Gu 'm faigh thu fios mo shloinnidh
 Le bhith ùine bheag na m' sheanach
 'S mi mac na poite daibhe,
 'Bhios na suidh' ain bun a ghealbhai
 'S e 'n t-eòrna buidh' a 's athair dhomh
 'S i 'n atharnach mo sheanumhair.

Ma 's e 's gur tus' an urra sin
 Is curaidh fearail calm' thu.
 Cha 'n fhaca mi fear eallach
 'Bheireadh barrachd ort an Albainn.
 Gu dearbh bu deagh shear-gnothuich
 'S bu chomharracht' air falbh thu;
 Bu dannsair math le fidhil thu,
 'S nad shuidhe bu tu 'n seanachaidh.

Bu mhath air cheann gach feum' thu,
 Bha thu treubhach gun bhith cearbac
 Bu tric thu air na féilteachan,
 Bhiodh spéis dhiot aig luchd-bargain;
 Cha bhiodh ait an suidheadh iad,
 Nach guidheadh iad fear t' ainm' ann;
 'S tu b' fhiannuis air an cùmhnantan,
 'S bhiodh trian de 'n chuis na t' earbs.

Bu leoghann treubhach, sgarteil thu,
 Cha robh thu lag no leanabail;
 'S mur biodh iad ga do bhaisteadh,
 Gu 'ni biodh cuid dhe d' bheairtear
 ainmeil.

Dhùisgeadh tu na cadaltaich
 'S gun lagadh tu 'm fear amasguidh;
 Is dheanadh tu 'm fear lapach
 Chur an staid an flir bu mheanmnaich?

Dé 'nis is aite fuirich dhuit,
 No bheil do bhunait dearbhte?
 No 'm bi thu aig daoin' uaisle,
 Mar a bha thu uair dhe t' aimsir?
 Is minig a bha fuaim ac' ort
 Gad chur an cuachan airgid;
 Bhiodh uisge teth is fuar aca
 Ri truaillcadh do mhac-meanmna.

Cha 'n shuiling iad an dràsda mi,
 Tha àilgeas agus anbharr
 Ga 'n lionadh leis an stàtalachd;
 Tha m' fhaileadh-sa r' shearbh leo.
 Cha leig iad ball nan làthair dìom
 Bho 'n tha mi 'fas an Albainn;
 'S fearr fion is ruma 's branndaidh leo,
 'Tha tigh'nn a nall thar fairge.

Gur gnothach tha ro chruadalach
 Ma chumar bhuainn do chòmhradh;
 Gu 'n déid a chuis bho eireachdas
 Ma cheilear air an stòp thu.
 Do għlasadh ann an seileirean
 Gun choire tha e neònach,
 'S gur h-ionadh fear a theireadh
 Nach bu bheag air thu na 'sheomar.

Rugadh Raonall Dòmhnaillach—Raonall
 Mac Iain Mhic Eoghain—an sgire Mhing-
 inis 'san Eilein Sgitheanach. Bha e na
 'dhuine geur deas-chainnteach, agus na
 dheagh bhàrd.

Marbhraann do Thomas Friseal.

LE MR. SEUMAS MAC-GRIOGAIR, D. D.

Air Fonn.—*Mac-Griogair a Ruadh-Shruth.*

Lion mulad ro mhór mi,
 Cha tog ceol e o m' inntinn;
 Chuireadh caidreach mo shòlais
 Fo na foidibh gu h-iosal.

Bha do chridhe ro bhlàth dhomh,
 'S e mo chràdh thu bhith dhith orm;
 Co a lionas dhomh t' àite
 'Measg na dh' fhag thu 'san tir so.

66 MARBHANN DO THOMAS PRISEAL.

Bu tric ar n-uaigneas an seomar,
 'S bhiodh ar còmhradh gun mhiothlach
 Cha bhiodh sgannal no sgleo ann.
 'S bhiodh an còmhnuidh gràdh Chrios
 ann.

Bha thu measail mu 'n reachd ud,
 'Chuireas peacaich fo dhitendh;
 'S cha b' ain-fhios dhuit an cleachdadadh
 'Chuireas dreach air a Chriosdaidh.

Bha thu misneachail, dàna,
 Bha thu làidir 'na t' inntinn;
 Cha bu toil leat an t-àrdan,
 Is cha b' aill leat e 'chinntinn.

Bha thu uasal na d' bheusaibh,
 Bha thu eudmhor mu 'n shirinn;
 Bha thu foghainteach, treubhach
 'Nuair a dh' eireadh an strith aic'.

B'e do ghnàth mù 'n do theasd thu
 Bhith ri d' dhleasdanas sinte;
 Anns gach dreuchd san do sheas thu
 Bha thu freasdalach, cinnteach.

Làmh 'thogail nan salm thu
 An taigh-searmain na sgire;
 'Chuireadh 'mach iad gu dealbhach,
 Gun chearbaitch, gun diobradh.

Ann an cléir is an seisein
 'S tric a sheas thu droch shide;
 Ursainn-chatha na h-eaglais'
 'N aghaidh beagnair luchd mioruin.

'S tric a dh' fhuiling thu 'n cùl-chainnt,
 Dh' fhag do ghiulan fo bhinn iad;
 Dh' fhàg do chaithris is t' ùmhlachd
 Goirt, ciuirte 'n an cridh' iad.

Fàs do theaghlaich bu mhiann leat
 Anns an diadhachd nach diobair;
 Chleachd thu aoradh 'n am tianuis
 Gun a shianadh gu diomhair.

'S iomadh Sàbaid 'thug teist ort
 Nach robh leisge no sgios ort,
 Ann an teagascg dhaibh cheisdean
 Is an leas as a Bhiobull.

Bha thu caoimhnoil ri d' nàbuidh.
 Thoill thu 'ghràdh is a shiochann;
 Bha thu fialaidh mu t' fhàrdaich,
 Bu mhath 'phàirteachadh bith thu.

Sheas thu gnothach na dùthcha
 Le làn chùrami 's le dichioll;
 Ma 's ann air breth no air "Jury,"
 B'e do rùn a bhi dileas.

Nam biodh do shliochd a bha cràiteach
 An la dh' fhàg iad 'sa chill thu,
 'Leantuinn t' eiseimpleir àlainn,
 'S e a b' fhearr dhaibh na miltean.

Oran

Do Chalum Caimbeul, Tighearna Bharra-niholaich, agus Fear Bhaile-Phétris, an Tireadh.

LE GILLEASBUIG MAC-PHAIL.

Luinneag.

Togamaid fonn 's neo-throm gu'n togamaid,
 Togamaid fonn le furan gu eislean,
 Togamaid fonn 's neo-throm gu'n togamaid.

Gu ma slàn do na h-uaislean
 Air Di-màirt a rinn gluasad
 Le an sgioba math, fuasgailteach,
 Deas, cruadalach, gleusda;

'Dhol air tir anns an Oban,
 Far an cruinnich iad còmhla,
 Air an tarruinn gu h-eolach
 Ann an òrdagh fo 'n éideadh.

Cha 'n fheil leithid bhur caiptin
 Furasd' fhactuinn air chneasdachd,
 Fear a ghiulain is fhasain,
 Fear a chleachdainn 's a cheutaidh,
 Fear ard aignidh 's a chruadail—
 'S e nach tilleadh roimh fhuathas,
 Gu 'm bu ghaisgeil a ghluaasad
 An àm bualadh nan geur lann.

'M Barramolach do staoileadh,
 'S aig do mhac gum biodh t' oighreachd,
 'Fhir a fhuair do chuid saibhris
 Saor bho fhoill is bho eucoir.
 Gu bheil t' fhearan fo dhion duit
 Le bann daingeann bho 'n righ air;
 Is bha barantas cinnteach
 Aig do shinnseireachd féin air.

Tha thu spioradail, meanmnach,
 Foinnidh, daicheil, deas, calma;
 Tha thu smachdail, neo-chearbach,
 'S mi gun earbadh a d' thréinid.
 Bhiodh na Frangaich fo airsneal,
 'S tu ga 'n ruagadh 's ga 'n sgapadh,
 Is ga 'm fàgail fo d' chasaibh,
 'S iad gun chlaisteachd, gun léirsinn.

'S truagh nach glacadh tu 'm pòsad
 Baintighearn' eibhinn lan stòrais,
 'S i am folachd 's am fòghlum
 Anns gach doigh air de réir-sa.
 Is nan deanadh i àrach
 Mac a thigeadh a t' aite,
 Bu tolinntinn le d' chairdean
 'S leis na Gàidheil gu leir e.

Ann ad thalla mor riomhach
 Gheibheteadh ceol is òl fiona
 Agus aighear 's toilinntinn
 Is gach ni air a réir sin.
 Bhiodh daoin' uaisle gach latha
 A tigh'nn ort as gach rathad,
 'S dheant' le sòlas am beatha
 An taigh-tathaich nan ceudan.

Cha 'n e chuirm gun an còmhradh,
 'Gheibheadh aoidhean mu d' bhòrdaibh—
 Bhiodh a bhranndaidh gu 'r deoin ann,
 'S sibh ag òl air a cheile,
 'S uige-beatha nam feadan,
 'Nì na fearaibh a leagadh,
 'S a bheir bodaich gu beadradh,
 Is gu freagairtean geura.

'S iomadh botul a thràighteadh
 Leis a chomunn chaomh, chàirdeil,
 De 'n leanr shallain, mhath, làidir,
 Ann am fàrdach na féile.
 Gu 'm biodh iomairt gu dian ann
 Air na cairtean 's na disnean,
 Agus seirbhisich dhileas
 A sior-dhioladh luchd-feuma.

Oran

Do Dhonnachadh Bàn Caimbeul, Tighearn
 na Loch-nan-Eala.

LE SEUMAS MAC-GILLESHEATHANAICH.

Gu ma beairteach, sean, buadhachor,
 An t-dg uasal gun mheang;
 Chaidh mi 'shealltainn Di-luain ort,
 'S b' fhaoilidh 'fhuair mi do chainnt;
 Sàr cheannard an t-sluaigh thu
 Ga 'n cur suas ann an camp;
 'S ann dhuit bu dùthchas an cruadal
 An àm bualadh nan lann.

'S e mo rùn an t-òg sgiobalt'
 Dha 'n dig biodag għlan, uir,
 Agus paidhir mhath phiostral
 Mar-ri crios nam ball dlùth,
 'S claidheabh caol nan tri faobhar
 Air do thaobh 'chosnadħi cliu.
 'S tu 'n leogħann armalteach, curant'
 'Bhūidhneadh urram 's gach cùis.

'S ann ad cheann a bha mhisneach,
 'S ann ad chridhe 'bha 'n reachd;
 'S ann ad shùil a bha 'n léirsinn,
 'S ann ad bheul a bha 'n smachd,
 Ri àm crudail no feuma
 'S ann ort a dh' éireadh an gart;
 'S beag an t-ionghnadh leinn féin sud,
 'S iomhaigh tréin ort le tlachd.

Marcaich' sunndach nan seang each,
 A b' aotrom, eangarra leum,
 Crùidheach, aigeannuch, meanmnach,
 A b' fhior mhearchdasach ceum.
 Nuair bhiodh càch a dol tharta,
 'S iad le gealtachd gun fheum,
 Dh' fhanadh tus' ann ad dhiollaid
 Air thùs chiad a cur réis.

Mac an athar 'bha cluīteach,
 'S a bha fiughantach, fial,
 An àm seasamh na cùrtach
 'Bhūidhneadh cùis am measg chiad;
 Uasal, iriseal, bàigheil,
 Sud a b' àbhaist da riaimh;
 Ursann-chatha nan Gàidheal
 Anns gach àite ga 'n dion.

Guidheam buaidh agus piseach
 Air an t-sliochd 'tha na 'dheigh;
 Saoghal fad an deagh onair,
 Agus sonas d'a réir
 Air oighr' òg Loch-nan-Eala,
 Nach toill sgainneal no beum,

'S t' aghaidh aobhach is t' àilleachd
A toirt bárr air a chéil.

'S mor an onair dìla d' dhùthaich,
'S mor an cliu dha d' chuid tuath,
Fhad 's a dh' fhuir'eas tu aca
'Bhith ga t' fhaicinn cor uair,
Nuair a théid thu do Shasunn
Thu thigh'nn dachaiddh le buaidh,
'S gun do leithid ri 'shaotuinn
Air aon taobh dhinn mu 'n cuairt.

Gun do leithid ri fhaotuinn,
Ann an aobhachd no 'n dreach,
Thall no bhos mu na caoilteau;
Bu tu 'n laoch 'dhol am mach.
'S beag an t-ioghnadh gu cinnteach
Thu bhi rioghail a' d' bheachd,
'S gur a h-ogh' thu do Dhùghall
'Bhùidhneadh cùis an am feachd.

An àm cogaidh no sio-chainnit,
An àm strithe no mòid,
Gur a h-iomadh fear ullamh
'Bhiodh le ghunn' ann ad chòir.
Nuair a ghlaodh teadh lann thana,
Bu ghrad i 'n tarruinn 's gach dòrn;
'S ann le cruadal do ghaisgich
'Chluinnteadh sracadh air fedil.

'S nearachd baintighearna pheucach
'Gheibh bhuit spéis mar mhnaoi phòsd',
Is gach buaidh 'th' ort mar threun-fhear,
'S gach bith 'tha 'g éirigh mu d' shròn
Eadar bràighe Loch-Eit',
Do theaghlaich fhéin, 's Loch-an-Eoin.
Dhuit bu dùthchas an Eala,
'S i bho shean ainn ad chòir.

Calpa cruinn ann an osan,
Troigh nach dochainn am mang,
Ceum brisg aotrom neo-thuisleach,
Beul nan sgudalach cainnt.

Sùil a's aobhaiche sealladh
 Fo chaol mhala gun sgraing,
 Is gruaidh dhearg mar an caorann
 Air bhàrr aotroni nan crann.

Bha thu àrlanach, beachdail,
 Rioghail, reachdmhor gun taing,
 Seasmhach, cinnteach ri t' fhacal
 Ged nach glacadh tu peann.
 'S mor an uaisle 's an t-urram
 'Tha air tuineadh ad chom;
 'S ard a chraobh as an d' fhàs thú,
 'S gur a làdir a bonn.

Sin a' chraobh a's mor onair,
 'S lionmhор sonas is buaidh,
 'Chraobh a's seasmhàiche duillesch,
 A's bòidhche cum' agus snuadh.
 Tha slat am bliadhna na 'mullach
 A's làdir fulang ri fuachd,
 'S a bàrr air lùbadh le übhlan,
 'S cha b' e 'n sugradh am buain.

Na faiceam t' fhearrann gun oighre,
 Na do bhaintighearn' ri bròn.
 Tha gach duin' ann an gaol ort
 Le miad t' aoigh 's tu cho òg.
 Biadh do mhac ann ad dheoghairenn
 Gabhail limbhairt 'sa chòir;
 Fear an ionad an athar,
 'S gach aon rathail ri 'bheo.

Ach cha 'n urrainn mi innseadh,
 Na tha 'm inntinn gnà d' réir,
 'H-uile buaidh a tha 'fàs ort
 Ann an àbhachd 's an céill.
 Tha gach ni 'tha ri 'inns' ort,
 Sin an fhirinn gun bhréig,
 Mar chléiteig shneachda ri gaillinn
 'Tigh'nn o anail nan speur.

Oran Connsachaidh Eadar Fear agus Bean mu 'n Ol.

LE BARBARA FHRISEAL.

ISE.

Is triu ag amhare sios mi,
 Làn miothlachd mu fhearr nu thraighe;
 Ach ma chaith thu 'm fiadh orm,
 M' bhriathar eba mhath an naidheachd.
 Gu 'n d' fhàlbh thu moch Di-ciaduin
 Dh' oifíunn do Bhail' na h-amhunn;
 'S gu 'n fàsthadh tu bhith lionte
 Is mraicht' air miad do phathaidh.

Ma 's tu bha 'cumail féill ann,
 Bu gheur thu gu gnothach tapaidh;
 'S ma 's tu a bha ga h-eigheach
 Bha feum ort ann o chiomh seachdain,
 A cumail sluaigh ri 'cheile,
 'S na ceudan diu ann ri 'm marcaid;
 'S an àm dhaibh a bhith sgaoileadh
 Gu saoithreachail a toirt pas dhaibh.

ESAN.

O, fire-faire 'Bharbara,
 'S mi-dhealbhach dhuit a bhith fanaid,
 'S mi 'g òl do dheoch-slàinte
 'S gach ait 'sam biodh i ri 'ceannach.
 O'n a dh' fhàlbh gach tàbhairn,
 'S gach páirtidh 'bh' ann o chionn tam-
 uill,
 'S mithich teannadh làmh-riut,
 Bi bàighail ri duine falamh.

ISE.

'S mi nach h-fheil ga t' iarraidh,
 Cha 'n fhiach leam do chaitheamh-
 beatha;
 Gu 'm faoduinn-sa 'bhith eolach

Mu 'n phòca nach deanadh gleidheadh.
 Sud an rud a leon mi
 Mo stòras 'bhith feadh nan taighean,
 Ga chaitheamh leat gu ròpach
 An stòpan de 'n uisge-bheatha.

ESAN.

A bhean tog dhiom de d' thuaileas,
 Cha chualas gu 'n robh mi misgeach;
 Is bheir mi rogha duais' dhuit,
 'S na luaidh e ged tha mi 'nis ann.
 Nuair 'thachradh rium fir aoibhail
 'Bhiodh caoimhneil rium le 'n cuid licair,
 Mur ceannaichinn fhìn 's mur pàighinn,
 Cha b' airde na 'n ceard am meas mi.

ISE.

O ! cha do dh' iarr mi riamh ort
 'Bhith erion ann an àite duine,
 Ach 'bhith inar shear de chàch
 Ged bu chàrt a bhiodh air gach urra.
 Ach on 's e t' fhasan-s' pàigheadh
 'S gach aite 'san dean thu fuireach;
 'S giorra gu mor 'bu chàra dhuit
 Tàmh am mach air do thuras.

ESAN.

'Bhean tog dhiom de d' ghòraich',
 'S mi brònach an déidh mo dhibile;
 'S daor an ceannach dhomh-s'
 Air do stòras na ni thu bhruidhinn.
 Cha 'n fhaigh thu fear gun duais bhuit
 'Theid suas air Bealach-an-ruighe;
 'S ma 'chuireas tu a sios fear
 Gu 'n iarr e ort airgiot dibhe.

ISE.

Is mor a b' fhasa dhomhs'
 Airgiot stoip 'thoirt do mo sgalaig
 Na thusa a bhith 'n còmhnuidh
 An seomrichean 'g òl nan galan.

O'n tha thu 'd dhuine pòsd'
 Cha bu choir dhuit a bhith ri breamas,
 A cur cuid dhaoine coire
 Le goraiche anns gach bairill.

Rainn do Mhac-Griogair.

LE MR. SEUMAS MAC-GRIOGAIR, D. D.

Tha mo chiabhan air glasadhar,
 'S mo ghruaidhean air casadh;
 Gu bheil fiaras is airsneul ga m' leon.

Mi bhith 'g iargain a chinnidh
 Gus an trialladh gach filidh
 A rinn m' àrach 's mi 'm ghille beag òg.

Bu sibh m' airm, bu sibh m' aodach,
 Is mo chuilbheirean caola,
 Is mo bhoghachan daor' air dheagh neoil.

'Dheagh Mhic-Griogair nam bratach,
 Gan robh gliocas is pailteas,
 Tha thu 'n ciste chaoil ghlaiste fo 'n fhòid.

B' ann dhe d' fhasain air uairibh
 Crùn dath't 'thoirt do Ruairidh,
 Agus aodach ùr, uasal, mar ròs.

Nuair a dhìreadh sibh 'm bruthach
 'S a ghlaodh' sibh barr giubhais,
 Gu 'm biodh luchd nan ad dubha fo leon.

Bha mi 'n làthair an latha
 'N robh do bhràithrean is t' athair
 Far an d' fhàg sibh nan laighe luchd-chleoc.

Ann an geata Rois-Duibhe,
 Far an do sheasamh do bhuidheann,
 'S iad gun eagal, gun phudhar, gun leon.

Luchd bhualadh nam buillean,
 Far 'm bu chruaidh air cach fuitreach;
 Bu leibh uachdar is urrain gach gleois.

'S e bu dual dhuit o d' sheanair
 'Bhith gu buaidheil, deas, fearail;
 Ann an cruadal gu 'n leanadh sibh 'n toir.

Chaidh na laghannan cruaidhe a bha an aghaidh Chloinn-Griogair a chur air cùl 'sa bhliadhna 1734. Ghabh na Griogaraich an sin an ainm fein. Aig a cheart am ghabh 824 dhiu ri Iain Mac-Griogair an Lanraig mar cheann-cinnidh. Chaochail an triath so sa bhliadhna 1852. 'S ann an sin a rinneadh na rannan a thug sinn seachad.

Gleann-a-Mailidh.

LE CAIPTIN PADRUIG CAIMBEUL.

Fagaidh mi 'm baile 'san t-samhradh,
 Is theid mi do 'n gheann againn fhin;
 'S tillidh sinn dhachaidh 'sa gheamhradh
 A chumail nam Frangach bho thir.

'S ann againn tha 'n gleannan 'tha uaig.
 neach;
 Cha 'n fheil cho neo-luaineach 'san tir,
 Cha 'n fhaicear leinn duin' ann ach buach-
 aill',
 Is brogaich a cuartach' na frith.

Nì sinn ann cur agus cliathadh,
 'S cha treabh sinn am bliadhna le crann;
 A mhaduinn bidh againn gu iasgach,
 'S am feasgar gu fiadhach nam bean.

Gheibh sinn ann enothan is caorann,
 Is gheibh sinn ann braonain gu leoir;

Bidh dearcagan-fithich air fraoch ann,
 'S cha téid sinn 'n tràigh mhaoraich ri 'r
 beo.

Bha Pàdruiig Caimbeul na 'chaitin anns
 an Reisimeid Duibh. Bha e na shealgair
 ro mhath. Chaochail e aig Gearasdan
 Ionar-Lòchaidh 'sa bhliadhna 1816. Cha
 do phòs e riamh.

Marbhrann do Chalum Ruadh Mac-Coinnich.

LE RUAIRIDH, A BHRATHAIR.

'Righ, gur mis' tha bochd, truagh,
 Is tric deoir air mo ghruaidh,
 'S mo is tric mi ri luaidh mo dhòruinn;
 'S mi ri cumhadh 'n fhir ruaidh,
 'Dh' fhàg mi thall thar a chuain,
 Far nach cluinn mi, a luaidh, do chòmh-
 radh.

'S e mo chridhe 'tha brùit',
 Is tric snigh' air mo shùil,
 Is thuit m' inntiinn gu tùrs' is bròn dhomh.
 Is ann agam 'tha 'm fàth,
 'S mi a chaill mo dheas làmh,
 Mo thasgaidh, 's mo bhràthair ro mhath.

Aona bhràthair mo ghaoil
 Dh' fhàg cho inuladach mi
 Is nach urrainn dhonib inn's mo dhoruinn.
 Is ann dhomhsa 'tha buan,
 'H-uile mionaid is uair,
 A bhith cuinhneachadh buaidhean t' oige,
 'S cha 'n fheil lighich' fo 'n ghrein
 A leighiseas mo chreuchd;

Cha dean sin ach Mac Dhé na gloira.
 Bho 'n a thainig gun dail
 Ortsa suimanadh báis
 Thuit mo chridhe gu sàil mo bhròigo.

Sud am bàs 'thig gu teach
 Air sliochd Adhaiinh fo leth;
 Rinn an nàmhaid air creach le seoltachd.
 Mur b' e 'n Ti le 'mhor ghràs
 A rinn seasamh 'n ar n-ait,
 Bhiodh sinn uil' aige bàthte còmhla.
 Tha mi 'n dochus, a ghraidh,
 Gun d' rinn creideamh thu slàn
 Anns an Ti 'sa bheil fath ar dòchais.
 Cha 'n sheil teagamh 'nam chridh'
 Nach sheil t' anam an sith
 Mar-ri ainglibh a seinn nan oran.

Bu mhi 'n t-Oisein bochd, truagh,
 'S mi a dh' fhaodadh a luaidh,
 Gu 'm bu diombuán neo-bhuan do sheorsa.
 Bha iad foghainteach, garbh,
 'S bha iad math air ceann airm,
 'S bu mhath cuid din gu sealg fear cròice.
 Chunnaic mise thu-féin
 Uair nach faicinn air féill,
 No 'n co-thional nan ceud aig òrdagh,
 Fear 'bu smearaile ceum,
 Air an rathad lom, réidh,
 'S tu a gluasad fo t' éideadh Dòmhnaich.

Thigeadh féileadh nam ball
 Mu na cruachain 'bu trom,—
 'Se nach feumadh bhi gann na 'dheanamh,—
 Gartan craobhach, caol, datht',
 'S osan gearr de 'n chlò bhreac,
 Bho laimh taillear 'bu mhath gu 'fhiaradh,
 Air an iosgaidh ghlì, dhlùth,
 'Bu ro-shoillair do 'n ghlùn,
 Air an dearcadh gach sùil air lianaig;
 'S cha bu chladhaire thu

Nuair a chuit' thu gu d' chùl,
 'S cha robh taise nad ghnùis gu striochd.
 adh.

Mo ghràdh an spalpair grinn
 Air an laigheadh na rainn,
 Air nach d' rainig an aois mhor bhliadhna-
 aibh;

Dha 'n robh cridhe neo thoinnt',
 Leis nach d' rugadh an shoill,
 Pàirteach, suranach, soirmail, fialaidh;
 Fear fior mhodhail 's e ciùin,
 'S fiamli a ghàir' air a ghnùis,
 'S e 'na labhairt cho muint' ri maighdinn;
 Ann an cruadal 's an tùrn
 'S tu nach teicheadh air chùl,
 'S bha thu fearail an cùisean saighdeir.



Gur h-e 'n t-eug 'bha gun bhàigh,
 Bhuail e palsaich 'nad laimh,
 'Chaidh le sumanadh bàis ga t' iarraidh;
 Is maor le 'n d' théidear an t-aog
 Nach gabb cumha no cis,
 Ach 'bhi umhailt' gach taobh gan iarr e;
 'S maor e 'bhagras gach righ,
 Anns gach cath agus strith
 'Chuinnadh cogadh fad mhiltean bliadhna.
 Tha e treun anns gach blàr,
 Is lann gheur na dheas laimh
 Do'm feum uile shliochd Adhaimh striochd.
 adh.

Bho 'n a sheol mi thar cuain
 Do 'n tir iomallaich, fhuair s',
 Fhuair mi Carrachdainn cruaidh gu leoir
 innt',
 Bho 'n dh' eug Mairi mo rùin,
 'S a chaill mi fradharc mo shùl,
 'S mor gu 'm b' shearr leam bhi 'n dùthaich
 m' eolais.
 Gu bheil m' aigneadh gach uair



MICROCOPY RESOLUTION TEST CHART

(ANSI and ISO TEST CHART No. 2)



APPLIED IMAGE Inc

1653 East Main Street
Rochester, New York 14609 USA
(716) 482 - 0300 - Phone
(716) 288 - 5989 - Fax

'Ruith an null thar a chuain,
 'S mi ri cumh' Chaluim Ruaidh 's nach
 beo e;
 'S mi mar dhvine gun cholg
 De an spuillteadh 'chuid airm,
 'S gur h-c cumha nam marbh a leon mi.

Tha gach fear 'thig as ùr,
 'G inns' a chòrr dhe do chliu,
 De na thainig an tùbh s' thar fairge;
 'S bidh gach fear a dh' fhan thall
 'Cur an aonta na 'cheann
 Nach deach aon ni 'chur meallt' ad mharbh-
 rann;
 A laoich mhisneachail, threin,
 Dha 'n robh gliocas le céill,
 Anns gach sùbhailc 'bha ceutach, ainmeil;
 'Nis on bhàrc ort an t-eug
 Thuit an eùl as mo sgéith,
 'S mi gun bhràthair fo 'n ghrein bho 'n dh'
 fhalbh thu.

Oran

Do Dhomhnall Cràbhart, a Tireadh, a
 chaidh do na h-Innsean agus a rinn moran
 beartais 'san àite sin,

LE GILLEASBUG MAC-PHAIL.

Fonn:—*Air tuiteam am chadal.*

Gu 'n d' fhuair mise sgeul
 'Thug tolinntinn dhomh 's éibhneas,
 'S a neartaich mo spéiread
 Na 's tréine na bha mi;
 Sgeul 'thug gu bhith òg mi;
 An aois chaidh air fògradh,
 'S cha dig i ga m' choir,
 Sin mo dhòchas gu làidir;
 An aois għreannach, shuarach,
 Bho 'n dh' fhògair mi bħuam i,

Gu 'm bi mi gle uallach
 'Deanam'i suas mar a b' àbhaist;
 'S e 'n sgeul a dh' fhàg ait mi
 Gu bheil an t-òg gasda
 Thar saile 'tigh'nn dachaидh
 A dh' fhaicinn a chàirdean.

A Dhomhnaill gur toil leinn thu,
 Slainte gun ghainne dhuit,
 Sòlas nach teirig dhuit,
 'S eireachdas làitheil.
 Gnùis thaitneach a chiataibh,
 Cridh' flathail na fialachd;
 Iochd 's beannachadh Dhia ort,
 'S deagh riaghailt a' fàs riut.
 'S beag ionghn' thu 'bhith fiachail,
 Cha choill' 'san robh crionach
 Bho 'n d' rinn thusa cìnniinn,
 De 'n fhior fhuil a's àird' thu.
 'S fuil rioghail gun truailleadh
 'Tha 'direadh mu d' ghuailibh
 Na 'sruthain mhear' uasal,
 'S cur uabhair ad nàdur.

A Dhomhnaill na 'n digeadh tu
 Thogadh mo chridhe,
 'S cha tuiteadh e rithist
 'S an tilleadh am bàs e.
 Gu 'm bithinn cho eutrom
 Ri eun air a sgéith
 No ri bradan a leum
 A dh' aon bheum as an t-sàile;
 Le àgh a bhith 'faicinn
 'N òig shiobhalta, thlachdmhoir,
 Dheas, fhirinnich, thaitnich,
 A's fasanta gnàth'chadh.
 Gu 'n còmhnaidh Mac De leat
 'S gach àit anns an déid thu,
 'S tu 'gluasad gu spéiseil
 'Sna ceumaibh a dh' àithneadh;

Gu'm biodh e ga do stiùireadh
 A dh'ionnsuidh do dhùthcha,
 An tir 'sam bu dù dhuit
 Bho thùs a bhith stàtail;
 Lan airgid is stòrais
 'S gle phailt de gach seòrsa,
 Gu'm faiceani an t-òigear
 A's boidhche 'measg Ghàidheal;
 Cridh' glan mar an daoimean,
 Is t' aigneadh làn soillse
 Mèr ghréin shoilleir, chaoimhneil,
 A' boillsgeadh air fàire;
 Gur h-iomadh òigh cheutach
 'Tha 'suil riut mar chéile,
 'S i 'n te 'gheibh dhi fhein thu
 'Bhios eibhinneach, àghinhor.

Nan digeadh tu dhachaidh,
 'S gu'n ceannicheadh tu fearann,
 'S gu'm fanadh tu inar-ruinn,
 Bhiodh aighear 'san àite.
 Do chàirdean gu leir
 Tha fo chùram mu d' dhéibhiunn,
 Is eilean Shémeuca
 Làn eucalean bàsinhor.
 Gur cliu an t-og meanmnach
 Do'n chearn so de dh'Albainn;
 'S nan deanainn an leanuihuinn,
 Gu'm b' ainmeil do chairdean.
 Na Cràbhartaitch mheaninnach
 A's tric chaith a dhearbhadh,
 'S na Leathanaich ainmeil
 'Bhiodh targ anns na blàraibh.

Gur daicheil am pears' thu,
 'S tu àlaimh ri t' fhaicinn,
 'S do nàdur 'toirt barrachd
 Air 'n t-sealladh 'th' aig càch ort.
 Craobh eireachdail, ùr thu
 An gàradh nan ùbhan,
 'S na measan a's cùbhraidhe

'Lùbadh a h-àrd-niheoir.
 Ar ceol, 's ar n-ol fion thu,
 'S ar tobraichean fior uisg'
 A chaisgeadh ar n-iotadh
 'N deidh sgios agus fàilinn.
 Do 'n chuid a bhiodh tinn dhinn
 Gu'm biodh tu 'nad iocshlaint;
 Nan digeadh tu 'n tir [mhor.
 Cha 'n fheil cridh' nach biodh àgh-

Cumha do Chlann Baillidh Thireadh.

LE GILLEASBUG MAC-PHAIL.

Fonn:—*Mort Ghlinne-Comhann.*

'N Aird-nan-Cros tha 'n sgeul tùrsach,
 'S tha sin bitheant 'tigh'nn ùr ann an
 dràsd.
 Fhad 's a mhaireadh na daoine
 Thig fiosrachadh daonnan mu 'm bàs,
 Gus na theirig ~~ad~~ uile
 Ach an t-aon tha 'sa chunnart 'n robh càch.
 Is gu 'n còmhnhadh Mac Dé leis
 Gach aon rathad a théid e gu bràth.

Gu 'm b' iad sin na fir smearail,
 'Bha gu foghainteach, fearail, neo-chrion,
 'Bha gu misneachail, dàna,
 Is nach tilleadh roimh namhaid gun sìth.
 Gur h-e ghiorraich bhur làithean
 Cho ro dhileas 's a bha sibh do 'n rìgh,
 'S àird' ur beachd an àm cruadail,
 'Chuir cho tric ur luchd-fuath' air ur ti.

Bu laoch calm' thu, 'Ghilleasbuig,
 An am cruadail 's tu 'sheasadh ri feum;
 Is aig Admiral Nelson
 Gu 'n robh moran de mheas ort thar
 cheud.

Dhearbh thu cuid dhe do ghaisge
 Nuair a chuir thu suas batraidh leat féin,
 'S tu ri giulan a t' achlais
 Lòid a chuireadh fo shac a dha dheug.

De na gunnaichean móran
 Bha thu tarruinn na dh' fhóghnadh gu tìr,
 'Direadh chreagachan àrda,
 'S tu cur romhad gach nàmh thoirt fo
 chis.

Nuair a chuir thu na 'n àit iad,
 Is gach ni mar a b' àill le luchd-stri,
 Chuir sibh séisd ris a bhaile,
 'S dh' fheum e géilleadh gu h-ealamh le 'r
 gniomh.

Nuair bha crioch air a chumasg
 Is a fhuair sibh gach duine fo ghéill,
 Ghabh thu dh' ionnsuidh do luinge,
 'S gu 'n do chuir thu 'mach fuil air do
 bheul.

Leis mar sgàin thu do chridhe,
 'S truagh a dh' fhàg thu do chinneadh ad
 dhéidh.—

Thainig spàrrag am inntinn,
 Is cha 'n urrainn mi inns' ort beachd-sgeul.

C'ait an robh ann an Albainn—
 Cha bu mhearachd sheanachas 's e fior—
 Leithid Dhonnachaидh òig Chaimbeil
 Na chomanndair an armait an rìgh,
 Anns an Spàin a toirt òrdaigh
 Air gach ni mar bu chòir 'chur an gniomh.
 'S e gu 'n leanadh an ruaig orr',
 Is nach tilleadh gun fhuathas ri 'linn.

Ghabh do naimhdean sar bheachd ort
 Ann an toiseach a bhaiteil 'dol sios;
 Bha iad faireil 's gad chuallach
 Mar gu 'm bitheadh ann buachaille dion';

Ghabh iad cothrom gu h-uaigneach
 Air tighinn niu 'n cuairt dhuit a rìsd.
 Le neart fùdair is luaidhe
 Gu 'n do rinn iad do bhualadh fo 'n chìch.

Thuit thu 'n sin, 's gu 'm b'e 'n diùbhail,
 Bha na Gaidheil gu tùrsach ad dhéidh;
 'S fad' a chluinnt' iad a gàirich,
 'S iad mar uain 'bhiodh gun mhàthair air
 threud.
 Aca fein a bha 'n riasan,
 Chaill iad urrainn gu 'n tiarnaich bho
 bheud;
 Dha 'n robh comhairle 's riaghait,
 Moran tuigse 's deagh chiall air a reir.

Thuit thus' Alasdair alainn,
 Ann an cogadh na Spaine le cliu;
 Bu tu 'n t-og a bha ceutach,
 Mar mhac-sambhailt do 'n ghrein bha do
 ghnuis.
 Cha do sheall ann an aodann
 Aon nach dugadh dhuit gaol, is gu 'm
 b' fhiu;
 Fear do ghiulain 's do nadair
 C'ait an robh ann san àite bho thus.

'S beag an t-ionghnadh do mhàthair
 A bhi eisleineach, cràiteach, gun neart;
 Fhuair i riasan no dha air,
 Ged a thigeadh a gàbhadh mu seach.
 Ach cuid mhor dheth thigh'nn còmhla,
 Dh' fhàg sin ise gun treoir, air bheag math;
 'Nis cha dean i car eibhinn
 Mur a gluais i air eiginn le bat'.

Tha do mhuime bochd, cianail,
 Gur tric snighe nan diar air a gruaidh,
 'Caoidh an ailleagain chiataich
 'Bha i 'g altrum tri bliadhna le uaill.

Dh' fhalbh a h-aighear 's a sòlas,
 Is 'nan àit thainig bròn is droch shnuadh;
 Bidh a cridhe dheth cràiteach,
 Gus an deanar a càradh 'san uaigh.

Gu bheil t' oide gu deurach,
 'S beag an t-iomghnadha dha féin a bhi ann,
 'S a chul-taic' an déidh 'fhagail
 Nuair a thigendh air càs a bhiodh teann.
 'S tu gu 'n dugadh a nuas e,
 Dh' aindheoin islean is uaislean 'bhiodh
 ann;
 Ach cha dean thu sin tuilleadh;
 Dhuinne 's brònach bha cumasg nan lann.

Dh' fhalbh na fiurain dheas òg' ud,
 'S cha dean mise 'n toirt beò le mo chainut;
 'Chneidh a's uire 's i 's cràitich',
 Dh' fhalbh am flur bharr a ghàraidh na
 dheann.
 'Chraobh bhios tric air a rùsgadh
 Theid a cnodhan no h-ùbhlan air chall;
 Gur h-e crionadh a's dù dhi,
 Cha dig snothaichean ùr oirr' ach mall.

'S ionnan sin 's mar tha 'm Bàillidh,
 'N déidh a lomadh 'sa chràmh air gach
 taobh;
 Aig an rioghachd bha màl air,
 'S gu 'n do rinn e a phàigheadh gu daor.
 Cha 'n e airgiod no airneis
 A thoirt seachad a dh' fhág e lan ghaoid,
 Ach na gaisgich ùr, aluinn
 'Thuit an cogadh a chràidh air an taobh.

Oran Gaoil.

Is ann feasgar Di-haoine
 'Dh' fhalbh mo ghaol thar a mhàm,
 'Nuair a ghabh mi mo chead diot,
 Bha m' aigneadh fo phràmh,

Ort a bhruadair mi 'm chadal
 Air lota 's taigh bhàin;
 'S uair a dhùisg mi 'sa inhaduinn
 Bha thu fad' bhuain, a ghraidh.

Ach ged chaidh tu orm thairis,
 Gur mor nio bharail 's mo dhuil
 Gu'n till thu rium fhathast
 Le a ghearr 's le mùirn.
 Gu'n doir thu bho'n chléir mi
 Le ceutadh 's le cliu;
 'S nach doir thu cion falaich
 'Nighean barain no diuc'.

Cha ruig thu leas a bhi 'm barail
 Gur li-e do bharantas cuil,
 Bheireadh dhomhs' a bhith 'm barail
 Gu'in bu leannan dhoimh thu.
 Ach thu bhith 'shiol nam fear mora,
 'S tu cho boidheach 's cho cuimt'.
 'S mi gu'n deauadh do phosadh
 Ged bhiodh do stòras air crun.

Ach mur h-fheil do ghaol again
 Tha mi fad' ann an call;
 'S mor is misde mo phearsa
 'N gaol beachdaidh so bh' ann.
 Ged bu leamsa de bheairteas
 Siorrachd Pheirt 's Innse-Gall,
 B' feàrr leam cumhnanta t' thacail
 Na gach pailteas fo 'm laimh.

'S ma 's a beag leat mo thochradh
 Gu bheil m' shortan aig Dia;
 Gur a liomhlor mo chinneadh
 Gus na shir adh tu 'dhiol
 Ma 's e lughad mo nithe
 A bhrisd orm do ghràdh,
 'S maирг mis thug cion falaich
 Dhuit-sa thairis air càch.

'S daor a cheannaich mi 'n grinneas
 Bha air inneal do làmh;
 Nuair a chunnaic mi'n gille
 Chaidh mi 'n iomairt mo bhais,
 Le ro mheud 's thug mi th!achd dhuit
 Leig mi seachad orm càch;
 'S tha mi 'g inns' ann am chòmhradh
 Gur tu-s', a Dhòmhnaill, mo ghràdh.

Tha e air a ràdh gur h-ann do Dhòmh-nall
 Dònn Bhoth-Fhionntainn a chaidh an
 t-oran so a dheanamh, agus gur h-i nighéan
 do thighearna Ghlinn-Moireastain a rinn e.
 Bi a chlàrsach inneal a làmh.

Brosnachadh - Catha Chlann-Domhnaill.

LE LACHAINN MOR MAC-MHUIRICH.

A Chlanna Chuinn, cuimhnichibh
 Cruas an àm na h-iorgaill,—
 Gu àirneach, gu arronnach,
 Gu àrach, gu allanta,
 Gu athlamh, gu arronta,
 Gu allmhara, gu arachdach,
 Gu annhorach, gu aon-innt'ueach,
 Gu àr-meineach, gu anamanta,
 Gu ascaoineach, gu airfideach,
 Gu allta, gu anabarrach,
 Gu ann-meinneach, gu an-glonnach,
 Gu ainteasach, gu anmhurrach,
 Gu arm-leonach, gu acfhuinneach,
 Gu arm-chreuchdach, gu aigeantach,
 Gu ailgheasach, gu agarach,
 Gu àghmhor, gu abarach,
 Gu airbheartach, gu ath-bhuiileach,
 Gu an-dligheach, gu ath-mhilleach,
 Gu ainmeil, gu allail,
 Gu àrdanach, gu ath-sheallach,

Gu aon ghuthach, aon-chridheach,
Aon-ghneitheach, all-bhuadlach.

Gu urranta, gu ùr-mhaiseach,
Gu ùr-chleasach, gu uaibhreach,
Gu uil'-fheargach, gu nail' 't cartach,
Gu urchoideach, gu namhasach,
Gu urrasach, gu urraunach,
Gu ur-loisgeach, gu uachdarnach,
Gu ur-mhailleach, gu uehd-ardach,
Gu uidhimicht', gu ighdarrach,
Gu ùpairneach, gu ùr-ghleusach,
Gu ùr-bhuileach, gu ùr-speallach,
Gu ùr-labhrach, ùr-lambach, ùr-neartmhòr,
Gu cosnadh na cath-làraich
Ri bruinne bhur biuthaidh.—
A Chlanna Chuinn Cheutchathaich,
'S i 'nis uair bhur n-athneachuidh,
A chuirean confhadhach,
A bheithrichean bunanta,
A leoghanan làn-gasda,
Onchonaibh iorghiulleach,
De laochraidih chrodha churanta
De Chlannaibh Chuinn Cheutchathaich,
A Chlanna Chuinn, cuimhnichidbh
Cruas an àm na h-iorguill.

Bruinne, the breast, front. Biuthaidh, a formidable foe. Confhadhach, furious. Bunanta, strong. Onchu, a wolf.

Rinneadh am brosnachadh-catha so 'sa bhliadhna 1411. Tha sruth gasda de dh'-fhacail ann, ach cha 'n sfeil móran de bhàrdachd ann.

Thig an Samhradh le 'Bhruthainn.

Thig an samhradh le 'bhruthainn;
'S thig a chubhag á Eirinn;
Thig gach ian bhàrr na machrach,

'S iad an taice ri 'cheile,
 'Dheanamh eihil air na cramaibh
 Is air bharraibh nan gengan;
 Ach tha mis' is mo leannan
 A sior theannadh bho 'chéile.

'S maирг nach ionraich an eopan
 Sumbail soerach 's e déarlan;
 Cha b' e sin a rinn mise,
 'S ann a bhrisd mi fein bearn as.
 Gur h-e 'n t-ionadaidh naigmeas
 'N i de 'n ionracan mèirleach;
 Chuir sud naise gn saothair,
 'S tha e daor do mo chàirdean.

'Ghruagach àillidh an leadain,
 'S mi gum freagradh dha t' òrdadh,
 Ann an glaice nan creagan
 'S ann am preasaibh beag' bòidheach.
 Aig a mheud 's thug mi ghaol duit,
 Gun do dhaoinne bhith deònach,
 'S mi gun laigheadh ri d' thaobh
 An gleannan caomh nan haogh òga.

Cha déid mise do 'n chaisteal
 No an taice ri 'm fàilteachd;
 Ged bhios piob ac' is fiadhull
 Agus binneas na clàrsaich,
 Cha 'n fheil ccol tha fo 'n athar
 Nach bi feitheamh mo ghràidh-sa.
 'S traugh, a righ, gun bhith mar-riut,
 Gheug nam meall-shuilean tlàth'a.

Tha mo mhaighstir àrd, prisail
 Fo mhighean 's fo ghruaim rium,
 Is cha déid mi na 'shealladh
 Mun dig ruthadh a ghruidhean.
 Gur h-e sgeula na dumaidh
 'Fhuair sinn uile 'san uair so;
 'S ann a dh' iarr e le gradaig
 Iad ga m' spadadh le luanthe.

'S maирг nach sealladh greis roimhe
 Air na mmathaibh ga 'm boidhchid,
 Mun gabhadh e 'pheacadh,
 An eir seachad air posadh.
 Tha a bhnaidh sin air fad orr'
 Bhith gn socharach, gorach;
 'S e mo ghealladh-s' mar thoibradh
 A chroich airneo 'm fogradh.

Ochain, ochain, mar tha mi,
 'S goirt mo chràdh 's mi fo mhulad;
 Tha mo ghrunidhean air seaendh,
 'Caoiдаh nach faic mi mo chruimmeag.
 Ach cha 'n urrainn mi t' aicheandh
 Ged a dh' fhágainn an cruinne.—
 'S truagh, a righ, nach bu bhàs dhomh
 Air na triaghíbh gun fluireach.

Och, is truagh nach bu bhàs dhomh
 Nuair bu phàisdean beag òg mi,
 Mun do dhearc mi air t' aodann
 Is nach faod mi do phòsadh.
 Troigh chruinn am bròig chumhainn,
 Do 'm bu chubhaidh bhith spòrsail,
 Fo do chalpànnan mìn-gheal,
 Troigh nach islich am feoirnein.

Uilleim Oig Abaràrdair
 Bu tu 'm bàillidh gun tràcail,
 Nuair a dh' iarr thu mo spealtadh
 Eadar eich Mhic-an-Tòisich;
 Mo thoirt timchioll a chabhsair
 Gun mo chàirdcan a' m' chòmhddhail.
 'S mor gum b' fhearr a bhith 'm Flùras
 Na bhith 'n làthair a mhòid sin.

A reir innse sgeoil cha robh aig Fear
 Abaràrdair ach aon nighean. Fhuair an
 gille-stabaill aige trom i. Bhagair e gun
 sracadh e an gille as a cheile eadar da

each. Dh' innis an nighean do 'n ghille mu 'n chunnart anns an robh e, agus thug e a chasan as. Spàrr Fear Abaràrdair a nighean ann an seòmbar agus chum e ann i gus an d' fhuaire i bàs le mulad agus brisdeadh-cridhe.

Cumha

MHIC-DHONNACHAIDH GHLINNE-FAOCHAIN.

Ho, gur mi 'tha air mo leonadh,
Na i ri ri ho ro;
Ho, gur mi 'tha air mio leonadh,
Na i ri ri 'i ri ri ho ro.

Bho latha blàr Inbhir-Lòchaidh;
Bha ruaig nan Eirionuach dòite,
'Thàinig do dh' Albainn gun stòras,
A bha dh' earras air an cleòcaibh.
Thug iad spionnadh do Chlann-Domhnall;
Mharbh iad m' athair is m' fhear-pòsda,
'S mio thiriuir nihacanan grinn òga,
'S mo cheathrar bhràithrean ga 'n stròic-eadh,
'S mo naoidhnear cho-dhaltan bòidheach.
Loisg iad mo chuid coirc' is eòrna.
Mharbh iad mo chrodh móru gu feolach,
'S mo chaoraich gheala ga 'n ròsdadh.

Ho gur mise 'th' air mo chlaoidheadh
Mu Mhac-Dhonnachaidh Ghlinne-Faochain;
Tha gach fear 'san tir s' ga d' chaoineadh
Thall 'sa bhos mu Inbhir-Aora,
Mnathan 'sa bhasraich 's am falt sgaoilte.

Ho gur mi tha air mo mhillcadh,
Mu mharcaich' nan srian 's nam pillein,
'Thuit 'sa chaounaig le 'chuid ghillean,
Thug Mac-Cailein Mór an linn' air,
'S leig e 'n sgriob ud air a chinneadh.

'Se Caimbeulach a bha am Fear Ghlinne-Faochain. A reir coltais 's i a bhean aige a rinu an t-oran.

Buidheann mo Chridhe Clann-Ualraig.

Oran le te a mhuianntir Lochabair d'a leannan, Fear Achaluachrach.

LUINNEAG.

Buidheann mo chridhe Clann-Ualraig;
Bheireadh iad suas na h-iomainean.
Bheireadh iad crodh dhe na buailtean
'S chuireadh iad sluagh bho chinneachadh.

'S olc a fhuair sinn crodh nam baran,
Bodaich bheag' nam briogais gheala;
Cha b' iad a b' urrainn air an fhalachd,
Ach fir Strath-Eireann 's Strath-Narrainn.

'S olc a fhuair sinn crodh nan Ròsach,
Is Clann-Chatain air an tòrachd,
Baran liath na coise brooite;
'S air mo dhaoine s' rinn iad feolach.

'S a Chrò-chlach am Braigh Srath-Eireann,
Oidhche dhorch' air nach bu leir dhaibh,
'Cur nan saighdean ait a cheile,
Thuit mo leannan 's deich fir threuna.

Nuair a shaoil leam 'bhi gu uasal
Am bhean-taighe Achaluachrach,
'S ann a tha mi gu bochd, suarach
'Bleoghan a chruidh 'feadh a bhuachair.

Chaidh Fear Achaluachrach a thogail creiche bho na Ròsaich mu 'n bhliadhna 1670. Thug e leis a chreach, ach chaidh buidheann de Chlann-an-Tòisich na 'dhéidh.

Mharbh iad e agus thug iad an crodh air
ais a chum nan Ròsach. Bha Iain Beag
Mac-Anndra maille ris na Tòisich. Is e a
thilg an t-saighead leis an do thuit Fear
Achaluachrach.

Oran

Le Mac-Philip, fear-brataich Mhic-Ic-Jain,
air dhaibh a bhith a cur air gu 'n do thill e
bho fheachd air comhairle na mnatha.

LUINNEAG.

Hilinn o ho ro bha ho u ho,
Hilinn o 's mi falbh leatha,
Hilinn o u i o u,
Hùbh o 's mi falbh leatha.

'S mis' a rinn an cruaidh thilleadh
An taobh s' a dh' innein a cheathaich;
Thainig deoir air mo shùilean
Agus túchadh nam labhairt.

Thainig deoir air mo shùilean
Agus túchadh na m' labhairt,
Nuair a thog iad mar sgeul orm
Gu 'n do gheill mi do mhnathaibh.

Ach cha deanainn féin géilleadh
Do dh-aon te tha fo 'n adhar,

Ged bu nighean do 'n rìgh i,
'S tri rioghachdan leatha.

Gu 'm b' e 'n cleachdadhbh bu dual dhuinn
A bhith crualach, fearail.

Gun bhith gealtach no sgàthach
'Dhol an làthair na carraig.

Mort Ghlinne-Comhann.

LE AONGHUS MAC ALASDAIR RUAIDH.

'S mi am shuidh' air a chnocan,
Chaidh mo léirsinn an olcas;
Is mi aon mhac an trotain air in' fhàgail.

Tha mi 'coimhead a ghlinne,
Far am b' aighearrach sinne,
Gus an d' aom oirnn an fhine 'n robh 'n
fhàilinn.

Rinn na Duibhnich oirnn leadairt,
Bha 'n fhuil uasal ga 'leagail,
'S bha Gleann-Liobhann na sheasamh mar
cheanuard.

Ach nam b' ionnan d' ur macnus
'S nuair bha mise n' ur taice,
Nàile rachadh iad dhachaidh na 'n deann-
ruith.

Bhiodh Mac-Fhilip le 'bhrataich
Air tùs an fhine neo-ghealtaich,
Ged a fhuair iad an nasgadh le ainneart.

A Mhic-Eanruig nam feadan,
'S tric a bha mi 's tu beadradh
Leis a mhuinntir a għreas do 'n taigh-
shamhraidh.

Bha Clann Iain nan gadhar,
'Rinn na h-uaislean a thadhal,
'S iad ga 'n riasladh le cuthach gun
chàirdeas.

Dh' fhàg sibh marcaich' 'n eich uaibhrich,
Reubt' air righe nan ruadh-bhoc,
Ann an sneachda trom fuar nam beann
àrda.

Dh' fhàg sibh làraichean dubha
 Far am b' àbhaist duibh suidhe
 'N comunn luchd an fhuilt-bhuidhe, chais,
 amlaich.

'Fhir Bhail'-Fhèarna nam badan,
 Bu cheann-feadhn' thu air brataich,
 Is chaideh smùid 'chur ri t' aitreabh na
 'smalaibh.

Bha do chomh-bràthair guailte,
 Deagh shear Baile nam Fuaran,
 Leam is goirt e, 'san uair air dhroch càradh.

Ach ma 's deonach le 'r Righ e,
 Bidh là eile ga 'dhiol sin,
 Agus maighdeanan llobhete cur cheann diu.

Bidh na Tuirc air an dathadh,
 'S bidh righ Uilleam na 'laighe,
 'S bidh cùird mhor air an amhaich dhe 'n
 antoil.

B' e mo rogha sgeul éibhniis,
 Moch Di-luain is mi 'g eirigh,
 Gun robh againn righ Seumas 's na Frang-
 aich.

Chiteadh iomain ball achaidh
 Air fir mheallt' nam balg craicinn,
 'Loisg ar n-arbhar 's ar n-aitreabh 'sa
 gheamhradh.

Mac-Neachdainn an Duin.

Tha an oidhche 'nochd fuer,
 'S och, mo thruaighe! gur fad i;
 Ged tha càch na 'n sior shuain,
 'S beag mo luaidh-sa air cadal.

Cha 'n e giorrad mo ruim,
 'S cha 'n e cuingead mo leap,

Ach fear òg a chùil duinn
 'Chuir an truim' so air m' aigneadh.

Gu 'n do bhruadair mi 'n raoir,
 Thus', a ghaoil, a bhith agam
 Ann an leaba chaoiin, inhin,
 Is tu sint' ann am ghlacaibh.

Ach nuair thionndaidh mi 'nunn
 Bha do rum-sa fuar, falamh;
 Thainig snigh' air mo shùil,
 'S b' fhad', a rùin, thu á m' shealladh.

'Dheagh Mhic-Neachdainn o 'n Dùn
 Is o thùr nan ard bhaideal,
 B' fhad' a dh' aithnichiuin do chùl
 'Direadh stùc agus chreachann,

Le do ghille 's le d' chù,
 'S le d' cheum lùthar mar ghaisgeach,
 'S le do chuilbheir caol, ùr,
 'S e nach diultadh dhuit sradag.

'S math thig boineid ghorm, ùr
 Air do chùl boidheach, dathte,
 'S math thig dag dhuit is sgiath,
 'S claidheabh giar, guineach, sgaiteach.

Leam bu nihillse do phòg
 Na mil shòghail nam beachan;
 Is na ùbhlan nan craobh
 Gu 'm bu chaoine leam t' anail.

'N cuala sibhse bean riamh
 'Chaill a ciall niu ceud leannan;
 Mur a h-innis mi breug,
 'S i mi-féin an diu 'bhean ud.

'S iomadh bàt' agus long
 Tha le fonn a dol thairis
 Eadar Eirinn an t-slòigh
 'S dùthaich bhòidheach Mhic-Cailein.

Nam biodh fios aig mo ghràdh
 Mar a tha mi ga 'acain,
 Bhiodh e 'nall, tha mi 'n dùil,
 An gearr ùine gu m' fhaicinn.

'The 'thug bhuamsa m' fhear féin,
 'S a chuir creuchdan fo m' aisnibh,
 'Chaoiadh nior fhaicear ort bréid
 Latha féille no clachain.

Is nior fhaicear do chlann
 Dol do theampull a bhaistidh ;
 Ach ga 'n cur anns an uaigh,
 'S tu bhith buan dheth gun mhac leat.

Biodh leac shleamhainn ri d' bhonn,
 'S talamh tolltach fo d' chasaibh,
 'S boinne snighe fliuch, fuar
 Tigh'nn mu bhruachaibh do leapa.

Mur a bhith do dhroch bheus
 B' oil leam fein sud a thachairt;
 Oir, ged 's cruaidh e ri ràdh,
 'S i 'n aon mhàthair a bh' againn.

Tha an oidhche 'nochd fuar,
 'S och, mo thruaighe ! gur fad i;
 Ged tha càch na 'n sior shuain
 'S beag mo luaidh-sa air cadal.

Bha triùir nighean aig Sir Seumas Caim-beul, triath Airdchonaghla. Bha Iain Mac-Neachdainn an Dundàraimh a dol a phòsadhl na te a b' òige. Chuireadh an daorach 's an dallanach air air latha na bainnse agus phòsadhl e ris an nighinn bu shine. Thug e leis dhachaidh i, agus bha mac aige rithe. Goirid an déidh do 'n mhac so tighinn theich e do dh-Eirinn leis an te a bha e 'g iarraidh a phòsadhl. Is

ann an sin a rinn a bhean aige 'n t-òran so.
 Greis an déidh do Mhac-Neachdainn a
 fàgail phòs Sir Seumas Mac-a-Léith i.
 Pheacaich a piuthar gu gràineil le ruith
 air falbh le Mac-Neachdainn; ach rinn ise
 gniomh maslach an uair a thug i Mac-
 Neachdainn bho a piuthair, agus cha b'
 iongantach leinn ged a fhuair i aobhar air
 deoir. B' fhearr dhi gu mor a droch rùin-
 tean a chur fo cois na 'n cur mar ghuidh-
 eachan na 'h-oran.

Tha na Gillean Grinn fo 'n Armaibh.

Oran do Niall Caimbeul, fear Dhun-
 Stathinnis, le Seumas Caimbeul, an I-
 Chaluim-Chille.

LUINNEAG.

Tha na gillean grinn fo 'n armaibh,
 'S gur bòidheach leam fhin
 'Thig an t-aodach dearg dhaibh.

Biomaid sunndach, eutrom,
 Seinneamaid gu h-éibhinn
 Cliu an fhiurain ghleusda
 Dh' am beus a bhith ri armachd.

'S e mo rùn-sa marcaich',
 Nan each cruitheach tart'rach;
 Ni thu 'n t-òr a sgapadh
 Anns na bailtean margaidh.

Nuair rachadh tu 'mharcachd
 A' d' dhiollaid mar chleachd thu,
 B' e do mhiann 's do thaitneas
 Each aigeannach, meanmnach.

'Righ, gu 'm meal thu 'n oighreachd
 A fhuair thu mar staoileadh

Dun-Stathinnis chaoimhneil
Ann am boinn neo-clearbaich.

Do shuil mar an dearcan,
'S do dheud mar a chailce;
'S i do cheile leapa
'Fhuair am mairist' ainmeil.

Do chridhe mar dhaoimean,
No mar reul 'san oidhche,
No mar ghréin gu caoimhneil
A boillsgeadh 'san anmoch.

'S e mo dhòchas cridh'-sa
Gu 'n dean t' oighre cintinn;
B' aighearach leam fhin sud
'S leis na ni ort leanmhuinn.

Tha cuid a seinn na luinnig mar so:—

Tha na gillean grinn
Fo 'n cuid armachd,
'S gur bòidheach leam fhin
'Thig an t-aodach dearg dhaibh.

Guidhe a Gheocaire.

Nam faighinn-sa m' iarrtas,
B' e mo mhiann air an uair so
Cruachan-Beann 'bhith na 'ghruthaim
Is Loch-Odha na uachdar,
Is gach gleann a tha làmh-ris
Bhith làn blàth bhainne buaile.
Cha bhiodh cùram gum bàtht' sinn
Nam bu bhlàthach bu chuan duinn.
O, b' éibhinn an t-aran
Is stràic thairis de 'n im air!

Bhiodh taoibh dhionach a' m' bhàta
De bhuntàta math suaite;
Druim dìreach de dh-aran,
Is rol mharag mu 'n cuairt air;

Bhiodh a tobhta de chabhraich,
 'S bhiodh an dram 'dol mu'n cuairt inn';
 'S mi gun iomaireadh gu làdir,
 Is raimh chais' air a gualainn.
 O, b' eibhinn an t-aran,
 Is stràic thairis de 'n im air!

Oran Molaidh

Do Mhairi nighean Alasdair Dhochan-fhasaidh.

LE ALASDAIR DOMHNALLACH 'SA CHEAPAICH.

Air dhòmhsha bhith 'm agnar
 Troimh aonach nam beanu,
 Gu 'n gleus mi na teudan
 'S gun té dhiu air chall,
 Gu seinn mar bu mhiann leam
 'Chur rian air gach rann
 Do nigh'u duinn a chuil shniomhain
 So shios anns a ghleann.

'S Ban-Chamaronach chinnteach
 An ribhinn għlan og,
 Dhe 'n fhine cho riogħail
 'S a chinn 'san Roinn-Eorp'.
 Gu 'm b' ainmeil na 'n tħim iad
 Ri 'n inns anns gach seol;
 'S math 'sheas iad Sir Eðghan,
 Lanħ theom' air cheann slōigh.

Gur gile mo chaileag
 Na canach nam bruach;
 Na cobhar na mara
 Air bħarraibh nan stuadh;
 Na sneachda nan speuran,
 A thearnas na 'luaths
 Bho charbad nan àrdaibh,
 Le àithne gaoith tuath.

Mar 'n oiteag chiuin thlathail
 Bho ghàradh nam flùr,
 Tha 'h-anail bho pòraibh
 'Toirt còmhraidh gu sunnd;
 'S tha meall-shùilean mòdhar
 Ga 'seòladh le tùr,
 Guimeachd na ràidean
 'Thug airde d'a cliu.

Mar 'n ròs 'nuair a 's àill' e
 Fo bhàrcainb nam braon,
 Tha ùr-chruth na h-òighe
 Thug còrr air gach aon.
 'S binne i leam na 'n smeorach,
 'S a òg-mhadainn chaoin,
 An tus a mhios' chéitein
 Air gheugaibh nan craobh.

Tha 'cuailein mu 'guaillibh
 'N a dhualagaibh dlùth,
 Gu sniomhanach, bòidheach
 Ga 'còmhach mar chrùn,
 Na 'chamagaibh riomhach,
 Ro ghrinn fo 'cir-chùil,
 Gu cuachagach, fàinneach
 Mu bhràighe mo rùin.

Is binne na teudan
 Guth reidh na h-oigh' mhàld':
 B'e m' aiteas is m' eibhneas
 Bhith 'g éisdeachd ri m' ghradh,
 Nuair 'ghleusadh i 'duanag
 Am buaile nam bà;
 Laoigh òga mu 'n cuairt d' i,
 'S a chuach 's i fo chràic.

Ge b' e gheibh air laimh
 An deas àilleag għlan, ùr,
 Thig caoimhneas gu 'fħardaich
 'Bheir dha-san gach mùirn.

Nuair 'ni e 'bhean uasal
 A bhuannachd le cliu,
 Gum mol e na làithean
 'S na thàr e oirr' iul.

Cumha

Do Ghilleasbuig Caimbeul, Iarla Earra-Ghaidheal, a chaidh a dhith-cheannadh an Dùneideann 'sa bhliadhna 1685.

LEIS AN AOS-DANA, MAC-ITHICH.

Tha sgeul agam, 's cha chùis ghàire,
 Dhuibh ri 'innseadh;
 Gu 'n d' chuireadh ceann-taic nan Gàidheal
 An staid iosal.

Co 'chumas còir ris an anfhanu,
 'S e na 'chruadhaig?
 No 'chumas casg air gach anaghnath
 'Tha teachd nuadh oirnn?

Co 'chumas còir ris an eaglais?
 Dh' fhàs i dorcha;
 No 'chumas a suas luchd-teagaisg
 Ris na borbaibh?

Co 'chumas an creideainh catharr'
 Suas gu treòrach?
 'S nach d' fhuair Gilleasbuig cead éisd.
 An taic còrach. [eachd.]

Co 'chumas taigheadas greadhnach
 Gu buan, faoilidh?
 'S nach taghail an t-Iarla Dùibhneach
 'S an Dun-Aorach.

Roghainn nan Albannach uile,
 De 'n àrd fhine!
 'Dhaoine, nam biodh spéis de dhuine,
 'S beud a mhilleadh.

Iarla duaismhòr Earraghaidheat,
 Garg an leoghaunn!
 Bu mhor an eridhe 'dh' shearaibh Alba
 'Fhuil a dhòrtadh.

'Dhaoinne, ged a fhuair sibh àite
 Os cionn rioghachd,
 'S olc a chuir sibh glicias Alba
 Gu sùrl millteach.

Ged a struc sibh còir gun cheartas
 'N taic bhur mioruin,
 Theagamh gu 'n dig la nach fhasa
 Dhuibh d' a dhìoladh.

Mo thruaighe 'n nochd do luchd-lean.
 'S faoin un sensan! [mhuinn.
 Tha gach duine 'gabail géill dhiu,
 Dh' eug Gilleasbuig.

Dh' fhalbh an tuigse, dh' fhalbh an aithne,
 Dh' fhalbh an ceannsal,
 Dh' fhalbh an crann dligheach, treun tal.
 Dh' fhalbh an ceann math. [inuidh.

Beannachd le t' anam am Pàras,
 'S fiach do chuimhne:
 Gu 'n togadh Dia suas bhur n-àlach,
 A dhream Dhùibhneach.

Dreain bheadarach, bhudadhach, bhàghach,
 Mheadhrach, mhùirneach,
 A labhradh gu foistinneach, fior ghlic,
 Brigh gach cùise.

Sud a chlann a's uisle fine,
 Na trein urrant';
 Reidli-bheartach an iul 's an aithne,
 'Chlann ud uile.

Ge b' e dh' aithriseas an seannachas
 Le minion chuimhne,
 Co 's mò tuigs' air dhruim talmhainn
 Na Clann-Duibhne?

Blàth a dh' fhàs os ciouin gach fine,
 Guiomh gun ghainne;
 Ceann céille, cléir', agus sgoile
 An léibhidh uile.

'S iomadh leoghann, is triath duineil,
 Is ceann buidhne
 De 'n t-sliochd Iarlail a shliochd Dhiarmaid
 Mhic O' Duibhne.

Bho Dhiarmaid a thainig sibh uile,
 Sean am fine!
 Clann a b' fhearr a b' fhiach am moladh
 A chuala sinne.

'S iomadh cridhe bras 'tha brònach,
 Rosg tha deurach,
 Luchd-oifig 's am bas ri bualadh,
 Tha 'n creach déante.

'S iomadh brugh soluis fo thùrsa,
 Air dreach meirgte;
 'S mnai ghreannanta gun ghean, gun ghàire,
 'S cridh' fo throma chràdh.

Bhàsaich luchd-civil gu buileach,
 Co 'ni 'm farraid?
 Cha 'n fheil stàth dhuinn bhi ri foras,
 Chaidh 'n taom tharainn.

'S fuathasach a ghaoth so 'thainig,
 Għluais i 'n fhiubhaidh,
 'S ruaig i na h-eoin le stoirm ghàbhaidh
 Bho 'n choill dhùmhail.

Ach tillidh na h-eoin ùiseil, àillidh,
 D' an coill chaomhail.—
 Gu 'n togadh Dia 'suas bhur n-àireamh
 An staid naomha.

Is cruaidh an càs seoid 'bu phailte
 'Shearg' gun chionta :
 Cha d' fhuaradh àbhar n' ur n-aghaidh
 Ach meud bhur tuigse.

Thainig braghadh oirbh gun fhiös duibh;
 Leam is duilich ;
 Ma dh' fhalbhas a' chlann so buileach,
 'S mairg a dh' fhuirich.

Cuiribh-s' bhur dèchas 'san Ard-Righ,
 A chlann chéillidh;
 'S e sud am Britheamh gun fhalla,
 Nach dean eucoir.

An Ti 'chruthaich sibh an toiseach
 An staid cheutaich,
 Tha E fhathast dhuibh cho gràsmhor
 'S a bha 'cheud uair.

'S iomad marcaich luthmhòr, làidir,
 'Thuit gu h-iosal,
 'S a dh' eirich gu socair, sàbhailt
 Suas na 'dhiollaid.

Mar stiuir Maois a mhor-shluagh lionmhòr,
 'S iad 'n an eigin,
 A mhac-samhuil tàrladh dhuibhse
 Ri uair feuma.

Ri uair feuma tha Dia neartmhòr,
 Ceann gach cùise,
 A dheanamh d' ur naimhdean treuna
 Cairdean ciùine.

Cumha d'a Brathair le Nighinn Oig.

'S ann mu 'n taca so 'n dé
'Bu bhochd, airsnealach m' fheum,
Is mi smaointinn air beus do bheoil.

'S e mac Cholla nan euchd
'Rinn do bhualadh, mo bheud!
Dh' fhàg sin mise ri m' ré fo leon.

Ann an ciste chaoil, theann,
Tha thu 'd laighe gun srann,
Is gun socair fo d' cheann ach bòrd.

Corp bu ghil' thu nan cnaimh
Fo do léine chaoil, bhàin,
Is thu 'd laigh' air an traigh gun treoir.

Slios mar eala nan tonn,
Is cùl fainneach deas, donn;
'S bu tu 'n t-òg a bha connar cùir.

Nuair a chunnaic mi fein,
Fuil do chridhe 's do chléibh,
Chaidh am pudhar air ghleus am fheoil.

Cùl an righe so thall
Bha 'n sar ghaisgeach air chall;
Fear an aignidh gun fheall, gun ghò.

'Tigh'nn bho cheardaich a ghuail,
Bu ghlan rudhadh do ghruaidh,
Mar an t-ubhall air uachdar meoir.

'S i do chas a bha luath,
'S i do làmh a bha cruaidh,
Nuair a thachradh tu 'n ruaig no 'n tòir.

'S i do ghuala 'bha treun
Ann an carraid no 'n streup;
Bu tu marbhaich' an fheidh 's an eoin.

Bu tu marbhaich' bhruic ruaidh
 'Thig bho 'n fhireach so shuas,
 Is a choilich nuair ghluaist' an t-òrd.

Bu tu marbhaich' bhric bhàin
 'Thig bho 'n aigeal air snàmh,
 Nuair a ghlacadh tu 'n crann a' d' dhorn.

Cha robh filidheachd cainnt,
 Cha robh lùth-chleas no danns', [ròis.
 Nach do dh-ionnsaich thu 'n camp Mhont.

C'ait an robh e fo 'n ghréin
 Aon mhac gobha b' fhearr beus
 Na mo bhràthair deas, treubhach,

Bha thu ceanalta, suairc,
 Ann an còmhdaill an t-sluaigh;
 Gheibhеadh t' fhuran is t' uaisle 's t' eol.

Leat bu mhiannach rum druidt'
 Is daoine uaisle mar-riut,
 An àm tarruinn ri uchd an òil.

'S tu nach sealladh gu crion
 Air a bheagan a dhiol
 Nuair a tharladh am fion a' d' dhorn.

Bha thu càirdeach, a rùin,
 Do dheagh oighre Dhun-tuilm,
 Ceann nan gaisgeach bu chliuiteach dòigh.

Bha thu càirdeach da uair
 Do Shiol Torcuill mu thuath;
 Sud na fearaibh a fhuair an leon.

'Nis bho 'n thachair dhomh féin,
 Bhith gun bhràthair a' d' dhéidh,
 B' fhearr gu 'n greasad Mac Dé mi 'd lorg.

Oran Gaoil.

LUINNEAG.

Bu chaomh leam bhith mireadh, bhith
mireadh, bhith mireadh,

Bu chaomh leam bhith mireadh ri nigh-
iun ghlain, òig.

Bu chaomh leam bhith mireadh ri 'taobh
mar a shirinn;

'S mo ghaol air a tiomachd 'n àm sìreadh
a poig.

Bidh sinne gu spéiseil an caidreabh a
chéile,

A l ghe 's ag éirigh an déidh a bhith
pòsd';

Gan chùram fo 'n ghréin oirnn ach aigh-
earach, éibhinn,

'S gach ni a bhios feumail gun éis air ar
bòrd.

Bidh tusa gach latha 'cur sùrd feadh an
taighe,

'S bidh mise gu h-ealanta a gleidheadh
dhuit lòin;

Thig fiadh as an fhireach is breac as an
linne;

'S nuair chi thu mi tilleadh gur geanail
do sheòl.

Bho 'n tha mi na m' chabhaig 's nach faod
mi bhith fanachd,

Thig làmh ri um, mo chaileag, 's gu 'm
faigh mi do phòg.

Ma 's mise do leannan na bi 'ga mo
mhealladh,

No idir ri fanaid, 's mo chion ort cho mòr.

Nis innis an là dhomh; cha 'n fhaigh thu
á m' làmhán;

Nach faic thu mar tha mi a ghnàth air
do thòir.

Da sheachdain bho màireach; 'n e sin tha
thu 'gràitinn?
Mo bheannachd gu bràth ort, thé 's àille
'tha beò.

Cailinn na Buaile.

'S ann thall thar na h-abhunn a chunna mi
aiteal
De 'n ribhinn a's maisich' a bha mi na
'còir;
Bha dealradh na h-ainnir mar reulta na
maidne;
'S bu taitneach leam labhairt is binneas
a beoil.

LUINNEAG.

Cha 'n ioghnadh na gillean, na gillean, na
gillean,
Cha 'n ioghnadh na gillean bhith sìreadh
do phòig;
Cha 'n ioghnadh na gillean bhith 'n tòir air
an nighinn,
'S a gruaidh mar an t-siris 's a bilean
mar ròs.

Tha moran de dhaoine 'sa chearn so de 'n
t-saoghal,
'S nam faigheadh iad caoraich, crodh-
laoigh, agus stòr,
Nach iarradh a chruinneag 'tha meachair
is cuimir;
Gum fòghnadhl leo dubh chaille bhrucach
an sgleò.

Ged bhiodh i na 'leine mar bhios i ag éirigh,
Gum b' annsa leam fein an te cheutach,
ghlan, chòir;
'S i 'thogadh mo chridhe, 's cha chlàrsach
no fiodhull,
'S cha 'n aicheinn nach sirinn 'bhith
'ruigheachd a pòig.

Tha 'slios mar an eala, tha 'cneas mar an canach,
 Tha 'gluasad mar 's ainneamh ri 'fhaigh-inn an òigh.
 Gur siobhalta, stuama, deas chailinn na buaile,
 A siubhal le 'cuachan air uachdar an fheoir.

'S e 'n solas a's aite bhith timchioll na mainnir
 Là céitein 'sa mhaduinn a coimhead na h-òigh';
 Na laoigh 's iad nan cabhaig ag iarraidh gu bainne,
 'S a ghruagach og, cheanalt' le cuman fo chròic.

Nuair sheinneadh an éiteag 'sa chiùin mhaduinn chéitein,
 Is smèòrach na géige gu h-éibhinn ri ceol,
 Cha chualas 'sa chruinne riamh crùn-luath cho ullamh,
 'S cho taitneach le duine ri coilleag a bêòil.

Comhradh Eadar Nighean agus Gille.

I.S.E.

Co theid mar-rium do 'n taigh-fhaire ?
 Co ni sùgradh leam ris a ghealaich ?
 Oigfhir aoibheil a bhroillich sholuis,
 Thachair sinn anns a choille dharaich.

Fàill il ó agus ho ro éile,
 Fàill il ó agus ho ro éile,
 Fàill il ó agus ho ro éile;
 Hoirinn ó is tu m' anam 's m' eudail.

ESAN.

B' fhearr leam fhìn na bó laoigh is gamhnu,
ach,
'S na tha chnodhan an déidh na samhna,
Gum bithinn fhìn is mo chruinneag għreann.
inħor
'M badan coille gun duine teann oirnn.

ISE.

B' fhearr leam fhìn na coig ficead peigh-
inn,
'S làn mo chròige de 'n òr a 's buidhe,
Gum bithinn fhìn agus gràdh mo chridhe
'N gleannan caoin 's sinn air gaol a bruidh-
inn.

ESAN.

Nis a dhaoine tha Anna 'm għlacaibh,
Nighean fhaoilidh nan gruaidhe datħte;
Gabhaibh Albainn is Eirinn 's Sasunn,
'S leigibh leamsa leis na bheil agam.

Taigh-tarlaidh nan Uaislean.

Beir soraidh no dhà
Gu taigh tarlaidh nan uaislean;
Far bheil an aon nighean,
Is tri fir an luaidh rith'.

O hug eile, o hi ri ri ri,
O hi ri a hù, o hug eile no ha o ho ro.

Far bheil an aon nighean,
Is tri fir an luaidh rith':
Rob donn an fhuilt channaich,
Caol mhala gun ghruaman;

Is Alasdair fearail
A's ceanalta gluasad.

Is Donnachadh an gallan,
O bhaile nam fuaran.

'Roib, stad is bi céillidh,
Is éisd ri mo dhuanaig.

Mo chomhairle dhian dhuit,
'S mur fhiach i cuir bhuit i;

Leig dhiot an te ghreannach,
'S glac bean a chüil dualaich.

Te 'chumadh do léine,
'S bu cheutaiche dh' fhuaigheadh;

A dh' éireadh 'sa mhaduim
'S a ghlacadh a bhuarach.

Te 'chumadh a teanga,
'S nach teammadh ri buaireas.

'S fearr bothan an t-sùgraiddh
Na lùchairt a bhruaillein.

Iorram.

'S truagh nach robh ini, hu il ho ro,
'N riochd na h-eala, ho im o,
No 'n riochd faoileig, hu il ho ro,
Chrín na mara, e cho ri no.

No 'n riochd faoileig chrín mara;
Shnamhainn an caol 's rachainn thairis.

Ruiginn am ball 'bheil ami fear ud;
M' aighear, m' eibhneas, 's mo cheud
leannan.

Sioban nam beann a dol tharrainn,
'S deathach nan stùc ga 'r sior dhalladh.

Banais an nochd 'sa Chill Uachdraich;
 'S nam bithinn ann dheanainn fuadach.

Nam biodh te eil' ann 'bhiodht' a luaidh
 riut,
 Sgathainn bun is barr a cuaillein.

Dh' eireadh mo shròn àird' na stuadhach,
 'S dh' fhalbhadh m' anail na 'ced uaine.

'S cruaidh an sgeul an diugh a fhuair mi;
 Thug Clann-Néill druim a chuain orr'.

Chaidh iad fodha anns an fhuaradh;
 Luchd nan leadan troma, dualach.

Luchd nan seol àrd 's nan long luaineach;
 Fir nach meathadh ri ushd cruadail.

Taigh-an-Droma.

Rannan le dròbhaic a bha diombach
 airson na bha aige ri 'phraigheadh an
 Taigh-an-Droma.

LUINNEAG.

'S i mo dhùthaich 'tha 'tigh'nn air m' aire,
 'S i mo dhùthaich 'tha 'tigh'nn air m' aire,
 'S i nuo dhùthaich 'tha 'tigh'nn air m' aire,
 An t-Eilein Muileach 'tha lùrach, beann-
 ach.

Taigh-an-Droma gun dean mi 'fhàgail,
 'S cha bu chrvaiddh leam e bhith na fhàsach;
 Fhuair mi feoil ann 's cha ghearradh sàbh i,
 'S cha dugadh m' fhiacan mir as a chaise.

Nuair a chaidh mi staigh do 'n t-seombar,
 Bha na trinnseirean ann an òrdagh,
 Is bha brot ann gun ghràine feola;
 'S air leam fhìn gum bu phris dha gròta.

Nuair a chaidh air gairm gu cùnnatas
 Cha robh agam bonn airgid mùthaidh;
 Thug mi not dh'i's bu mhor mo shùil innt',
 'S cha do thill thugani ach aon chrùn d'i.

'S e 'n t-Eilein Muileach an t-Eilein agh-
 mhor,
 An t-Eilein ciatach mu 'n iadh an sàile;
 'S beag an t-ionghnadh gach ni a dh' fhàs
 ann,
 Gheibhteadh biadh ann 's cha 'n iarrteadh
 paigheadh.

Oran Seilge.

LE PARA MOR CAIMBEUL.

Bheir sinn 'san t-samhradh am monadh
 oirnn
 'S théid siuin do 'n ghleann againn fhìn,
 'S tillidh sinn dachaidh 'sa gheamhradh
 A chumail nam Frangach o'n tir.

'S ann againn tha 'n gleann maiseach
 fuaraidh,
 'S cha 'n fheil cho fior uaigneach 'san tir,
 Cha 'n fhaicear duin' idir ach buachaill',
 'S na bodaich bhios cuartach' na frith'.

Gheibh sinn ann eilid air uairibh,
 Is bheir sinn daimh ruadh as an fhrith;
 Gheibh sinn ann greidh air gach fuaran,
 Is pailteas ri chuallach de nì.

Gheibh sinn ann gobhair is caoraich,
 'S bidh againn crodh-laoigh air na glinn,
 Ga 'm bleoghan! e nionagan guamach,
 A's binne na chuach an guth cinn.

Gheibh sinn ann enothan is caoran,
 Is gheibh sinn ann braonain gu leoir,
 Is dearengan-fithich air fraoch-bheinn,
 'S cha déid sinn 'n traigh mhaorach ri
 'r bed.

Gheibh sinn ann brudanan tarra-gheal,
 A thig oirnn o 'n fhairge na 'n steall:
 Le slataibh 's le morghaibh ga 'n ruagndh;
 'S bu toigh le daoin'-uaisle bhith ann.

'S coma leinn cur agus chiathadh,
 'S cha treabh sinn am bliadhna le crann;
 'S ann bhios sinn 'sa mhadaunn ag iasgach,
 'S mu fheasgar a fiadhach nam beann.

Ged nach fheil sguab anns an t-sabhal,
 No caora, no gobhar, no meann,
 'S ged nach fheil bó ann ri 'bleoghann,
 Bidh dùil ri sar chobhair nam beann.

Nuair thig na gillean mu anmoch,
 'S a leagus iad eallachan mu seach,
 Chu chluinnear guth aca de sheanachas
 Ach mar a shealg iad an damh.

Am fac thu mar thill an cù ruadh e?
 Am fac thu mar bhual e 'n cù glas?
 Thilg e a ludhran a suas air
 Cho ealamh 'sa bhuaileadh an t-srad.

Nam faiceadh tu mis' agus Sinteag
 Air còmhnhard na frithe so shios,
 Gun duine, gun ghunna, na 'r còir ann;
 Gun ni gu ar còmhnhadh ach sgian.

Cha dean mi faoin ghleadhraich no bòsd
 uim',
 Chaidh mise na chròicean gu dian,
 'S chaidh ise gu h-ealamh na sgòrnan
 Mun d' fhuaradh leinn seòl air 'chur sios.

Oran

Do dh-Alasdair Domhnallach, Bard na Ceapaich, le Mr. Raonall Mac-Gillebhràth, sagart Arisaig.

LUINNEAG.

Iriun arinn u horo,
Iriun arinn u horo,
Iriun arinn u horo,
Gu 'u togainn fonn gu h-aighearrach.

Sorraidh bhuamsa thun a bhàird,
Triath nan fonn a's millse fàilt',
A tha shuas 'au tir ino ghràidh,
Nam chuimhne gnath gu maireannach.

Tir nan cnoc a's uaine feur,
Tir tha gorm air dhreach nan speur,
Tir nan òg tha fearail treun,
Tha caoimhneil, beusach, carantach.

'S ann 'sa Cheapaich ghrianaich, àird
'F uair mi eolas air a bhàrd,
B los nani chuimhne beo gu bràth
Gu 'n càirear anns an anart mi.

Fhuair mi litir 'nuas Di-màirt,
'G innse dhomh gu 'n robh thu slàn,
'S tu gu biunn a seinn nan dàn,
Mar ghnathaich thu na m' latha-sa.

Shniomh thu dhòmhsa ealaidh chaomh,
Air do chlarsaich cheolmhoir, chaoin,
Mu na laithean luath a dh' aom
An tir nan laoch bha aighearrach.

Sheinn thu òran milis, réidh,
Air an fhonn a's boidhche séis,
Mar na h-eoin a's caoine béus
Air bharr nan geug 'sa chamhanaich.

Mar sheinibh osag mhaoth nam pone,
 A tha caoineadh seadh nan tom,
 Tha do dhuan a's glaine fonn
 A tuiteam trom air m' aigne-sa.

Bho'n a thainig mi gu tuath,
 Taobh an t-sail u's gaireach fuaimi,
 Tha mi 'g ionndrainn fear nan dhuin,
 A dhuisgeadh suas gu aighear mi.

Bha sinn cairdeuch anns gach àit',
 'S braithrean fàidhean is na bàird;
 Nuair a ghlacannuinn thu air làimh
 Bu chaoimhneil tlàth dhomh crathadh dhi.

Ann a maduinn ait mo lò,
 An àm suidhe duinn mu 'n bhòrd,
 B' eibhinn leainsa fuaim do ghlòir
 A seinn nan òran cnithreamach.

Nuair a thigeadh tu air chuairt
 Ann a chòmhlan cha bhiodh gruaim,
 Gum biodh ceol, is fleagh, is duain
 A fògradh bhuainni gach smalanachd.

Gum biodh eibhneas anns an Dùn
 Nuair a thigeadh fear mo rùin,
 Mar phlath gréine fiann a ghnùis,
 Cho fonnuihor, uiseil, aighearrach.

Bhiodh gach sgeula bh' anns an Fhéinn
 Air a h-aithris duinn le d' bheul,
 Ann a Ghaidhlig bhlasda, réidh,
 A labhair treun nan amaibh sin.

Nuair a theid a choisir cruinn,
 Bidh an comhlan air bheag loinn,
 Mur bi 'm bàrd a seinn an shuinn,
 A cumail sunnd gu maduinn ann.

Thug a cheotruidh dhuit le spéis
 Iomadh talaun us dengh bhéus;
 Nuair bhios foghlum an... an eis
 Bidh t-eolas reidh gun amharus.

Fhnair thu, 'bhàird, fior ghràdh nan speur,
 Tha do mhdur shàn gun bheud;
 Inntinn àrd 'tha glan mar ghrein,
 Tha ceolnhor, beusach, aigeannach.

Nunir a thig do reis gu ceann,
 'S bheir thu cul ri tir nam beann,
 B'e mo inhiann duit anns an àm
 Thu dhol na d' iheann do fhitheanas.

An ad dhàil thig siol nam fonn,
 A cur fàilt' ort le deagh loinn;
 Eiridh sunnd ort nach bi trom
 'Sa choisir fhonnainhoir, chaidreamhaich.

March, 1886.

Duanag do Mhabu.

LE ALASDAIR DOMHNALLACH, ALASDAIR AN RIDGE.

Fonn :— “Come through the heather.”

LUINNEAG.

'S e fàth mo mhulaid gun d' fhàs mi duilich
 Nuair dh' fhàg mi buileach an t-àite;
 Gur h-aon mu thuath, taobh thall a chuain,
 'Tha 'n t-eilein 'san d' fhuair mi m' àrach.

Gun d' shil mo shùil aig meud mo thuir,
 Nuair rinn mi 'n dùthaich fhàgail.
 Is e 'thug m' àbhachd bhuaam's mo shunnd
 Mi chur mo chùl ri Màbu.

Is far an d' àraicheadh mi 'n tùs
 Bu mhùirneach bha mo chàirdean;
 Is thar gach àit' an d' fhuair mi iùl
 Gun dug mi rùn do Mhàbu.

Is beag an t-ioghnadh ged a liath mi,
 B' iargainneach gach là mi.
 Sud an tòrn a dh' fhag mi cianail,
 Mi thigh'nn riabh à Màbu.

Ann am leabaidh na mo dhùisg,
 'S mi caoidh na dùthch' a dh' fhàg mi,
 Saoilidh mi guin faic mo shùil
 Gach cnoc is lùb tha 'm Mhàbu.

Bu tric a choisich mi le sùrd
 A null gu ceann an t-sàile;
 Far am faighteadh mire 's mùirn
 Le sunnd aig Drochaid Mhàbu.

Bhiomaid cridheil ann air bhainnsean,
 'N t-àm a rinn mi fhàgail.
 Gheibhteadh ceol ann agus dram,
 Is damns' air ùrlar clàraidh.

C'ait a bheil an òigridh ghrinn sin,
 A bhiodh leinn an tràth ud ?
 'S beag nach fheil gach aon a chinne diu
 Anns a chill fo 'n fhàilein.

Bho na fhuair iad rathad iarainn,
 Ni mi triall gun dàil ann,
 A shealituinn na bheil beo de 'n t-siol
 A dh' fhàg mi shios am Mhàbu.

Nise sguiridh mi de m' dhuan,
 Oir 's ceaird gun bhuaidh a bhàrdachd;
 Ach gu bràth cha doir mi fuath
 Do 'n tir 'san d' fhuair mi m' àrach.

Feb. 1901.

Cnoic is Glinn a' Bhraighe.

LE CALUM MAC-GILLIOS AM BRAIGHE
MHARGARI.

Na cnoic is gùna bu bhòidhche leinn,
'S iad cnoic is glinn a' Bhraighe,
'An tric bheinn ri màran binn
'S a choimann ghrinn a b' fhearr leinn.

Cha 'n fheil àit an diugh fo 'n ghréin
'S am b' fhearr lean fein mo thàmh ann
Na Braigh'-na-h-aibhne 'measg nan sonn
O 'm faighteadh fuinn na Gàidhlig.

Do bhruachan gorm 's am faighteadh spreidh,
Do ghlacan reidh gun àireamh,
'R uachdar thonn, 's an soirbheas trom,
A' ruith gu bonn nan àrd-bheann.

Gur pailt gach flùr a' fas gu dlùth
Air maduinn chùbhraidh Mhàigh ann;
Gach doire beò le ceòl nan ian
Nuair dh' éireas grian le fàilt' ann.

Bidh sruthain fhuar de 'n uisge 's glaine
'Brùchdadhl 'mach mu 'ràth'dean;
Bidh crodh is cuoraich pailt ri 'm faotainn
'Feadh nan aodann àrda.

Gur ceòlmhor fonn na h-aibhne lean
Is sruthain chiùin fo h-àithean.
Cho fad 'sa shinubhas i gu cuan
Cha doir mi fuath do 'n Bhràighe.

Gur lionnìhor fear ag iasgach bradain
Mu do chladaich bhàna;
Daoin'-uaisle Shasuinn tigh'nn a nall
Chur seachad samhraidh làmh-riut.

Air gach frolic, bàl is banais
 Gu 'm bi caithream gràdhach
 Le ceòl na fidhle 'dol san ridhle—
 'Cosg na tìm mar b' àill leinn.

'S iomadh fleasgach làidir, grinn
 A chaidh 's na glinn ud àrach,
 Is maighdean gle-ghlan, dhireach, òg,
 Le 'h-aodunn bòidheach, nàrach.

'S i 'n ainnir dhonn is binne fonn
 A choinnich rium Di-màirt ann,
 'S a thug fo chìs gu daingeann mi,—
 Mo shòlas eridh bhith làmh rith'!

Do chòmhradh ciùin tha tigh'nn air m' aire,
 'Ribhinni bhanail, bhàigheil;
 Gu 'n d' fhuair thu buaidh bho nàdar féin
 A chuir mor speis aig càch ort.

Soraidh leis a chomunn rioghail
 Bho 'n is tim dhonih 'm fàgail
 Gur tearc ri 'm faotainn feadh an t-saoghal
 An diugh daoin' bheir bàrr orr'.



NOTES.

Page 6.—John Stewart was laird of Appin in 1592.

DOMHNALL MAC FHIONNLAIDH AND ORAN NA COMHACHAIG.

P. 10.—It is commonly supposed that Domhuall Mae Fhionnlaidh was a Macdonald. It is pretty certain, however, that he was a MacKillop. There are two grounds for this opinion. In the first place, tradition affirms that Donald was a son of the banner-man of Maedonald of Gleneoe. It is a well-known fact, however, that Glencoe's banner-men were MacKillops. It is also known that the MacKillops were poets. In the seeond place, there are MaeKillops living who claim to be deseendants of Donald. His Oran na Comhaehaig was published by Ranald Maedonald in 1776, and by Gillies in 1786. In both of those works he is deseribed simply as Domhnall Mae Fhionnlaidh.

I have divided Oran na Comhachaig into two songs, simply because I look upon it as two songs mixed together. In Cead Deireannach nam Beann, the bard repre-sents himself as sitting on a mountain, “’S mi ’in shuidh’ air sith-bhrùgh nam beann.” But tradition tells us that he began to compose Oran na Comhachaig on his way baek from Taigh-na-fuine to Fer-sit. In addressing the Owl he says, “An nochd is brònaeh do leaba.” As he was an old man he would scarcely be sitting on a mountain at night, taking a last view of the places in which he used to hunt. The old bards understood the art of poetry thoroughly, and made all their lines of the proper length, as may be seen by reading

Bàs Dhiarmaid and the two hymns that follow it. In Cead Deireannach nam Beann there are seven syllables in each line; whilst in Oran na Comhachaig there are eight syllables in each line. Now Donald MacKillop was a good poet. But a good poet would never think of using two different measures in the same song.

For Alasdair eridhe nan lann the Turner MS. has Raonall Mae Dhomhnaill nan lann, the person meant being Raonall Mac Dhomhnaill Ghlaibh. For Brataeh Alasdair Bhoth-Loinn read Bratach Alasdair nan gleann, evidently Alasdair Bhoth-Loinn. I have seen somewhere Alasdair Mae Raonail Mhoir in place of Alasdair Mae Ailein Mhoir, and possibly that is correct. The poet clearly had his mind and heart set on Alasdair Bhoth-Loinn. The title, Cead Deireannach nam Beann, is suggested by the following lines:—

On labhair mi umaibh gn leir,
Gabhaidh mi-fein dibh mo ehead.

THE MAC-VUIRICHs.

P. 19.—The Mac-Vuriehs were hereditary seannachies and bards to the Macdonalds of Moidart. They were in all probability descended from Muireach O'Daly, an Irishman who settled in Scotland about the year 1200, and who came to be known as Muireach Albannaeh. Lachlan Mor Mae-Vuirieh was probably the seventh in descent from Muireach, the founder of the family. He is said to have been the author of Brosnaehadh-Catha Chlann-Domhnaill. Laehlan Mac-Vuirieh, probably a grandson of Lachlan Mor, witnessed a charter in 1485, and is described as archi-poeta, or chief poet. Donald, pro-

bably a son of this Lachlan, was the tenth in descent from Muireach. Neil Mor, Niall Mór mac Lachainn mhic Dhòmhnaill, was born about the year 1550. He was a man of ability, and an excellent poet. He seems to have enjoyed immensely the contents of Rory Mor's horn. Neil Mac-Vuirich, Niall mac Dhòmhnaill mhic Lachainn mhic Neill Mhoir, was born probably about 1635. He was the fifteenth in descent from Muireach. He held as a reward for his services as poet and seannachie the farms of Staogarry and Drimisdale in South Uist free of rent. He was the author of a large portion of the history in the book of Clanranald. He died shortly after 1715. He left two sons, Donald and Lachlan. Lachlan had a son named Neil. Neil received a good education under his uncle Donald. In obedience to the order of Clanranald he gave the Red Book to James MacPherson in 1760. He had a son named Lachlan, who was born in 1741, and died some time after 1800.

P. 33.—When this version of Mort Ghlinne-comhann was printed I was not in possession of the full version given at p. 95.

P. 42.—I have seen it stated that "Tha tasgaidh bhuam an diomhaireachd" was composed by Mairi nighean Alasdair Ruaidh. It is a very fine poem, but it is certain that the famous poetess of Harris had nothing to do with it. Sir Donald Macdonald, 10th of Sleat, married Mary Douglas in 1662, by whom he had Donald, James, and others. Sir Donald, 11th of Sleat, Domhnall a Chogaidh, succeeded his father in 1695 and died in 1718. As he is described in the song as a "ridire" and as "Sir Domhnall," it is evident that the

song was not composed prior to 1695. Mairi nighean Alasdair Ruadh was born in 1590 and died in 1693, aged 103 years. Tradition says that she was a daughter of Alasdair mac Thormaid mhic Uilleim, triath Dhunbheagain.

The poem is copied from John Maclean's MS. collection. "'S i 'n aon te thog an tòs sinn" is in the MS. "'S i 'n aon te bha ga'r mòchadh." I have not seen the word mòchadh anywhere else.

P. 54.—Neil Macnab was born at Bay-head, Waternish, about 1740. He was married and had two sons and two daughters. He died about 1818. Martainn Mor lived at Lachasay, near Duntulm.

P. 76.—When this version of Captain Campbell's song was published I did not notice that I had the version given at p. 115.

RUAIRIDH RUADH MAC-COINNICH.

P. 77.—Roderick Roy MacKenzie was born about the year 1755. He married Catherine, daughter of Donald Kennedy in Kishorn, whose wife, Mary Sage, was a daughter of the Rev. Enca Sage, minister of Lochcarron. He came to Prince Edward Island in 1803, and settled at Pinette in Belfast. He left Belfast about 1811, and went to Nova Scotia. He died near Pugwash. He left sons and daughters. He was chieftain of the MacKenzies of Applecross. He was the author of several songs. Calum Ruadh, Rory's brother, died at Kishorn about the year 1820.



